Education Scotland
Foghlam Alba

THE SCOTTISH ATTAINMENT CHALLENGE
LITERACY NUMERACY HEALTH & WELLBEING

# Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan: A' coimhead a-steach, a-mach, air adhart –

## a' co-roinn cleachdadh èifeachdach gus an taic as motha fhaighinn do luchd-ionnsachaidh is cleachdaichean

Airson luchd-ionnsachaidh le luchd-foghlaim na h-Alba

# Clàr-innse


Ro-ràdh Àrd-oifigear is Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh 1
Geàrr-chunntas 2
Maoineachadh Cothromas Sgoilearan - Liosta-sgrùdaidh airson sgoiltean 7
Earrann 1 Stiùireadh air PEF 10
Earrann 2: Ionmhas 16
Earrann 3 A' cleachdadh dàta gus taic a chumail ri PEF 18
Earrann 4 Ionnsachadh proifeiseanta gus taic a chumail ri PEF 20
Earrann 5 Co-roinn cleachdadh, com-pàirteachasan agus co-obrachadh 23
Earrann 6 A' toirt a-steach luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean 28
Earrann 7 Dearbhadh càileachd agus riaghladh 31
Earrann 8 Buaidh 35
Earrann 9 Covid-19 47
Earrann 10 Co-dhùnadh agus na h-ath cheumannan 52
Pàipearan-taice 53

# Ro-ràdh Àrd-oifigear is Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh

Anns a' Ghearran 2015 chuir am Prìomh Mhinistear Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba air bhog gus barrachd cuideim a chur air a bhith a' coileanadh cothromas ann am builean foghlaim, le fòcas sònraichte air a bhith a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Chaidh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan (PEF) a thoirt a-steach mar phrìomh phàirt de phrògram Maoin Cothromas nan Sgoilearan bho 2017/18. Tha am maoineachadh seo air leigeil le ceannardan-sgoile na co-dhùnaidhean as freagarraiche a dhèanamh do cho-theacs na sgoile aca agus gus tasgadh a dhèanamh ann an ro-innleachdan agus dòighean-obrach gus piseach a thoirt air builean foghlaim chloinne is dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Tha sgoiltean air taic fhaighinn bho na h-ùghdarrasan ionadail aca agus bho chomhairlichean coileanaidh Foghlam Alba gus an cleachdadh PEF aca a phlanadh, a bhuileachadh, a sgrùdadh agus aithris a dhèanamh air. Bho chaidh a thoirt a-staigh, tha cleachdadh a rèir PEF air atharrachadh. Mar eisimpleir, tha sgoiltean, le taic bho na h-ùghdarrasan ionadail aca agus bho chomhairlichean coileanaidh a' dèanamh feum nas èifeachdaiche de dhàta gus cho-dhùnaidhean mu PEF fhiosrachadh.

Air 23 Samhain 2021, mhìnich Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean, planaichean Riaghaltas na h-Alba airson an ath cheum de Dhùbhlan Coileanaidh na h-Alba. **Is e an rùn aige foghlam a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga fo bhuaidh bochdainn le fòcas air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.** Mar phàirt den phrògram ùraichte seo, thèid riarachaidhean PEF a dhaingneachadh fad ceithir bliadhna, gus am bi e comasach do cheannardan sgoile planadh ann an dòigh nas èifeachdaiche.

Tha dealas aig Foghlam Alba a bhith ag obair leis a' phroifeisean gus taic a chumail ri ath-bheothachadh foghlaim, lughdachadh caochlaideachd agus luathachadh adhartas ann a bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Mar phàirt den taic againn tha comhairlichean coileanaidh air obrachadh còmhla ri an co-oibrichean ann an ùghdarrasan ionadail agus ceannardan-sgoile gus eisimpleirean de dh'obair PEF gu ruige seo a chruinneachadh. Thathar a' comharrachadh air grunn de na h-eisimpleirean sin sa ghoireas gus taic a chumail ri leasachadh. Tha e a' toirt cunntas air eisimpleirean de chleachdadh bho sgoiltean a' cleachdadh PEF ann an diofar cho-theacsan air feadh na h-Alba agus air cuid de dhòighean-obrach a bhios ùghdarrasan ionadail a' cleachdadh gus taic a thoirt do na sgoiltean aca gus an dèanar am feum as fheàrr de PEF.

Tha mi an dòchas gum bi am foillseachadh seo feumail dhaibhsan uile a bhios a' cleachdadh no a' toirt taic do chleachdadh PEF, agus iad a' leantainn air adhart a' togail air an cuid cleachdaidh gus piseach a thoirt air builean do chloinn is dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.



Gayle Gorman

# Geàrr-chunntas

## Cùl-fhiosrachadh

Chaidh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan (PEF) a thoirt a-steach mar phàirt de phrògram Maoin Cothromas nan Sgoilearan ann an 2017/18. Is e maoineachadh a bharrachd a tha seo a tha air a riarachadh do sgoiltean agus tha e ag amas air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Mar thoradh air a' bhuaireadh a dh'adhbharaich Covid-19, ann an 2021/22 fhuair sgoiltean àrdachadh a bharrachd dhan PEF aca, ris an canar àrdachadh Maoin Cothromas Sgoilearan gus taic a chumail ri oidhirpean ath-bheothachaidh foghlaim airson clann is daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Bhon a chaidh a thoirt a-steach tha ceannardan-sgoile agus ùghdarrasan ionadail air na dòighean-obrach aca a thaobh PEF atharrachadh agus ùrachadh. Mhìnich Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean planaichean airson ùrachadh air Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba san t-Samhain 2021. Agus sinn a' gluasad a-steach dhan ath cheum seo de Dhùbhlan Coileanaidh na h-Alba tha am foillseachadh seo a' toirt dhuinn cothrom cnuasachadh air cleachdadh làithreach agus air mar as urrainn sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail togail air seo agus iad a' leasachadh an cuid dòighean-obrach a thaobh PEF.

## Pròiseas

Eadar an Samhain 2021 agus am Faoilleach 2022 choinnich comhairlichean coileanaidh ri oifigearan ùghdarrasan ionadail agus ri ceannardan-sgoile no luchd-teagaisg ainmichte bho sgoiltean thar gach fear de na 32 ùghdarrasan ionadail gus beachdachadh air na dòighean-obrach aca a thaobh PEF. Bha na còmhraidhean sin air an structaradh timcheall air sreath de phrìomh cheistean gus coimhead air mar a chaidh taic a chumail ri cleachdadh PEF, mar a chaidh a chur an gnìomh agus mar a chaidh a sgrùdadh.

Dh'ainmich luchd-obrach ùghdarrasan ionadail agus comhairlichean coileanaidh sgoiltean aig an robh cleachdadh feumail a thaobh PEF a ghabhadh a cho-roinn nam beachd. Bhon liosta de sgoiltean a chaidh ainmeachadh chaidh liosta dheireannach a thaghadh gus eisimpleirean a thoirt seachad bho fharsaingeachd de sgoiltean stèidhichte air suim PEF, roinn agus cho dùthchail sa tha sgoiltean.

Bu mhath leinn ar taing a thoirt dhan luchd-obrach ùghdarrais ionadail agus sgoile uile a ghabh pàirt anns na còmhraidhean sin agus a bha cho fialaidh le bhith a' co-roinn an cuid cleachdaidh. Gheibhear liosta slàn de na sgoiltean a ghabh pàirt ann an eàrr-ràdh 1.

## Prìomh thoraidhean

### Stiùireadh PEF

Bha a' mhòr-chuid de cheannardan-sgoile den bheachd gun robh an stiùireadh PEF a rinn an t-ùghdarras ionadail aca gu sònraichte feumail. Bidh ùghdarrasan ionadail a bhios a' deasachadh stiùireadh PEF a' stèidheachadh an stiùiridh aca air an stiùireadh obrachaidh nàiseanta. Tha prìomh fheartan stiùireadh ionadail èifeachdach a' gabhail a-steach pròiseasan soilleir, comhairle air comharrachadh beàrnan co-cheangailte ri bochdainn, stiùireadh co-cheangailte ri planadh agus aithris agus comhairle phractaigeach co-cheangailte ri ionmhas agus goireasan daonna.

Tha Maoineachadh Cothromas Sgoilearan: Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta 2022 (foillsichte 30/3/22) a' moladh gum foillsich ùghdarrasan ionadail stiùireadh sònraichte co-phàirteach mu mar a bhios PEF ag obair gu h-ionadail.

### A' Planadh agus Ag Aithris

Tha dòighean-obrach a thaobh planadh agus aithris air a thighinn air adhart. Tha Maoineachadh Cothromas Sgoilearan: Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta 2022 (foillsichte 30/3/22) a' soilleireachadh gum feum air ceannardan-sgoile feallsanachd shoilleir a chruthachadh stèidhichte air mion-sgrùdadh làidir co-theacsail a chomharraicheas beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Tha e cuideachd ag ràdh gum feum toraidhean agus slatan-tomhais soilleir a bhith ann. Bidh cuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' toirt seachad teamplaidean planaidh a chuidicheas ceannardan-sgoile tron phròiseas seo, gam brosnachadh gus beachdachadh gu faiceallach air mar a bheir PEF buaidh air dùnadh nam beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chaidh a chomharrachadh.

San aon dòigh tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail air na h-Aithisgean Inbhean is Càileachd aca atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil sgoiltean ag aithris gu soilleir air buaidh PEF annta. Tha Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan: Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta 2022 (foillsichte 30/3/22)

a’ daingneachadh gu bheilear an dùil aithris shònraichte a thoirt air buaidh PEF air builean do luchd-ionnsachaidh air an tug bochdainn buaidh. Gu cudromach tha e cuideachd a’ cur an dleastanais nar cuimhne a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean agus na h-aithisgean sin rim faighinn gu poblach gus am faigh pàrantan cothrom furasta air, gun tuig iad, agus far a bheil e iomchaidh, gun toirt iad dùbhlan do na tha a’ tachairt san sgoil aca a thaobh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan. Bu chòir do dh’ùghdarrasan ionadail ullachaidhean airson foillseachaidh a dhearbhadh gus am bi tuigse shoilleir aig a h-uile sgoil air an dleastanas seo.

## Ionmhas

Tha ceannardan-sgoile a’ cur luach sna siostaman agus san luchd-obrach a tha ùghdarrasan ionadail air a thoirt seachad gus an cuideachadh le bhith a’ coileanadh nan dleastanasan ionmhais co-cheangailte ri PEF. Tha iad seo a’ gabhail a-steach siostaman tracadh ionmhais agus luchd-obrach sònraichte gus cuideachadh gus sùil a chumail air caitheamh PEF. Tha beagan ùghdarrasan ionadail cuideachd air ‘catalogan’ feumail ullachadh gus taic a thoirt do sgoiltean le bhith a’ cleachdadh PEF gus obrachadh le buidhnean com-pàirteachais. Tha iad sin air cuideachadh gus cuid den bhiùrocrasaidh a lùghdachadh agus air leigeil le ceannardan-sgoile fòcas a chur air ro-innleachdan gus piseach a thoirt air builean do luchd-ionnsachaidh air an tug bochdainn buaidh.

## Dàta

Tha ùghdarrasan ionadail  a’ toirt taic do luchd-obrach aig gach ìre gus dàta a chleachdadh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mun fheum as fheàrr de PEF agus gus buaidh na h-obrach a thomhas. Tha cuid de dh’ùghdarrasan ionadail air siostaman dàta a chruthachadh air feadh an ùghdarrais a chuidicheas sgoiltean gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh agus a sgrùdadh. Tha prìomh àite air a bhith aig ionnsachadh proifeiseanta ann a bhith a’ togail litearrachd dàta luchd-obrach. Gu tric tha seo air a cho-dhealbhadh agus air a lìbhrigeadh le comhairlichean coileanaidh agus oifigearan ùghdarrasan ionadail.

## Ionnsachadh Proifeiseanta

A bharrachd air a bhith a’ cumail taic ri leasachadh litearrachd dàta a tha a’ cumail taic ri cleachdadh PEF èifeachdach tha ùghdarrasan ionadail agus caidreachasan leasachaidh roinneil air raon de chothroman ionnsachaidh proifeiseanta a thabhann gus taic a chumail ri planadh, cleachdadh, sgrùdadh agus aithris air PEF. Seo raon far a bheil co-obrachadh eadar comhairlichean coileanaidh agus oifigearan ùghdarrasan ionadail air a bhith gu sònraichte math. Ann an cuid de dh’ùghdarrasan ionadail, chaidh prògraman ‘cothromais’ nas fharsainge a chruthachadh. Tha ionnsachadh proifeiseanta cuideachd air oifigearan ùghdarrasan ionadail a chuideachadh gus cur ris an tuigse aca air PEF agus cùisean co-ionannachd nas fharsainge gus taic is dùbhlan èifeachdach a thoirt do sgoiltean a thaobh cothromas.

## Co-obrachadh

Tha ceannardan-sgoile air luach a chur anns a’ chothrom a bhith ag obair còmhla ri daoine eile gus na dòighean-obrach aca a thaobh PEF a leasachadh. Tha structairean ùghdarrasan ionadail agus buidhnean sgoiltean air a bhith nan àrd-ùrlaran feumail airson deasbad agus ath-sgrùdadh co-leithid air planadh agus buileachadh PEF. Tha caidreachasan roinneil air cothrom a chruthachadh gus cleachdadh a cho-roinn thar chrìochan ùghdarrasan ionadail. Tha cuid de dh’ùghdarrasan ionadail cuideachd air tachartasan PEF bliadhnail a chumail cleachdadh a thaisbeanadh nas fharsainge. Chuir an galar lèir-sgaoilte stad air cuid den obair seo ach chaidh àiteachan agus goireasan air-loidhne feumail a chruthachadh agus tha iad a’ brosnachadh co-obrachadh leantainneach.

Chaidh lìonraidhean a chruthachadh ann am beagan ùghdarrasan ionadail a tha a’ toirt taic shònraichte do bhuidhnean sònraichte de luchd-obrach air a bheil uallach airson PEF, no a chaidh fhastadh tro PEF. Tha iad sin air comhairle fheumail a thoirt seachad agus cothrom a chruthachadh gus cleachdaidhean a sgaoileadh.

Tha eisimpleirean ann cuideachd far a bheil sgoiltean air an cuid maoineachaidh a chur ri chèile gus tasgadh a dhèanamh ann an co-phròiseact, mar eisimpleir a bhith a’ maoineachadh neach-obrach a tha ag obair eadar diofar sgoiltean. Tha grunn eisimpleirean ann cuideachd de sgoiltean ag obair le com-pàirtichean coimhearsnachd gus piseach a thoirt air builean do chlann agus daoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh.

Tha Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan: Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta 2022 (foillsichte 30/3/22) fhathast a’ brosnachadh sgoiltean gus co-obrachadh le chèile agus le com-pàirtichean a thaobh PEF.

### A' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean

Bidh gach ùghdarras ionadail a' brosnachadh com-pàirt brìoghmhor le pàrantan, agus sgoilearan ann am PEF. Agus tha eisimpleirean ann air mar a tha seo ga dhèanamh tro, mar eisimpleir, buidseatadh com-pàirteachail. Ach, b' e raon a bha seo far an robh àireamh nach beag de dh'ùghdarrasan ionadail agus de sgoiltean airson barrachd leasachaidh a dhèanamh.

Tha Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan: Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta 2022 (foillsichte 30/3/22) a' cur air adhart prìomh phrionnsapal gum feum luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-ùidh eile a bhith air an toirt a-steach ann an dòigh bhrìoghmhor ann am pròiseasan planaidh, buileachaidh agus luachaidh PEF.

### Dearbhadh càileachd agus riaghladh

Tha diofar phròiseasan aig ùghdarrasan ionadail gus dearbhachd càileachd a dhèanamh air PEF. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' cumail sùil air planaichean PEF, tursan gu sgoiltean le fòcas air PEF agus a' toirt a-steach fòcas air PEF ann am prògraman barantachd càileachd a th' ann mar-thà. Dh'aithris cuid de dh'ùghdarrasan ionadail gun robh com-strì ann le bhith a' faighinn a' mheasgachaidh cheart de chumhachd agus de chunntachalachd a thaobh PEF. Ach, dh'aithris a' mhòr-chuid de cheannardan-sgoile gun robh an conaltradh proifeiseanta a bh' aca le oifigearan ùghdarrasan ionadail air aon de na dòighean-taic as luachmhoire a thaobh PEF. Bidh a h-uile ùghdarras ionadail ag aithris air planadh agus buaidh PEF do chomataidh de bhuill thaghte mar phàirt de structaran in-riaghlaidh.

Tha Maoineachadh Cothromas Sgoilearan: Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta 2022 (foillsichte 30/3/22) na chuimhneachan feumail gu bheil ceannardan-sgoile cunntachail dhan ùghdarras ionadail aca airson cleachdadh PEF anns na sgoiltean aca.

### Buaidh

Bha grunn sgoiltean comasach air eisimpleirean a thoirt seachad air deagh bhuaidh bho PEF. Am measg an fheadhainn a chaidh ainmeachadh bu trice bha barrachd com-pàirt le teaghlaichean, coileanadh nas fheàrr, barrachd mothachaidh air cnapan-starra co-cheangailte ri bochdainn, cosgaisean nas lugha co-cheangailte ris an sgoil, piseach air slàinte is sunnd agus barrachd comas luchd-obrach. Am measg nan raointean eile a chaidh ainmeachadh bha barrachd cinn-uidhe adhartach, barrachd làthaireachd agus atharrachaidhean ann an cultar. Tha a h-uile ùghdarras ionadail ag aithris gu bheil PEF a' toirt buaidh air builean do chlann agus daoine òga a tha fo bhochdainn. Ach, thuirt grunn aca gun robh e duilich a ràdh gun robh leasachaidhean mar thoradh air PEF a-mhàin.

### Covid-19

Mar thoradh air dùnadh thogalaichean sgoiltean agus ionnsachadh air astar ri linn Covid-19 chaidh planaichean PEF atharrachadh anns na bliadhnaichean acadaimigeach 2019/20 agus 2020/21. Ann a bhith a' toirt taic do na daoine òga fon anacothrom as motha aig àm dùnaidh nan togalaichean sgoile, chomharraich sgoiltean bacaidhean air ionnsachadh agus fhreagair iad ri feumalachdan caochlaideach an luchd-ionnsachaidh sin air an tug bochdainn buaidh. Tha sgoiltean air fàilte a chur air an t-sùbailteachd a fhuaradh tro àrdachadh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan gus taic a thoirt do dh'oidhirpean faighinn seachad air clann agus daoine òga air an tug bochdainn buaidh. Tha seo a' toirt cothrom dhaibh gabhail ri atharrachaidhean feumalachdan taobh a-staigh nan coimhearsnachdan sgoile aca.

## Co-dhùnadh agus na h-ath cheumannan

Thàinig grunn chuspairean am bàrr bho chòmhraidhean le ceannardan-sgoile mu na h-ath cheumannan. Bha iad sin a' gabhail a-steach com-pàirt nas brìoghmhoire le luchd-ùidh agus barrachd leasachaidh air com-pàirteachasan agus co-obrachadh.

Chomharraich ùghdarrasan ionadail grunn raointean far an bu mhath leotha barrachd obair leasachaidh a dhèanamh a' gabhail a-steach ùrachadh air stiùireadh ionadail, taic a chumail ri barrachd co-obrachaidh le luchd-ùidh, a' leantainn air adhart a' leasachadh litearrachd dàta an luchd-obrach agus an dòigh anns a bheilear a' cleachdadh dàta gus buaidh PEF a thomhas.

Mar thoradh air ùrachadh air Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba bidh e cudromach do cheannardan sgoile agus luchd-obrach ùghdarrasan ionadail a bhith ag obair còmhla gus beachdachadh air mar a thogas iad air a' chleachdadh làithreach gus:

- ag aithris gu làidir air buaidh PEF air clann agus daoine òga air an tug bochdainn buaidh

- dèanamh cinnteach gu bheil dreuchdan agus dleastanasan soilleir ann airson ceannardan-sgoile, oifigearan ùghdarrasan ionadail agus comhairlichean coileanaidh a thaobh PEF
- planadh nas faid-ùine a dhèanamh a bheir an ìre as àirde de mhaoineachadh agus a cheadaicheas conaltradh le com-pàirtichean gus na dòighean-obrach as iomchaidh a lìbhrigeadh gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh
- clann, daoine òga agus am pàrantan a thoirt a-steach gu brìoghmhor ann am planadh, buileachadh agus luachadh PEF


Education Scotland
THE SCOTTISH ATTAINMENT CHALLENGE
CEANNARDAN SGOILE
ÙGHDARRASAN IONADAIL
PEF
A' CO-ROINN CLEACHDADH
A' TOGAIL AIR CLEACHDADH LÀITHREACH ANNS AN ATH ÌRE DE DHÙBHLAN COILEANAIDH NA H-ALBA
PLANADH SAN FHAD ÙINE
COM-PÀIRTEACHAS AN ÈIFEACHDAIS
DLEASTANASAN AGUS

# Maoineachadh Cothromas Sgoilearan - Liosta-sgrùdaidh airson sgoiltean

| Sgoiltean |
|---|
| Nì sinn feum den taic a tha an t-ùghdarras ionadail againn agus an comhairliche coileanaidh againn a’ tabhann agus bidh sinn a’ co-obrachadh le daoine eile gus dèanamh cinnteach gu bheilear a’ cleachdadh PEF gu h-èifeachdach gus piseach a thoirt air builean gu leantainneach do chloinn is dhaoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh. |
| Tron anailis co-theacsail làidir againn tha sinn a’ comharrachadh beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn gu soilleir gus am bi sinn a’ cuimseachadh airgead PEF gu h-iomchaidh. Ann a bhith a’ dèanamh seo bidh sinn a’ beachdachadh air coileanadh, frithealadh, in-ghabhail agus com-pàirteachadh. |
| Tha sinn a’ toirt clann, daoine òga, am pàrantan agus prìomh luchd-ùidh eile an sàs ann am planadh, buileachadh agus luachadh PEF gu brìoghmhor. Dh’ fhaodadh seo a bhith a’ gabhail a-steach a bhith a’ cleachdadh buidseatadh com-pàirteachail. |
| Tha feallsanachd làidir aig ar planadh, le builean soilleir agus ceumannan agus dòighean-obrach a tha stèidhichte air fianais. |
| Leis an riarachadh ceithir-bliadhna de PEF tha sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil sinn a’ coimhead air dòighean-obrach san fhad-ùine agus a’ dèanamh feum èifeachdach den làn riarachadh againn. |
| Bidh sinn ag obair còmhla ri sgoiltean eile agus le com-pàirtichean coimhearsnachd gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh. |
| Bidh sinn a’ clàradh agus a’ cumail sùil gheur air buaidh na h-obrach againn gus an urrainn dhuinn atharraichean a dhèanamh far a bheil sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh bhuilean ann do chloinn is daoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh. |
| Sna h-Aithisgean Inbhean is Càileachd againn tha sinn ag aithris gu soilleir air mar a tha PEF air piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air an tug bochdainn buaidh. |
| Tha na planaichean agus na h-aithisgean againn a tha a’ mìneachadh cleachdadh agus buaidh PEF rim faighinn gu poblach gus am bi soilleireachd aig ar luchd-ùidh air mar a tha am maoineachadh air a chleachdadh agus air a’ bhuaidh a th’ aige. |
| Cumaidh na poileasaidhean is cleachdaidhean sgoile againn san fharsaingeachd taic ri cothromas. |

# Maoineachadh Cothromas Sgoilearan - Liosta-sgrùdaidh airson ùghdarrasan ionadail

| **Ùghdarrasan Ionadail** |
|---|
| Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas leis a' chomhairliche coileanaidh againn gus taic a thoirt do na sgoiltean againn le bhith a' cleachdadh PEF le bhith:<br>• a' toirt seachad stiùireadh ionadail a bhios air ùrachadh gu cunbhalach gus am bi e a rèir stiùireadh nàiseanta PEF<br>• pròiseasan soilleir a bu chòir dhaibh a leantainn a thaobh planadh, buileachadh, sgrùdadh agus aithris air PEF<br>• cuideachadh gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh tro na siostaman againn, agus tro chonaltradh proifeiseanta agus ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL)<br>• comhairle phractaigeach air ionmhas agus HR gus biurocrasaidh a lùghdachadh agus gus leigeil le stiùirichean-sgoile fòcas a chur air ro-innleachd<br>• ionnsachadh proifeiseanta a tha a' cumail taic ri bhith a' cleachdadh PEF a thaobh planadh, oide-eòlas, cleachdadh dàta, aithris, com-pàirt dhaoine eile, is msaa.<br>• a' cruthachadh structaran agus chothroman a bheir taic do sgoiltean gus co-obrachadh agus gus cleachdadh a cho-roinn<br>• pròiseasan barantachd càileachd a bheir seachad taic is dùbhlan cunbhalach a thaobh air gach taobh de PEF (planadh, buileachadh, sgrùdadh agus aithris) tro chonaltradh proifeasanta<br>• brosnachadh com-pàirteachasan èifeachdach tro bhith a' lùghdachadh biurocrasaidh co-cheangailte ri bhith ag obair le buidhnean eile, sgoiltean, msaa.<br>• gan cuideachadh gus na dòighean-obrach aca a leasachadh gus clann, daoine òga agus an teaghlaichean a thoirt a-steach gu brìoghmhor<br>• a' dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh soilleir ann mu fhoillseachadh phlanaichean agus aithisgean co-cheangailte ri PEF gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir aig luchd-ùidh air cleachdadh agus buaidh PEF<br>• a' dèanamh gu bheil na poileasaidhean is cleachdaidhean againn san fharsaingeachd a' toirt taic do chothromas |

# Ro-ràdh

Chaidh Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba a chur air bhog le Riaghaltas na h-Alba sa Ghearran 2015. B’ e a adhbhar barrachd cuideim a chur air a bhith a’ coileanadh cothromas ann am builean foghlaim, le fòcas sònraichte air a bhith a’ dùnadh a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Chaidh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan (PEF) a thoirt a-steach mar phàirt de phrògram Maoin Cothromas nan Sgoilearan ann an 2017/18. Is e maoineachadh a bharrachd a tha seo a tha air a riarachadh gu dìreach do sgoiltean agus tha e ag amas air a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Fhuair bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte le maoineachadh poblach £1,225 ann an 2021/22 airson gach pàiste bho BS1 gu ÀS3, no a leithid, a bha clàraichte airson biadh-sgoile an-asgaidh fo shlatan-tomhais nàiseanta airson ion-roghnachd. ’S e prìomh adhbhar a’ mhaoineachaidh seo taic a chumail ri àrdachadh buileachadh chloinne agus dhaoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh. Mar thoradh air an aimhreit a dh’adhbharaich Covid-19, ann an 2021/22 fhuair sgoiltean àrdachadh 15% a bharrachd dhan PEF aca gus taic a chumail ri oidhirpean gus faighinn seachad air foghlam airson clann is daoine òga air an tug bochdainn buaidh. Thug àrdachadh air Maoin Cothromas nan Sgoilearan barrachd ghoireasan do sgoiltean gus an cuideachadh le bhith a’ dèiligeadh ris a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, ag aithneachadh nan dùbhlan ùra is a bharrachd a dh’adhbharaich an galar lèir-sgaoilte.

San t-Samhain 2021 Mhìnich Rùnaire a’ Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean, Shirley-Anne Somerville, planaichean airson ùrachadh air Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba. Is e an rùn aige **foghlam a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean a do chloinn agus daoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh le fòcas air dèiligeadh ris a’ bheàrn co-cheangailte ri bochdainn.**

Agus sinn a’ gluasad a-steach dhan ath cheum de Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba tha e cudromach meòrachadh air ar cleachdadh làithreach agus mar a tha e air tighinn air adhart. Bheir seo cothrom dhuinn togail air a’ chleachdadh a th’ againn mar-thà gus taic chumail ri slànachadh, lughdachadh caochlaideachd agus luathachadh adhartas ann a bhith a’ dèiligeadh ris a’ bheàrn co-cheangailte ri bochdainn.

Is e amas an fhoillseachaidh taic a thoirt do stiùirichean sgoile agus luchd-obrach ùghdarrasan ionadail agus iad ag obair còmhla gus am modhan-obrach a thaobh PEF a cruthachadh agus ùrachadh. Tha gach earrann a’ beachdachadh air taobh eile de chleachdadh PEF agus a’ toirt seachad eisimpleirean de dhòighean-obrach a thathar a’ cleachdadh air feadh na dùthcha. Thathar an dòchas gun cuidich a bhith a’ co-roinn cleachdadh làithreach san dòigh seo luchd-obrach a tha an sàs ann am planadh, buileachadh agus sgrùdadh PEF gus meòrachadh agus togail air a’ chleachdadh làithreach aca agus sinn a’ dol a-steach dhan ath cheum de Dhùbhlan Coileanaidh na h-Alba, a’ dèanamh cinnteach gu bheil an aon chothrom aig gach pàiste is neach òg gus soirbheachadh ann am foghlam.

## Modhan-obrach

San t-Samhain 2021 choinnich comhairlichean coileanaidh Foghlam Alba ri luchd-obrach ùghdarrasan ionadail gus sgoiltean a chomharrachadh a bha a’ cleachdadh PEF gu h-èifeachdach. Dh’ainmich gach ùghdarras ionadail grunn sgoiltean. Bho na sgoiltean sin chaidh roghainn a thaghadh gus dèanamh cinnteach gu bheil raon ann stèidhichte air na slatan-tomhais a leanas:

- Roinn – Bun-sgoil, Àrd-sgoil, Uile-troimhe, Feumalachdan taic a bharrachd
- Cuibhreann PEF - beag £50,000, meadhanach £50,000- £100,000, mòr £100,000
- Suidheachadh - bailteil no dùthchail

Eadar an t-Samhain 2021 agus am Faoilleach 2022 choinnich comhairlichean coileanaidh ri oifigearan bho gach tè de na 32 ùghdarrasan ionadail gus beachdachadh air na dòighean-obrach aca gus taic a thoirt do sgoiltean le bhith a’ cleachdadh PEF. Choinnich na comhairlichean coileanaidh cuideachd ri ceannardan-sgoile no luchd-teagaisg ainmichte bho gach sgoil a chaidh a thaghadh gus eisimpleirean a chruinneachadh den chleachdadh aca a thaobh PEF. A bharrachd air na h-agallamhan seo le roghainn de chomhairlichean coileanaidh sgoile a chaidh a thaghadh, le cead bho cheannardan-sgoile agus ùghdarrasan ionadail, thathar air eisimpleirean eile de dh’obair air an deach iomradh a thoirt an seo a chomharrachadh. Gheibhear liosta slàn de na sgoiltean a ghabh pàirt ann an eàrr-ràdh 1.

# Earrann 1 Stiùireadh air PEF

## Stiùireadh PEF nan Ùghdarrasan Ionadail

Nuair a chaidh iarraidh orra beachd a thoirt seachad air dè an stiùireadh as fheumaile dhaibh, thug a' mhòr-chuid de cheannardan iomradh air stiùireadh PEF an ùghdarrais ionadail aca. Bidh a h-uile ùghdarras ionadail a' cleachdadh Maoin Cothromas nan Sgoilearan: stiùireadh obrachaidh nàiseanta 2021 gus taic a thoirt do cheannardan-sgoile le bhith a' cleachdadh PEF. Tha a' mhòr-chuid air an stiùireadh nàiseanta seo a chleachdadh gus stuthan treòrachaidh ùghdarrasan ionadail a sònraichte ullachadh. Thèid iad sin ùrachadh gu cunbhalach a rèir an stiùiridh nàiseanta agus leasachadh air cleachdadh. Tha comhairlichean coileanaidh air feadh na dùthcha air a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail gus stiùireadh ionadail PEF a chruthachadh.

**Mhìnich ceannard Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe ann an Siorrachd Air gu bheil sgrìobhainn Stiùireadh Co-ionannachd aig Comhairle Shiorrachd Àir a Tuath gu sònraichte cuideachail. Tha e a' toirt seachad fiosrachadh mu chleachdadh iomchaidh de PEF agus a' dèanamh cinnteach gu bheil sgoiltean mothachail air stiùireadh nàiseanta agus feallsanachdan airson PEF. Thèid an stiùireadh ùrachadh gach bliadhna gus am bi e a rèir stiùireadh obrachaidh nàiseanta PEF. Bha an ceannard den bheachd gun robh a' chomhairle san sgrìobhainn gu sònraichte feumail a thaobh taobhan ionmhais PEF leithid solar agus HR.**

**Thug ceannard Bun-sgoil Glashieburn iomradh air leabhran stiùiridh PEF aig Comhairle Baile Obar Dheathain. Thèid seo ùrachadh gach bliadhna agus tha e a' gabhail a-steach stiùireadh ceum air cheum air buileachadh PEF. Tha na ceuman seo gu sònraichte cuideachail do cheannardan-sgoile ùra. Tha an stiùireadh cuideachd a' gabhail a-steach eisimpleirean cuideachail de bhuilean agus cheumannan a bharrachd air liosta de sholaraichean seirbheis le co-mheas cosgais is buaidh.**

Ann an stuthan mu stiùireadh as fheàrr tha grunn phrìomh fheartan:

- Pròiseasan soilleir
- Comhairle mu bhith a' comharrachadh beàrnan co-cheangailte ri bochdainn
- Stiùireadh co-cheangailte ri planadh agus aithris
- Comhairle phractaigeach co-cheangailte ri ionmhas agus goireasan daonna

Tha pròiseasan soilleir a tha a' cumail taic ri ceannardan-sgoile le bhith a' planadh, a' cur an gnìomh agus ag aithris air PEF air a bhith cuideachail. Taobh a-staigh an stiùiridh aca, mar eisimpleir, tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air clàr-sruth feumail a thoirt seachad. (Clàr 1)

# Clàr-sruth Planadh, Gnìomh agus Tomhas Maoin Cothromas nan Sgoilearan




Clàr 1

Tha grunn ùghdarrasan ionadail cuideachd air stiùireadh cuideachail a thoirt do sgoiltean air mar as urrainn dhaibh beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh a chuidicheas iad ann a bhith ag amas air PEF san dòigh as èifeachdaiche.

Mar eisimpleir, tha Comhairle Mhoireibh a’ toirt seachad molaidhean feumail mu bhith a’ cleachdadh nan 5 prìomh chomharran airson beàrnan a chomharrachadh (Figear 2). Tha Comhairle nan Eilean Siar air stiùireadh cuideachail ullachadh mu bhith a’ cleachdadh nan ceumannan seo. ‘Maoin Cothromas nan Sgoilearan - Iùl Còig Ceumannan ’ a’ gabhail a-steach dòighean aontaichte gus gach fear de na 5 comharran a thomhas.




**Clàr 2**

Ann an Stiùireadh PEF ann an Sruighlea tha earrann chuideachail mu mhion-sgrùdadh co-theacsa. (Eàrr-ràdh 2). Tha seo a’ moladh raon de dhàta a dh’fhaodadh sgoiltean cleachdadh gus beàrn sam bith co-cheangailte ri bochdainn a sgrùdadh mar phàirt den phlanadh PEF aca.

## A’ Planadh agus Ag Aithris

Ann an co-rèir ris an stiùireadh nàiseanta tha a h-uile ùghdarras ionadail air feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh PEF a’ freagairt gu dlùth ris na modhan planaidh is aithris a th’ ann mar-thà. Ann an cuid de dh’ùghdarrasan ionadail bidh ceannardan-sgoile a’ cleachdadh nan aon teamplaidean ’s a bhios iad a’ cleachdadh airson planadh leasachaidh. Ach, tha grunn ùghdarrasan ionadail air teamplaid planaidh sònraichte a chruthachadh airson PEF. Tha eisimpleirean de chuid de theamplaidean ùghdarrasan ionadail à Sruighlea, Meadhan Lodainn, Siorrachd Chlach Mhanainn agus Sealtainn a chaidh a chleachdadh gus taic a chumail ri planadh PEF rim faighinn ann am Pàipear-taice 3. Ann am beagan ùghdarrasan ionadail tha cleachdadh teamplaid roghainneil. Tha e soilleir gu bheil dòighean-planaidh air tighinn air adhart thar ùine.

Anns na h-eisimpleirean as fheàrr de stiùireadh planadh is aithris thathar gam brosnachadh gus:

- na beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a tha iad ag amas air fuasgladh a shoilleireachadh
- dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan a tha iad an dùil a chur an gnìomh stèidhichte air fianais
- dèanamh cinnteach gu bheil builean soilleir aca agus ceumannan ann gus buaidh a mheasadh
- aithris gu soilleir air a’ bhuaidh air builean do luchd-ionnsachaidh fo bhuaidh bochdainn

Anns cha mhòr a h-uile ùghdarras ionadail tha dòighean-obrach a thaobh planadh , sgrùdadh, aithris agus riaghladh PEF air tighinn air adhart gu math bho chaidh a thoirt a-steach. Bho chaidh PEF a thoirt a-steach tha ùghdarrasan ionadail air leantainn orra a’ toirt piseach air leasachadh sgoile agus pròiseasan agus teamplaidean dealbhadh PEF gus dèanamh cinnteach gu bheil iad èifeachdach. Airson cuid de dh’ ùghdarrasan ionadail chaidh PEF a thoirt a-steach do phlanaichean leasachadh sgoile mar phàirt de seo ach tha cuid eile air an dà phlana a dhealachadh.

**Ann an Sruighlea chaidh an teamplaid airson planadh PEF (Eàrr-ràdh 3) atharrachadh ann an 2019/20. Bha seo mar fhreagairt air measadh PEF 2018/19 an ùghdarrais ionadail a sheall gun robh cothrom ann piseach a thoirt air planaichean anailis co-theacsa a' comharrachadh beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus builean SMART. Tha mion-sgrùdadh air planaichean PEF ann an Sruighlea bho chionn ghoirid a' sealltainn adhartas ann an cleachdadh dàta gus anailis co-theacsail nan sgoiltean fhiosrachadh agus beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh, a bharrachd air àrdachadh san àireamh de phlanaichean a bhios a' cleachdadh builean SMART stèidhichte air luchd-ionnsachaidh agus ceumannan airson aithris.**

**Thug Comhairle Meadhan Lodainn a-steach cruth ùr airson planadh PEF (Eàrr-ràdh 3) san t-seisean mu dheireadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bheàrn air a chomharrachadh nas soilleire agus gu bheil na builean sònraichte agus a gun gabh an tomhas.**

Ann an teamplaidean Aithris Inbhean is Càileachd (SQR) tha eisimpleirean ann air mar a tha ùghdarrasan ionadail air sgoiltean a bhrosnachadh gus aithris gu soilleir air PEF. Tha ceist shònraichte aig Comhairle Shruighlea taobh a-staigh an SQR (Eàrr-ràdh 4) a tha ag iarraidh air sgoiltean aithris a thoirt air PEF. Ann an Comhairle nan Eilean Siar thathar ag aithris air buaidh PEF fon cheann 'A' dùnadh beàrn coileanaidh co-cheangailte ri Bochdainn.' Tha teamplaid PEF ùr taobh a-staigh an SQR ann an Sealtainn air dèanamh cinnteach gum bi aithisgean air buaidh PEF nas fhaicsinniche. Ann an Siorrachd Rinn Friù chaidh earrann a bharrachd air a chur ris an teamplaid SQR gus buaidh PEF a chomharrachadh fa leth.

A bharrachd air aithris air buaidh PEF taobh a-staigh nan SQRan, bidh ceannardan-sgoile a' cleachdadh diofar dhòighean-obrach gus an dleastanasan a choileanadh gus aithris do phàrantan agus luchd-ùidh mu PEF. Tha seo a' gabhail a-steach tro làraichean-lìn sgoile, meadhanan sòisealta agus cuairt-litrichean. Tha dòighean ùra air aithris a thoirt do phàrantan a' tighinn am bàrr tro bhith a' cleachdadh Sway, aplacaidean sgoile agus blogaichean sgoile.

## Goireasan Ionmhais agus Daonna

Tha a' chomhairle agus an stiùireadh a thug ùghdarrasan ionadail seachad mu ionmhas agus goireasan daonna air leth feumail do cheannardan-sgoile. Ann am beagan ùghdarrasan ionadail chaidh clàran-taice no catalogan PEF a thoirt seachad. Ann an Stiùireadh PEF Siorrachd Àir a Tuath tha clàr-sruth feumail gus sgoiltean a chuideachadh le bhith a' cleachdadh a' phròiseis solarachaidh a bharrachd air clàr feumail a tha a' mìneachadh clàran -ama solarachaidh. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach comhairle mhionaideach air gach taobh de dh'fhastadh. Tha barrachd fiosrachaidh mu dhòighean-obrach buidseit PEF air a mhìneachadh anns an earrann 'Ionmhas' den fhoillseachadh seo.

**Mhìnich an ceannard agus an t-àrd sgioba-stiùiridh ann am Bun-sgoil Berryhill gun robh 'clàr-taice' PEF Chomhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a' toirt seachad cosgaisean luchd-obrach, solaraichean seirbheis agus mion-fhiosrachadh mu eadar-theachdan. Tha an clàr ag obrachadh ann an co-bhonn ri frèam solarachaidh an ùghdarrais ionadail agus a' lùghdachadh na h-ùine a dh'fheumas àrd-stiùirichean a chosg air cùisean rianachd is ionmhais co-cheangailte ri PEF.**

# Goireasan Stiùiridh a bharrachd

A bharrachd air an stiùireadh bhon ùghdarras ionadail aca chomharraich stiùirichean-sgoile stiùireadh eile a bha iad air a chleachdadh agus a bha cuideachail a thaobh PEF. Tha cuid de stiùireadh ùghdarrasan ionadail a' toirt seachad ceanglaichean cuideachail do na goireasan seo:

Pupil Equity Funding National Operational Guidance (air fhoillseachadh 30/3/22)

The Interventions for Equity Toolkit

The Scottish Attainment Challenge Self Evaluation Resource

Inneal teagaisg is ionnsachaidh EEF

Inneal Cosgais Latha na Sgoile, air ùrachadh 2021 | CPAG

Bha ceannardan cuideachd den bheachd gun robh an Spotlight on Equity Sway a bhios comhairlichean coileanaidh a' dèanamh gach mìos na ghoireas feumail agus fiosrachail. Gheibhear ceanglaichean ri seann lethbhreacan den Sway Spotlight on Equity ann an Eàrr-ràdh 5.

**Tha Àrd-sgoil Braidhurst ann an Siorrachd Lannraig a Tuath air goireas Interventions for Equity a chleachdadh gus eisimpleirean de dh'eadar-theachdan a tha air obrachadh ann an àiteachan eile a rannsachadh agus gus cuid de na leasanan a chur an sàs anns a' cho-theacsa aca fhèin. Mhìnich iad gu bheil seo, còmhla ri dòighean-obrach eile 'bhon taobh a-muigh' air buaidh mhòr a thoirt air na dòighean-obrach aca a thaobh litearrachd agus àireamhachd taobh a-staigh a' phlanadh PEF aca agus chuidich iad seo le bhith a' cumadh cuid de mhodhan 'Cosgais Latha na Sgoile' maoinichte le PEF na sgoile gus làthaireachd sgoilearan àrdachadh. Ged a tha an obair seo aig ìre thràth tha dàta airson na bliadhna-sgoile seo a' sealltainn ìrean frithealaidh nas àirde thar gach ìre airson cha mhòr a h-uile mìos an taca ri ìrean ro-ghalair lèir-sgaoilte.**

**Chleachd Firpark Secondary, pàirt de sholar feumalachdan taic a bharrachd Siorrachd Lannraig a Tuath, an goireas Eadar-theachdan airson Co-ionannachd còmhla ri Stiùireadh Obrachaidh Nàiseanta airson Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan gus cuideachadh le bhith a' cumadh raon-ùghdarrais ro-innleachdail airson dreuchd àrdaichte a bharrachd air a mhaoineachadh tro PEF agus gus dèanamh cinnteach gun robh pàrantan an sàs gu gnìomhach anns a' phròiseas fastaidh.**



## Inbhir Chluaidh
## A' cumail taic ri planadh PEF nas fheàrr a' cleachdadh dàta

### Carson a bha feum air gnìomh?

Bha Comhairle Inbhir Chluaidh airson taic a thoirt do na sgoiltean aca gus piseach a thoirt air aithris air buaidh PEF. Chomharraich iad gum biodh planadh PEF nas fheàrr na chiad cheum gus seo a choileanadh. A bharrachd air seo, cha robh a' mhòr-chuid de sgoiltean a' cleachdadh an làn riarachadh PEF taobh a-staigh na bliadhna. Mar thoradh air seo, chaidh suimean mòra a thoirt air adhart dhan ath-bhliadhna. Bha ceannard an fhoghlaim airson dèanamh cinnteach gun robh taic is dùbhlan iomchaidh aig a h-uile sgoil gus planaichean buadhach a chruthachadh a chuireadh feum èifeachdach air a' mhaoineachadh a bha ri fhaotainn.

### Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?

Nuair a thill sgoiltean san Lùnastal thug ceannard an fhoghlaim fiosrachadh do cheannardan mu bhuidseatan agus planadh PEF. Chaidh iarraidh orra plana PEF ath-sgrùdaichte agus ùraichte a chur gu oifigearan foghlaim ro dheireadh an t-Sultain 2021. Dh'fhaodadh seo a bhith air a chur a-steach mar phàirt den phlana leasachaidh sgoile aca no mar phàipear air leth. Chaidh am brosnachadh gus cruth plana PEF coitcheann a chleachdadh le fòcas air builean agus ceumannan.

Ghabh a' mhòr-chuid de cheannardan ri tairgse gus trèanadh PEF a dhèanamh agus ghabh iad pàirt ann an seiseanan taic aon-ri-aon leis a' chomhairliche coileanaidh. Chaidh planaichean PEF a dheasbad agus ath-sgrùdadh aig na seiseanan seo. Fhuair oifigearan foghlaim taic gus am dàta sgoile aca ath-sgrùdadh a' cleachdadh dashboards a chaidh a chruthachadh às ùr. Thug seo taic dhaibh gus tuigse nas doimhne fhaighinn air mar a nì iad sgrùdadh air beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Bha ceannardan-sgoile cuideachd an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta le fòcas air a bhith a' cleachdadh dashboard an dàta. Chuir seo barrachd ris an dòigh-obrach aca, a bha misneachail mar-thà, a thaobh mion-sgrùdadh dàta. Thug cleachdadh an dashboard cothrom do cheannardan-sgoile aghaidhean a chur ris an dàta agus taicean PEF agus eadar-theachdan a stiùireadh a rèir sin. Chaidh fàilte a chur air cleachdadh an dashboard. Tha an stiùiriche dùbhlan coileanaidh air a mhìneachadh mar, 'chruth-atharrachadh'.

Choinnich an comhairliche coileanaidh ris gach oifigear foghlaim gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air planaichean PEF làithreach a' comharrachadh loidhnichean sgrùdaidh. Choinnich oifigearan foghlaim ri ceannardan fa leth eadar an Lùnastal agus an Dàmhair gus taic agus dùbhlan a thoirt seachad mu phlanadh.

### Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?

Tha adhartas PEF a-nis air fhighe a-steach dhan a h-uile conaltradh a thaobh tursan leasachadh càileachd do dh'ionadan. Tha an t-ùghdarras ionadail ag aithris gu bheil na dòighean-obrach ùra airson taic agus dùbhlan a thaobh planadh PEF air fàgail gu bheil a' mhòr-chuid de sgoiltean a' cur a-steach planaichean le feallsanachd làidir agus le builean agus ceumannan a bu chòir taic a chumail ri bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Sheall dàta bho ùghdarrasan ionadail gun robh a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn air lùghdachadh beagan thairis air an ùine Ògmhios 2021 gu Samhain 2021 ann am bun-sgoiltean ged a bha e ro thràth ath-sgrùdadh a dhèanamh air làn bhuaidh na taic is an dùbhlain a bharrachd seo.

# Earrann 2: Ionmhas

Thug ùghdarrasan ionadail cunntas air na siostaman a th’ aca gus taic a chumail ri buidseatadh PEF agus gus sùil a chumail air caitheamh PEF. Bidh na siostaman sin a’ cuideachadh cheannardan-sgoile gus na dleastanasan ionmhais àrdaichte aca co-cheangailte ri PEF a riaghladh agus tha iad air an dealbhadh gus fo-chosgaisean sam bith a chomharrachadh agus gus dèiligeadh riutha ann an deagh àm.

## Siostaman nan Ùghdarrasan Ionadail

B’ urrainn do ghrunn ùghdarrasan ionadail cunntas a thoirt air mar a bha pròiseasan a’ toirt deagh bhuaidh air fo-chosgaisean. Mar eisimpleir, ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh tha leabhraichean-obrach ionmhais fa leth air an toirt seachad dhan a h-uile sgoil agus tha iad air ceannardan a chuideachadh gus sùil a chumail air caitheamh PEF. Tha am fòrmat ùraichte aig Comhairle Shruighlea airson sgrùdadh buidseit aig ìre sgoile a’ cumail taic ri deasbad air cùisean ionmhais. Tha an siostam seo ag obair gu math agus chaidh 94% den airgead PEF a chosg ann an 2020/21. Dh’innis Comhairle Siorrachd Àir a Tuath cuideachd gu bheil an siostam tracadh caitheamh PEF aca air lùghdachadh a thoirt air fo-chaiteachas. Tha Comhairle Inbhir Chluaidh air barrachd riaghladh ionmhais a thoirt a-steach do phlanaichean PEF a’ cleachdadh an sgioba ionmhais sa mheadhan aca a' fàgail gum feum fo-chosgaisean nas motha cead agus gun tèid dèiligeadh riutha ann an deagh àm. San dòigh seo tha frèam Comhairle Inbhir Chluaidh a’ comharrachadh cheistean mu sholarachadh agus ionmhais gu tràth. Tha Comhairlean Baile Obar Dheathain agus Siorrachd Lannraig a Tuath air pròiseas aithris buidseit mìosail a thoirt a-steach gus cùisean ionmhais is solarachaidh a chomharrachadh gu tràth leis an amas a bhith comasach air dèiligeadh ri fo-chosgais agus trioblaidean eile gu tràth, taic a chumail ri sgoiltean agus ìsleachadh ann am fo-chaiteachas san fharsaingeachd. Rinneadh sgrùdadh air caiteachas PEF aig cuid de dh’ùghdarrasan ionadail agus tha iad air na co-dhùnaidhean a chleachdadh gus piseach a thoirt air na siostaman aca.

## Luchd-obrach sònraichte

Ann an cuid de dh’ ùghdarrasan ionadail, tha prìomh oifigearan sònraichte air an cleachdadh gus taic a thoirt do cheannardan-sgoile gus ionmhas PEF a riaghladh. Chaidh goireasan a chruthachadh gus taic a chumail ri solarachadh. Tha stiùirichean sgoile a’ cur luach mòr air an taic phractaigeach a tha ùghdarrasan ionadail a’ toirt seachad a thaobh riaghladh ionmhais PEF.

**Tha Comhairle na Gàidhealtachd air prìomh oifigear ionadail (cothromas) fhastadh gus cosgaisean PEF a cho-òrdanachadh agus gus taic a chumail ri cosg PDF air feadh an ùghdarrais ionadail. Tha an dreuchd seo a’ gabhail a-steach a bhith a’ stiùireadh agus a’ riaghaladh an fhiosrachaidh agus na staitistig co-cheangailte ri caitheamh is buaidh PEF. Bidh an t-oifigear seo cuideachd a’ toirt fiosrachadh is taic cunbhalach do dh’ionadan agus a’ cuideachadh gus sùil a chumail air caitheamh PEF, a’ gabhail a-steach a bhith a’ soilleireachadh fo-chosgaisean.**

**Tha Comhairle Inbhir Chluaidh air ath-sgrùdadh a dhèanamh air àite oifigearan gnìomhachais sgoile a tha a-nis a’ toirt seachad ùrachaidhean mìosail a thaobh caiteachas PEF. Bidh seo a’ dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh buidseit làithreach agus ceart aig ceannardan-sgoile agus gun lean iad modhan-obrach solarachaidh.**

**Tha Comhairle Aonghais a’ toirt trèanadh do na ceannardan aca ann an ionmhas agus solarachadh gus cur ri lìbhrigeadh PEF.**

**Ann an Dùn Dè tha fiosrachadh ionmhais ri fhaighinn gach ràithe le sgoiltean agus le luchd-obrach sa mheadhan gus dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a chaitheamh ann an ùine agus gu bheil cunnartan co-cheangailte ri ro/fo-chaiteachas air an comharrachadh agus air an lasachadh aig ìre thràth. Bidh oifigearan ionmhais sgoile agus manaidsearan gnìomhachais a’ coinneachadh gu cunbhalach ri luchd-obrach na sgoile gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air cùisean solarachaidh agus caitheamh sgoile. Tha seo a’ cumail taic do sgoiltean gus am buidseat PEF aca a riaghladh gu h-èifeachdach le bhith a’ planadh air adhart agus ag atharrachadh tron bhliadhna.**

## Dùbhlain

Ged a thathar a' cur luach air frèaman ùghdarrasan ionadail agus oifigearan ionmhais a bhios a' cuideachadh le buidseatadh, tha cùisean co-cheangailte ri pròiseasan solarachaidh fhathast nan dùbhlan do chuid de cheannardan. Uaireannan chuir seo dàil air na eadar-theachdan a bha sgoiltean a' cur an gnìomh no air a bhith a' conaltradh le com-pàirtichean. Bha beagan cheannardan cuideachd a' faireachdainn gun robh cuingealachaidhean a thaobh ceannach bho sholaraichean sònraichte gan cur fo anacothrom leis gun robh iad uaireannan na bu chosgaile na bha solaraichean eile.

Chuir ceannardan-sgoile fàilte air an naidheachd o chionn ghoirid mu Mhaoineachadh Cothromas Sgoilearan ioma-bhliadhnail mar phàirt de dh'Ùrachadh Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba. Bheir seo taic dhan phlanadh ro-innleachdail aca agus cuidichidh e ann a bhith a' fastadh agus a' cumail luchd-obrach àrd-inbhe. Tha an dà chuid seo air a bhith dùbhlanach mar thoradh air mì-chinnt maoineachaidh bho bhliadhna gu bliadhna.

| **Comhairle Siorrachd Àir an Ear<br>A' toirt taic do dh'obair com-pàirteachais agus a' dèanamh cinnteach gum faighear an luach as fheàrr a thaobh PEF** |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha Comhairle Siorrachd Àir an Ear airson taic a thoirt do cho-obraichean foghlaim gus cumail ri rèiteachaidhean riaghlaidh reachdail farsaing co-cheangailte ri cùmhnantan agus riaghailtean ionmhais agus stiùireadh Riaghaltas na h-Alba. Bha iad cuideachd airson an ùine a bheireadh sgoiltean gus aontaidhean a rèiteachadh le com-pàirtichean agus solaraichean a lùghdachadh, a' toirt cothrom dhaibh fòcas a chur air pròiseasan PEF nas ro-innleachdaile. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Thug an t-àrd sgioba-stiùiridh taic dhan sgioba solarachaidh is ionmhais gus frèam ioma-sholaraiche a chruthachadh ris an canar an 'Catalog Coileanadh Foghlaim' aca. Rinn iad cinnteach gun deach beachdachadh air luach as fheàrr tro seo uile. Tha an catalog a' taisbeanadh measgachadh de thairgsean bho chom-pàirtichean agus buidhnean thar raon de chuspairean. Chaidh am frèam a chur ann an "earrannan" fo na prìomh chuspairean a leanas:<br>• Leasachadh air buileachadh, gu sònraichte ann an litearrachd agus àireamhachd<br>• Ceannardas do na h-uile<br>• Leasachadh ann an slàinte is sunnd chloinne is dhaoine òga<br>• Leasachadh ann an sgilean cosnaidh agus adhartach seasmhach airson luchd-fàgail na sgoile airson a h-uile duine òg<br>• Com-pàirteachadh phàrantan |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Tha am frèam air cuid den bhiùrocrasaidh a tha an lùib co-obrachadh le solaraichean agus com-pàirtichean a thoirt air falbh. Tha e a' cruthachadh banca de sholaraichean a tha àrd-inbhe a rèir na comhairle ann am 'bùth aon-stad'. Tha seo a' toirt barrachd ùine do cheannardan-sgoile gus fòcas a chur air prìomh phlanadh PEF agus gus dèanamh cinnteach gu bheil an luach as fheàrr ann nuair a bhios iad ag obair le com-pàirtichean agus solaraichean gus taic a thoirt dhan chloinn is do na daoine òga as so-leònte. |

# Earrann 3 A' cleachdadh dàta gus taic a chumail ri PEF

Air feadh na dùthcha tha farsaingeachd de thaic ann gus luchd-obrach sgoile a chuideachadh leis an sgrùdadh dàta a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil PEF air a chuimseachadh gu h-iomchaidh.

## Siostaman Dàta nan Ùghdarrasan Ionadail

Tha grunn ùghdarrasan ionadail air siostaman dàta a chruthachadh air feadh an ùghdarrais. Mar eisimpleir, tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath air dashboard dàta a chruthachadh air feadh an ùghdarrais a bheir taic do sgoiltean gus beàrnan agus neartan ann an coileanadh agus buileachadh a chomharrachadh. Ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear gheibh a h-uile sgoil cothrom air stòr-dàta tracaidh an ùghdarrais ionadail far am faic iad raon de dhàta coileanaidh agus buileachaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air cothromas. Tha Comhairle Pheairt is Cheann Rois air 'Inneal Dùnadh na Beàirn' (Eàrr-ràdh 6) a chruthachadh gus taic a thoirt do sgoiltean gus sùil a chumail air prìomh eadar-theachdan a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha air am maoineachadh tro PEF. Tha an t-inneal air a stòradh air-loidhne sa mheadhan gus an gabh a chleachdadh airson mion-sgrùdadh, taic agus aithris.

A bharrachd air an t-siostam tracaidh is sgrùdaidh aca tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn a' toirt pròifil sgoile do gach ionad. Tha seo a' gabhail a-steach anailis air dàta gus an cuideachadh le co-dhùnaidhean a thaobh PEF. Ann am Fìobha tha targaidean sìnidh ionadail aig gach sgoil stèidhichte air a' cho-theacsa aca fhèin agus ceangailte ri targaidean NIF. Tha Comhairle na h-Eaglais Brice air tracaiche dàta a thoirt a-steach bho chionn ghoirid a tha sgoiltean a' cleachdadh gus beàrnan coileanaidh a chlàradh agus a tha a' comasachadh sgrùdadh air caitheamh is buaidh PEF.

**Mhìnich ceannard Bun-sgoil Cumnag Nuadh mar a tha tracadh agus sgrùdadh air feadh an ùghdarrais aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear na phrìomh inneal gus beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh, gus taic a cumail ri coinneamhan astar is dùbhlan agus gus buaidh a mheasadh. Tha e a' ceadachadh anailis air dàta aig iomadh diofar ìre gus taic a chumail ri phlanadh PEF a nì cinnteach gu bheil eadar-theachdan ag amas air an luchd-ionnsachaidh cheart. Tha an ceannard cuideachd a' cur luach air pacaidean dàta na sgoile a tha a' toirt seachad beairteas de dh'fhiosrachadh iomchaidh a tha a' cumail taic ri planadh PEF.**

## Ionnsachadh Proifeiseanta

Ann an iomadh ùghdarras ionadail, tha seiseanan ionnsachaidh proifeasanta cho math ri còmhraidhean coidseadh dàta aon-ri-aon agus seiseanan buail a-steach air stiùirichean sgoile a chuideachadh gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh. Tha oifigearan ùghdarrasan ionadail agus comhairlichean coileanaidh air obrachadh còmhla gus an taic seo a lìbhrigeadh. Mar eisimpleir, ann an Sruighlea tha an comhairliche coileanaidh air obrachadh le co-oibrichean bhon ùghdarras ionadail gus prògram de dh'ionnsachadh proifeiseanta a chruthachadh agus a lìbhrigeadh do 'coidsichean dàta' bho gach sgoil. Tha Comhairle Mhoireibh air webinar nàiseanta feumail [Dàta agus a' Bheàrn Coileanaidh Co-cheangailte ri Bochdainn](#) a lìbhrigeadh le comhairlichean coileanaidh taobh a-staigh an Stiùireadh PEF aca. Tha Caidreachas Leasachaidh Roinneil Gleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar air coidse dàta a mhaoineachadh airson gach tè de na h-ùghdarrasan ionadail. Còmhla ri comhairlichean coileanaidh tha iad air a bhith fìor chudromach ann a bhith a' cumail taic ri ceannardan-sgoile gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh.

**Tha ceannard Sgoil St Gerardine ann am Moireibh air coinneachadh ris a' chomhairliche coileanaidh gach teirm gus taic a chumail ri mion-sgrùdadh dàta agus planadh airson PEF. Chuidich taic bhon chomhairliche coileanaidh le sgrùdadh domhainn air dàta sgoile le bhith a' toirt seachad bunait fianais shoilleir airson eadar-theachdan cuimsichte do bhuidhnean chloinne a chaidh a chomharrachadh nach robh gu bhith a' coileanadh nan ìrean litearrachd is àireamhachd ris an robh dùil.**

**Thuirt ceannard Àrd-Sgoil Ross ann an Lodainn an Ear gun robh taic agus stiùireadh bho chomhairliche coileanaidh sònraichte thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh na 'Chruth Atharrachadh'. Chuir còmhraidhean taiceil is dùbhlanach leis a' chomhairliche coileanaidh ri tuigse a' cheannaird air feallsanachd PEF agus gu sònraichte air cò a bha airidh air taic a bharrachd, dòighean air an taic sin a thoirt seachad agus ceuman gus buaidh a thoirt.**

| Inneal Dùnaidh a' Bheàirn aig Comhairle Pheairt is Cheann Rois |
| --- |
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha an t-ùghdarras ionadail ag iarraidh:<br>• inneal uile-freastail a chruthachadh as urrainn sgoiltean agus ionadan a chleachdadh gus buaidh prìomh eadar-theachdan a phlanadh, a chlàradh, a thomhas agus a dhearbhadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha air am maoineachadh tro PEF<br>• taic a thoirt do sgoiltean agus suidheachaidhean a bhith a' meòrachadh agus a' measadh lìbhrigeadh eadar-theachdan airson buidhnean agus daoine fa-leth. Faodaidh seo an uair sin planadh agus co-dhùnaidhean san àm ri teachd fhiosrachadh; cleachdadh ghoireasan a mheudachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil na builean as fheàrr ann do luchd-ionnsachaidh<br>• gus leigeil le pàtrain a bhith air an comharrachadh thar sgoiltean is ionadan fa leth no buidhnean de sgoiltean is aonadan a dh'fhaodadh: buaidh a thoirt air taic; is cur ri barrachd cnuasachaidh agus lìonrachaidh agus ri dòighean-obrach no cleachdadh co-roinnte |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Chaidh an t-Inneal *Dùnadh na Beàirn* (Pàipear-taice 6) a chruthachadh le buill den sgioba sa mheadhan a' gabhail a-steach ceannard an SAC; an sgioba dàta; an t-Seirbheis Saidhc-eòlais Foghlaim agus an comhairliche coileanaidh.<br>Tha gach earrann den inneal ceangailte ris a' phròiseas smaoineachaidh ro-innleachdail a tha air a mhìneachadh ann an Ro-innleachd Àrdachadh Coileanaidh Comhairle Pheairt is Cheann Rois.<br>Chaidh an t-inneal a chruthachadh agus an uair sin rinneadh deuchainn dheth ann an grunn sgoiltean. Fhuaradh beachdan air ais agus chaidh an t-inneal atharrachadh. Tha an t-inneal an-dràsta san dàrna ìre de sgaoileadh a-mach air feadh an ùghdarrais. Chaidh seiseanan trèanaidh a thabhann do gach ceannard sgoile. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Le mion-sgrùdadh air an dàta a chaidh a chruinneachadh bhon bhuidhinn-deuchainneach de sgoiltean, chaidh pàtrain a chomharrachadh a' gabhail a-steach seòrsaichean eadar-theachd agus bacaidhean coitcheann. Thug e cothrom cuideachd do sgoiltean agus dhan ùghdarras tuigse fhaighinn air buaidh gach eadar-theachd agus air na h-ath cheumannan a bha san amharc do luchd-ionnsachaidh. Sheall fios air ais bho sgoiltean a bha an sàs san deuchainn gun robh an t-inneal furasta a chleachdadh agus gun do chuidich e iad leis a' phròiseas dealbhaidh a bharrachd air a bhith a' clàradh na buaidh. |

# Earrann 4 Ionnsachadh proifeiseanta gus taic a chumail ri PEF

Tha ùghdarrasan ionadail air raon farsaing de dh'ionnsachadh proifeiseanta a thoirt seachad gus taic a chumail ri planadh, cleachdadh, sgrùdadh agus aithris air PEF. Tha fianais ann bho air feadh na dùthcha gu bheil comhairlichean coileanaidh agus luchd-obrach ùghdarrasan ionadail ag obair còmhla gus gnìomhan ionnsachadh proifeiseanta èifeachdach a chruthachadh agus a lìbhrigeadh.

## Planadh

Tha grunn eisimpleirean ann de dh'ionnsachadh proifeiseanta gus taic a thoirt do phlanadh agus aithris air PEF. Mar eisimpleir ann an Sealtainn bidh làithean leasachadh cheannardan a' gabhail a-steach cothroman ionnsachaidh proifeiseanta gu cunbhalach gus taic a thoirt do phlanadh, buileachadh agus aithris air PEF. Mar thoradh air seisean bho chionn ghoirid air suidheachadh bhuilean agus co-thaobhadh cheumannan a chaidh a lìbhrigeadh leis a' chomhairliche coileanaidh, tha an t-ùghdarras ionadail ag aithris gu bheil builean agus ceumannan nas soilleire aig a' mhòr-chuid de sgoiltean. Aig an aon àm tha Sgioba Co-ionannachd Lodainn an Iar air prògram ionnsachaidh proifeiseanta a lìbhrigeadh le fòcas air dàta, ceumannan agus builean. Is e amas a' phrògraim seo taic a thoirt do phlanadh nas èifeachdaiche stèidhichte air dàta agus dòighean-obrach èifeachdach a bhrosnachadh a thaobh measadh.

## Dòighean-obrach

Tha grunn ùghdarrasan ionadail air ionnsachadh proifeiseanta a thoirt seachad mu dhòighean-obrach agus eadar-theachdan a chuidicheas gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromas ann. Mar eisimpleir, ann am Peairt agus Ceann Rois tha an t-Seirbheis Saidhg-eòlas Foghlaim agus an comhairliche coileanaidh air dian-thrèanadh a lìbhrigeadh do stiùirichean comharraichte a' cleachdadh teòiridh leasachadh càileachd gus taic a chumail ri chomharrachadh, planadh agus measadh eadar-theachdan PEF. Aig an aon àm tha Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear air ionnsachadh proifeiseanta farsaing a thabhann ann an cleachdadh air fiosrachadh le mòr-èiginn agus bochdainn. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas air trèanadh a thoirt seachad air mar bu chòir buaidh eadar-theachdan PEF airson luchd-taic ionnsachaidh air feadh an ùghdarrais a bhuileachadh agus a thomhas.

## Prògraman Cothromais

Tha eisimpleirean ann de phrògraman 'cothromais' nas fharsainge a chaidh a chruthachadh leithid am prògram 'Ceannas airson Cothromas' a chaidh a chruthachadh ann an Dùn Èideann. Tha an t-sreath ionnsachaidh seo air a dhealbh airson stiùirichean agus cleachdaichean. Tha seo a' dol tro bhliadhna pìleat an-dràsta. Ann an Siorrachd Lannraig a Deas tha prògram ionnsachaidh proifeiseanta mu chothromas air a lìbhrigeadh gach bliadhna. Tha seo ag amas air àrd-stiùirichean agus tidsearan-clas agus tha cuspairean a' gabhail a-steach builean agus ceumannan, làthaireachd agus conaltradh, com-pàirteachasan airson cothromas, Cosgais Latha na Sgoile, dàta agus cleachdadh sa chlas. Stèidhich Comhairle Siorrachd Rinn Friù prògram meantoraidh PEF. Bha an iomairt seo mar phàirt de phrògram leasachaidh ceannais airson iar-cheannardan a bha comasach air taic a thoirt do sgoiltean a thaobh PEF.

## Oifigearan ùghdarrasan ionadail

Chan eil ionnsachadh proifeiseanta gus taic a chumail ri cleachdadh èifeachdach de PEF air a bhith do luchd-obrach na sgoile a-mhàin. Tha oifigearan ùghdarrasan ionadail cuideachd air ionnsachadh fhaighinn san raon seo gus taic èifeachdach a thoirt do chleachdadh PEF agus gus sùil a chumail air. Ann an Siorrachd Lannraig a Tuath, mar eisimpleir, fhuair manaidsearan teaghlaich trèanadh ann an sgrìobhadh measaidhean gus taic a chumail ri aithris èifeachdach ann an sgoiltean ceangailte. Aig an aon àm ann an Siorrachd Obar Dheathain fhuair oifigearan agus manaidsearan leasachadh càileachd cothrom air trèanadh a thug Foghlam Alba seachad. Bha an t-ùghdarras den bheachd gun robh seo èifeachdach ann a bhith a’ togail comais gus barrachd taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a’ cleachdadh PEF gu h-èifeachdach agus a’ dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Tha oifigearan foghlaim Comhairle Inbhir Chluaidh air a dhol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta a leig leotha mion-sgrùdadh a dhèanamh air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Thug an trèanadh seo taic dhaibh le bhith a’ toirt dùbhlan agus taic do sgoiltean agus bha planadh PEF nas fheàrr ann mar thoradh air seo. Stiùirich comhairlichean coileanaidh bho Sgioba Leasachaidh Roinneil Gleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar seisean airson oifigearan ùghdarrasan ionadail mu bhith a’ sgrùdadh cothromas tro choinneamhan leasachaidh gus cuideachadh le bhith a’ togail comas air feadh na roinne gus sùil làidir a chumail air cleachdadh PEF.

Thug a’ mhòr-chuid de cheannardan iomradh air mar a bha ionnsachadh proifeiseanta air an sgoil aca a chuideachadh gus PEF a chur an gnìomh nas èifeachdaiche. Bha mòran toilichte gun tug ùghdarrasan ionadail seachad ùine aig coinneamhan cheannardan gus fòcas a chur air taobhan de PEF agus gus cleachdadh a cho-roinn. Thog grunnan mar a bha oifigearan ùghdarrasan ionadail agus an comhairliche coileanaidh aca air obrachadh còmhla gus seiseanan ionnsachaidh feumail a thoirt seachad.

**Thug ceannard Àrd-sgoil Aith ann an Sealtainn iomradh air a’ bhuaidh mhath a bha aig seiseanan ionnsachaidh proifeiseanta a chaidh a lìbhrigeadh leis a’ chomhairliche coileanaidh. Tha iad den bheachd gu bheil am planadh agus an aithris aca a thaobh PEF air a thighinn air adhart mar thoradh air sin.**

**Mhìnich iar-cheannard Bun-sgoil Cowdenbeath mar a tha àrd-stiùirichean taobh a-staigh na sgoile air a dhol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus seiseanan fiosrachaidh leis a’ chomhairliche coileanaidh agus le oifigear leasachadh càileachd cothromas Comhairle Fhìobha. Mar thoradh air an sin tha iad a’ faireachdainn nas misneachaile le bhith a’ cleachdadh am maoineachadh cothromachd sgoilearan aca gus feumalachdan chloinne is bhuidhnean a choileanadh gu h-èifeachdach.**

Tha pàirt chudromach air a bhith aig Caidreachasan Leasachaidh Roinneil cuideachd ann a bhith a’ toirt seachad ionnsachadh proifeiseanta a tha a’ toirt buaidh mhath air cleachdadh a thaobh PEF agus cothromas san fharsaingeachd.

**Mhìnich ceannard Bun-sgoil Berryhill ann an Siorrachd Lannraig a Tuath gu bheil an t-ionnsachadh proifeiseanta a thug Com-pàirteachas an Iar seachad air cleachdadh dàta air cuir ri misneachd agus comas luchd-obrach san raon seo. Mar thoradh air seo, tha i den bheachd gu bheilear a-nis a’ comharrachadh beàrnan nas tràithe agus gu bheil eadar-theachdan gan dealbhan nas tràithe do chloinne**

**Mhìnich ceannard Bun-sgoil Buchanhaven ann an Siorrachd Obar Dheathain gun do fhritheil àrd-luchd-stiùiridh grunn seiminearan-lìn rè Seachdain Brosnachadh Cothromas Caidreachas a’ Chinn a Tuath bho chionn ghoirid. Sheall measaidhean gun robh àrdachadh ann am mothachaidh mu bhith, agus barrachd misneachd ann a bhith, a’ toirt taic do chloinn is dhaoine òga a tha fo anacothrom le bochdainn. Tha neartachadh air a bhith sna modhan dàimh agus àraich taobh a-staigh na sgoile mar thoradh air seo.**

**Chaidh ceannard Sgoil Lochies ann an Siorrachd Chlach Mhanainn gu tachartas PEF a bha gu sònraichte ag amas air taic a thoirt dhan luchd-obrach a bha ag obair ann an roinn feumalachdan taic a bharrachd taobh a-staigh Gleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar. Bha i den bheachd gun robh seo gu sònraichte cuideachail. Chruthaich e cothrom beachdachadh air prìomh dhùbhlain san roinn le comhairlichean coileanaidh agus gus cleachdadh PEF a cho-roinn thar nan ceithir ùghdarrasan ionadail.**

| A’ cruthachadh cultar dàta ann an Sruighlea |
|---|
| **Carson a bha gnìomh a dhìth?** |
| Sheall eacarsaich fèin-luachaidh le ceannardan-sgoile Bun-sgoile a’ cleachdadh goireas fèin-mheasaidh Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba sa Ghearran 2019 caochlaideachd ann an cleachdadh misneachail gu dàta thairis air sgìre Shruighlea aig gach ìre den t-siostam. Cuideachd, thug aithisg Foghlam Alba Dè cho math ’s a tha ùghdarrasan Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba a’ leasachadh ionnsachadh, ag àrdachadh buileachadh agus a’ dùnadh a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn? Summary report June 2019 iomradh air mar a bha ùghdarrasan ionadail a bha a’ dèanamh an eadar-dhealachaidh as motha do chloinn is dhaoine òga air an tug bochdainn buaidh a’ leasachadh an cleachdadh dàta thar nan ùghdarrasan aca Bha an t-ùghdarras ionadail airson cultar a chruthachadh de bhith a’ cleachdadh dàta airson leasachadh gus piseach a thoirt air builean do chloinn is daoine òga air an tug bochdainn buaidh. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Dh'obraich an stiùiriche-sgioba airson sàr-mhathais agus cothromas còmhla ris a' chomhairliche coileanaidh gus prògram Gaisgich Dàta Shruighlea a chruthachadh.<br><br>**Prògram tùsail (2019/2020)**<br>An toiseach bha an stiùiriche-sgioba airson sàr-mhathais agus cothromas agus an comhairliche coileanaidh ag obair le 8 coidsichean dàta, a bha air an comharrachadh leis na Ceannardan-sgoile aca mar dhaoine le sgilean/eòlas ann an cleachdadh dàta airson leasachadh. Chruthaich iad prògram a bhiodh air a lìbhrigeadh gu gaisgich dàta (luchd-cleachdaidh san t-seòmar-clas) taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail. Bha na coidsichean dàta air an trèanadh leis an stiùiriche sgioba airson sàr-mhathais agus cothromas agus leis a’ chomhairliche coileanaidh. Bhon Dàmhair 2019-Màrt 2020 lìbhrig na coidsichean dàta trèanadh agus coidseadh/stiùireadh do ghaisgich dàta.<br><br>Bha 3 seiseanan CLPL anns an trèanadh:<br><br>1. Seisean 1 (Dàmhair 2019): Dè a th’ ann an dàta agus ciamar as urrainn dhomh a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean dhan a h-uile neach-ionnsachaidh?<br><br>**Cuspairean air an deach sùil a thoirt san t-seisean:** Seòrsaichean dàta; obair conaltraidh dàta; ceistean dùbhlain meòrachail mu dhàta; far an gabh e cleachdadh; a’ cumail taic ri cruthachadh cultar dàta ann an sgoiltean agus na h-innealan a tha rim faighinn gus taic a thoirt do chòmhraidhean<br><br>2. Seisean 2: (Samhain 2019): A’ cluich leis an dàta (Seisean practaigeach a’ cur an trèanaidh bho Sheisean 1 an gnìomh)<br><br>**Cuspairean air an deach sùil a thoirt san t-seisean:** A’ sgrùdadh an dàta agaibh fhèin bhon sgoil tro dhòigh-obrach coidseadh is comhairleachaidh; cleachdadh teamplaid còmhradh dàta; a' beachdachadh air cultar dàta agus a' cruthachadh planaichean buileachaidh<br><br>3. Seisean 3: (An Giblean 2020) Ciamar a tha a’ dol leis a’ phlana buileachaidh dàta?<br><br>**Cuspairean air an deach sùil a thoirt san t-seisean:** Fèin-luachadh timcheall air dè tha ag obair agus dè nach eil. Ciamar a chaidh le buileachadh? Ceistean meòrachail/dùbhlanach dha chèile – a’ toirt taic do Ghaisgich Dàta gus sgilean a thogail san raon seo.<br><br>Mar thoradh air Covid-19 agus air fios air ais, chaidh prògram 2020/21 ath-sgrùdadh agus atharrachadh airson a lìbhrigeadh aig astar leis a’ chomhairliche coileanaidh agus le coidse dàta an RIC leis an amas gum faigh luchd-cleachdaidh cothrom air seo ann an dòigh shùbailte. Chaidh prògram nan coidsichean dàta a leasachadh agus a leudachadh airson seisean 2021/22, le gaisgich dàta ùra a’ tighinn còmhla ris a’ bhuidheann a th’ ann mar-thà. |
| **Dè a’ bhuaidh a bh’ aig a’ ghnìomh seo?** |
| Tha 34 sgoiltean an sàs anns a’ phrògram Gaisgich Dàta. Tha planaichean gnìomh aca uile gus cultar dàta a chruthachadh taobh a-staigh nan suidheachaidhean aca.<br><br>Tha 45 curaidhean dàta agus 7 coidsichean dàta aig Sruighlea air feadh an Ùghdarrais Ionadail a-nis |

# Earrann 5 Co-roinn cleachdadh, com-pàirteachasan agus co-obrachadh

Tha a h-uile ùghdarras ionadail air co-obrachadh a bhrosnachadh a thaobh PEF. Tha ceannardan-sgoile a’ cur luach air structaran agus tachartasan aig ùghdarrasan ionadail a thug cothroman dhaibh beachdachadh air planadh, cur an gnìomh agus buaidh PEF còmhla

## Buidhnean Sgoile

Tha grunn eisimpleirean ann de bhuidhnean sgoile a tha air àrd-ùrlaran feumail a chruthachadh airson beachdachadh proifeasanta air PEF.

**Bha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air ‘teaghlaichean sgoile’ a chruthachadh roimhe a’ toirt sgoiltean leis na h-aon seòrsa deamografaigs ri chèile gus am b’ urrainn dhaibh, am measg rudan eile, dòighean-obrach soirbheachail a cho-roinn a thaobh eadar-theachdan PEF, cruinneachadh dàta agus tracadh agus sgrùdadh.**

**Bidh Comhairle Siorrachd Obar Dheathain a’ brosnachadh cheannardan-sgoile gus beachdachadh air a’ phròiseas dealbhaidh PEF aca agus air na prìomhachasan aca aig coinneamhan cnuasachaidh; a’ co-roinn bheachdan agus deagh chleachdadh agus a’ comharrachadh raointean airson co-obrachadh.**

**Tha Comhairle Aonghais a’ brosnachadh cho-obrachadh tro fhòram triads far am bi ceannardan-sgoile agus àrd sgiobaidhean-stiùiridh a’ dol an sàs ann an còmhraidhean proifeiseanta mu leasachadh sgoile, a’ gabhail a-steach PEF. Mar thoradh air an sin, tha barrachd comais ann a bhith a’ beachdachadh air cothromas an cois coileanaidh, taic a chuimseachadh gus bacaidhean a lùghdachadh agus cothroman a bharrachd a thoirt do luchd-ionnsachaidh fo bhuaidh bochdainn. Bidh sgoiltean cuideachd a’ coinneachadh gu cunbhalach mar bhuidhnean gus ionnsachadh a cho-obrachadh agus a cho-roinn.**

**Ann am Fìobha, tha PEF na chuspair seasmhach air clàr-gnothaich choinneamhan nam buidhnean sgoile. Bheir seo ùine do sgoiltean gus beachdachadh air adhartas, buaidh agus dùbhlain agus tha seo a’ cur co-roinn chleachdadh an comas thar sgoiltean. Bidh manaidsear foghlaim ceangal na buidhne sgoile a’ frithealadh nan coinneamhan sin gus taic agus dùbhlan a thoirt seachad. Tha seo a’ toirt cumhachd do bhuidhnean a bhith cruthachail agus ùr-ghnàthach nan cuid obrach gus taic a chumail ri modhan-obrach agus iomairtean gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.**

**Ann an Glaschu tha pròiseas ath-sgrùdaidh cho-leithid a’ toirt cothrom do sgoiltean a tha coltach ri chèile a bhith a’ sgrùdadh, a’ deasbad, a’ dùbhlan agus a’ co-roinn bhuilean agus cleachdadh a thaobh Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba, a’ gabhail a-steach, mar a bhios iomchaidh, cleachdadh PEF. Tha eileamaid còmhraidh phroifeasanta ann am buidhnean leasachaidh ionadail nas fharsainge, a tha stèidhichte air cruinn-eòlas, a tha air a bhith a’ gabhail a-steach còmhraidhean mu chleachdadh PEF.**

**Tha Comhairle Siorrachd Air a Deas air ‘teaghlaichean sgoile’ a chruthachadh a tha a’ toirt sgoiltean leis na h-aon seòrsa deamografaig ri chèile gus an urrainn dhaibh, am measg rudan eile, dòighean-obrach soirbheachail a cho-roinn a thaobh eadar-theachdan PEF, cruinneachadh dàta, tracadh agus sgrùdadh.**

Tha stiùirichean sgoile air luach a chur anns na cothroman sin gus cleachdadh a cho-roinn agus a bhith ag ionnsachadh bho na dh'fhiosraich càch a chèile air PEF. Tha luchd-obrach aig Àrainn Gràmair Jedburgh toilichte leis na cothroman a chruthaich stiùiriche cothromas Comhairle Crìochan na h-Alba gus coinneachadh mar bhuidheann sgoiltean gus neartan agus raointean leasachaidh a cho-roinn. Mhìnich an t-iar-cheannard aig Bun-sgoil a' Phluic mar a tha buidhnean sgoile co-cheangailte ann an Roinn na Gàidhealtachd a' coinneachadh gu cunbhalach airson deasbad proifeiseanta a’ co-roinn cleachdadh èifeachdach co-cheangailte ri PEF. Tha triùir luchd-obrach aig Àrd-sgoil Firpark a bhios a’ gabhail pàirt ann am Buidheann PEF Siorrachd Lannraig a Tuath. Tha an sgoil a’ faighinn buannachd bhon eòlas ro-innleachdail agus gnìomhach a bheir iad air ais dhan sgoil. Bha Àrd-stiùirichean aig Bun-sgoil Cowdenbeath is Àrd-sgoil Chaluim Chille ann am Fìobha air a bhith an sàs ann an co-roinn cleachdaidh thairis air na buidhnean, ùghdarras ionadail agus Caidreachas Leasachaidh Roinneil gus an t-ionnsachadh agus an t-adhartas aca a cho-roinn a bharrachd air taic a thoirt dhaibh ann a bhith comharrachadh na

h-ath cheumannan. Bhruidhinn ceannard Bun-sgoil Dhùn Dòmhnaill ann an Siorrachd Àir a Deas mun fhòcas shònraichte agus mun ùine a chaidh a thoirt seachad aig coinneamhan ceannardan-sgoile gus beachdachadh air mar a tha sgoiltean a' cleachdadh PEF.

## Cothroman eadar-ùghdarrasail

A bharrachd air cothroman a bhith a' conaltradh le co-oibrichean ionadail a thaobh PEF, tha ceannardan-sgoile air fàilte a chur air cothroman a bhith a' dol an sàs le co-oibrichean thar chrìochan nan ùghdarrasan ionadail. Tha Caidreachasan Leasachaidh Roinneil air a bhith nan deagh mheadhan gus seo a chur an comas. Mar eisimpleir, tha ceannardan-sgoile taobh a-staigh Caidreachas Leasachadh Foghlaim an Iar-dheas (SWEIC) air luach a chur air a' chothrom conaltradh le co-oibrichean thar nan ceithir ùghdarrasan SWEIC tro mhodail 'teaghlaichean sgoiltean' far a bheil sgoiltean a tha coltach ri chèile a thaobh rudan mar mheud, riarachadh PEF agus luchd-obrach air an cruinneachadh còmhla. Bha ceannardan-sgoile ann an Sgioba Leasachaidh Roinneil Gleann Fhoirthe agus Lodainn an Iar (FVWL) a' cur luach anns a' chothrom a bhith a' conaltradh le co-oibrichean thar nan ceithir ùghdarrasan ionadail aig sreath de cheithir seiseanan PEF air-loidhne a chaidh a chumail leis na comhairlichean coileanaidh. Chaidh fàilte shònraichte a chur air seisean sònraichte a bharrachd do luchd-obrach a tha ag obair ann an ionadan Feumalachdan Taic a Bharrachd (ASN) gus taic a chur ri cleachdadh PEF. Bha e na chothrom do luchd-obrach bruidhinn air cuid de na prìomh dhùbhlain a tha romhpa a thaobh PEF agus eisimpleirean de chleachdadh a cho-roinn.

## Tachartasan PEF

Tha grunn ùghdarrasan ionadail air tachartasan sònraichte a chur air dòigh gus cleachdadh a thaobh PEF a chur an comas. Mar eisimpleir, lìbhrig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear tachartas taisbeanaidh far an robh sgoiltean a' co-roinn nan dòighean-obrach aca gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh, tro shreath de bhùithtean-obrach. Ron ghalar lèir-sgaoilte bhiodh an dà chuid Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' cumail cho-labhairtean PEF bliadhnail a bha na àrd-ùrlar feumail airson cleachdadh èifeachdach a cho-roinn a thaobh PEF.

## Àiteachan Air-loidhne

Chomharraich beagan ùghdarrasan ionadail àiteachan agus goireasan air-loidhne a tha iad air a chruthachadh gus taic a chumail ri co-obrachadh timcheall air PEF.

**Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air 'Seòmar-teagaisg PEF' a chruthachadh air Google a thathar a' cleachdadh gus coinneamhan a chumail, stiùireadh a cho-roinn, comhairle a thoirt seachad agus taic a chomharrachadh a bhuineas do PEF.**

**Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air Sgiobaidhean Microsoft a chleachdadh gus duilleag Sgioba-stiùiridh Buidseit Com-pàirteachail a chruthachadh gus co-obrachadh a bhrosnachadh a thaobh PEF.**

**Mar fhreagairt air fios air ais bho cheannardan-sgoile, tha Comhairle Siorrachd Àir an Ear air dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aca uile air a h-uile plana leasachaidh sgoile agus aithisgean inbhean is càileachd gus modhan-obrach a mheasadh, ath-mhisneachadh fhaighinn agus tuigse fhaighinn air cleachdadh PEF èifeachdach.**

**Tha Comhairle Aonghais air cliath-dhuilleag PEF a chruthachadh a bheir taic do dh'àrd sgiobaidhean-stiùiridh sgoiltean gus sgoiltean le prìomhachasan PEF coltach riutha a chomharrachadh. Tha e cuideachd a' toirt cothrom air fiosrachadh mu eadar-theachdan a tha sgoiltean eile a' cleachdadh agus a' comasachadh co-obrachadh eadar agus thar sgoiltean gus cleachdadh agus goireasan a cho-roinn.**

**Tha luchd-obrach aig Bun-sgoil Lincluden ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh a' cur luach san inneal air-loidhne 'Engage' a chaidh a chruthachadh leis an ùghdarras ionadail. Bidh ceannardan-sgoile air stiùireadh gu diofar phrìomh sgrìobhainnean agus teachdaireachdan nàiseanta a' cleachdadh an àrd-ùrlair seo.**

**Tha luchd-obrach ann an Àrd-sgoil Braidhurst air feum a dhèanamh den bhuidhinn Sgiobaidhean SAC/PEF a chaidh a stèidheachadh le Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath gus co-obrachadh agus conaltradh proifeasanta a bhrosnachadh eadar ionadan a thaobh planaichean PEF/SAC. Tha an ceannard a' toirt fa-near gu bheil an dòigh-obrach seo, a tha a' coimhead a-mach, ri faicinn ann am planaichean PEF na sgoile agus modhan co-obrachail airson dèiligeadh ri bochdainn agus a' toirt piseach air builean do dhaoine òga.**

Tha grunn sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail cuideachd air an obair aca a thaobh PEF a cho-roinn tron Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta

## Lìonraidhean

Ann an grunn ùghdarrasan ionadail chaidh lìonraidhean sònraichte a stèidheachadh a tha a' cumail taic ri co-obrachadh a thaobh PEF agus cothromas san fharsaingeachd. Tha Lìonra Co-ionannachd stèidhichte aig Comhairle Baile Dhùn Èideann, mar eisimpleir, a tha fosgailte dhan a h-uile neach-cleachdaidh le ùidh ann an raon farsaing de dhleastanasan a bhios a' coinneachadh gu cunbhalach gus lìonrachadh, agus gus cleachdadh agus fuasglaidhean a cho-roinn. Tha ballrachd an lìonra seo air a dhol am meud agus tha measaidhean air a bhith fàbharach gu cunbhalach. Cuideachd, tha Lìonra Co-ionannachd Pheairt is Cheann Rois a' toirt chothroman mìosail do chleachdaichean le raon-ùghdarrais a thaobh cothromachd no PEF gus beachdan a thoirt seachad agus teachdaireachdan nàiseanta agus prìomh chùisean co-ionannachd a sgrùdadh. Mar thoradh air na seiseanan sin, tha sgoiltean air fiosrachadh a cho-roinn mu ghoireasan, dòighean-obrach èifeachdach no eadar-theachdan agus comhairle mu chaitheamh PEF. Ann an Sruighlea chaidh lìonra de luchd-taic teaghlaich stèidhichte san sgoil a stèidheachadh le maoineachadh tro PEF. Tha cothroman ionnsachaidh proifeiseanta nam pàirt de na coinneamhan lìonraidh gach sia mìosan. Tha an lìonra air a bhith air leth cudromach ann a bhith a' comharrachadh agus a' dèiligeadh ri cnapan-starra a thaobh com-pàirteachadh le ionnsachadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh ann do theaghlaichean so-leònte a' gabhail a-steach aig amannan nuair a thathar ag ionnsachaidh aig astar. Tha an lìonra seo a-nis air a leudachadh thairis air  Caidreachas Leasachaidh Roinneil Gleann Fhoirthe is Lodainn an Iar.

## Co-phròiseactan

A bharrachd air a bhith a' co-roinn cleachdadh tha eisimpleirean ann air mar a tha sgoiltean air co-obrachadh air pròiseactan PEF còmhla. Anns a' mhòr-chuid de chùisean tha an dòigh-obrach cho-obrachail seo tarsainn cruinneachaidhean sgoile no buidhnean sgoile co-cheangailte. Ach, ann an aon eisimpleir, tha cha mhòr a h-uile sgoil ann an Comhairle nan Eilean Siar air am maoineachadh PEF aca a thoirt còmhla. Bidh an caidreachas seo de sgoiltean a' mion-sgrùdadh dàta, a' planadh, a' cruthachadh agus a' cur an gnìomh ro-innleachdan còmhla. Mar thoradh air sin, tha taic chuimsichte ann bho luchd-obrach coileanadh foghlaim, as urrainn obrachadh thar sgoiltean, a' cumail taic ri slàinte is sunnd agus ri coileanadh ann an àireamhachd agus litearrachd.

**Thog ceannard Bun-sgoil an Naoimh Marcas ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear a' bhuannachd leantainneach a bha an lùib obair ann am buidhnean sgoile a thaobh PEF. Bidh tidsear matamataig bhon àrd-sgoil cho-cheangailte le maoineachadh PEF ag obair còmhla ri tidsearan agus sgoilearan bho BS6 agus BS7 gus comas a thogail, gus dèiligeadh ri beàrnan bhon ghlasadh sìos agus gus coileanaidh àrdachadh ann an àireamhachd agus matamataig.**

**Tha Àrd-sgoil Gleniffer ann an Siorrachd Rinn Friù air PEF a chleachdadh gus eadar-ghluasad sgoilearan bho bhun-sgoiltean co-cheangailte riutha a neartachadh. Anns a' phrògram gluasaid tha sgioba taic sgoilearan na sgoile agus tidsear PE a' cumail taic ri co-obraichean sa bhun-sgoil. Tha am prògram cuideachd a' gabhail a-steach tidsear eadar-ghluasaid sa bhun-sgoil a bhios ag amas air a bhith a' cruthachadh oide-eòlas agus a' dèanamh cinnteach gum bi adhartas ann an ionnsachadh nuair a bhios sgoilearan a' gluasad bhon bhun-sgoil dhan àrd-sgoil.**

**Bha Bun-sgoil Newcastleton ann an Crìochan na h-Alba ag obair ann an co-obrachadh le Bun-sgoil Stirches, mar sgoiltean com-pàirteachais chun na Càisge 2021. Còmhla, dh'fhastaich iad tidsear taic-ionnsachaidh airson latha a bharrachd. Dh'obraich an sgoil cuideachd le Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLD) le fòcas air ionnsachadh teaghlaich. Bha fòcas na h-obrach air a bhith a' brosnachadh teaghlaichean fa-leth gus dol an sàs ann an ionnsachadh an cuid chloinne.**

**Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh còmhla le còig sgoiltean ann an Siorrachd Àir a Deas am maoineachadh PEF fa leth aca a chur còmhla gus am b' urrainn dhaibh eadar-theachdan a chur an gnìomh nach b' urrainn dhaibh a mhaoineachadh leotha fhèin. Bha na h-eadar-theachdan sin a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh stiùiriche àireamhachd a bha ag obair thar nan còig sgoiltean.**

## Com-pàirteachasan

Tha ùghdarrasan ionadail air feuchainn ri a dhèanamh nas fhasa do sgoiltean obrachadh le com-pàirtichean taobh a-muigh foghlam. Mar eisimpleir, leis gu bheil Comhairle Baile Obar Dheathain air am mothachadh aca àrdachadh air an dòigh as fheàrr air PEF a chur an gnìomh, tha iad air mion-sgrùdadh a chur ri chèile air obair roimhe agus obair leantainneach le buidhnean com-pàirteachais. Tha an anailis cosgais is buaidh seo air eadar-theachdan air cothrom a thoirt do cheannardan-sgoile co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu chaitheamh PEF san àm ri teachd. Agus, mar a chaidh a mhìneachadh ann an eisimpleir na bu thràithe, tha Comhairle Siorrachd Àir an Ear air catalog de sholaraichean a chruthachadh as urrainn do sgoiltean a chleachdadh gus taic a chumail ri planadh agus co-dhùnaidhean. Chaidh oidhirp mhòr a dhèanamh gus beachdachadh air freagarrachd agus luach as fheàrr gach solaraiche, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean cudromach leithid PVG. Tha seo air pròiseasan solarachaidh a dhèanamh nas fhasa do cheannardan-sgoile agus tha e air cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris a' bhiùrocrasaidh a thaobh a bhith a' stèidheachadh chom-pàirteachasan le solaraichean. Ann an Siorrachd Lannraig a Tuath tha ath-structaradh nan 'teaghlaichean foghlaim' air obair shòisealta, slàinte, ceartas agus foghlam a thoirt còmhla gus fiosrachadh nas fheàrr a thoirt do mhodhan-obrach agus eadar-theachdan amalaichte gus piseach a thoirt air builean do chlann agus do dhaoine òga a tha fo anacothrom bochdainn. Tha an t-ath-structaradh seo air barrachd chothroman a chruthachadh do gach roinn thighinn còmhla aig ìre dealbhaidh PEF gus barrachd taic a thoirt do cho-obrachadh gus am beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Tha grunn eisimpleirean ann de sgoiltean a tha a' conaltradh le com-pàirtichean a' gabhail a-steach seirbheisean ionadail agus buidhnean sa choimhearsnachd aca. Tha co-obrachadh le buidhnean san treas roinn air fòcas a chur air taic do theaghlaichean, ri fàs ann an com-pàirt agus conaltradh, slàinte is sunnd, a' toirt seachad barrachd chothroman taobh a-staigh a' churraicealaim agus a' ruigsinn cinn-uidhe adhartach.

**Tha Bun-sgoil Clerkhill ann an Siorrachd Obar Dheathain air a dhol an sàs ann an grunn chom-pàirteachasan le bun-sgoiltean san aon bhuidhinn, eaglaisean, an treas roinn, gnìomhachasan ionadail agus co-oibrichean slàinte. Sheall suirbhidhean sgoilearan ann an 2018 gun robh feum air barrachd chothroman com-pàirteachaidh. Mar thoradh air seo chaidh clann chomharraichte gu diofar ghnìomhan taobh a-muigh na sgoile a' gabhail a-steach clubaichean spòrs is ciùil. Tha an sgoil ag aithris gu bheil cuid de chloinn air sgilean sòisealta nas fheàrr a thogail agus gum bi iad a' gabhail barrachd com-pàirt ann am beatha na sgoile.**

**Mar thoradh air com-pàirteachas le eaglais ionadail ann an 2019/20 chaidh club bracaist soirbheachail a thoirt seachad do chloinn chuimsichte. Chuir clann agus pàrantan luach air seo, agus bha barrachd làthaireachd san sgoil mar thoradh air seo. Chaidh lìog Lego agus club saidheans a stèidheachadh ann an com-pàirteachas le gnìomhachas ionadail. Thug iad sin cothroman do chlann cuimsichte eòlas fhaighinn air saidheans tro sheiseanan eadar-obrachadh sòisealta ann an 2019/20.**

**Tha Acadamaidh Eastbank ann an Glaschu air a bhith ag obair le measgachadh de chom-pàirtichean bho chaidh PEF a thoirt a-steach. Tha an sgoil ag aithris gu bheil seo air buaidh mhath a thoirt air buileachadh, coileanadh agus sunnd mar a chithear bho mheasgachadh de dhàta a tha an sgoil air cruinneachadh. Tha iad air a bhith ag obair le com-pàirtichean ionadail san treas roinn gus taic a thoirt do dhaoine òga cuimsichte a thaobh comas-cosnaidh, a' cur ri cinn-uidhe adhartach. Bha fastadh neach-obrach òigridh ceangail-sgoile fìor chudromach san obair seo.**

**Tha maoineachadh Ùghdarras Dùbhlain SAC a bharrachd air PEF air cothroman ionnsachaidh le taic a chruthachadh do sgoilearan ann an co-bhonn ri Oilthigh Ghlaschu, a' cur ri toraidhean coileanaidh nas adhartaiche do chuid de dhaoine òga.**

**Tha an sgoil cuideachd ag aithris gu bheil com-pàirteachas le Poileas Alba maoinichte le PEF air cur ri com-pàirt a bharrachd le dhaoine òga comharraichte.**

## Coimhearsnachd Ionnsachaidh Naomh Peadar an t-Abstol, Siorrachd Dhùn Breatann an Iar Prògram Eadar-ghluasad

### Carson a bha gnìomh a dhìth?

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar ag aithneachadh nam buannachdan an cois co-obrachaidh agus dòighean-obrach coitcheann airson a bhith a' toirt piseach air builean do chloinn is dhaoine òga. Le seo, tha e air cultar a chruthachadh a bhrosnaicheas sgoiltean a bhith ag obair còmhla, còmhla ri chèile agus le com-pàirtichean. Taobh a-staigh a' cho-theacsa seo, rinn Coimhearsnachd Ionnsachaidh Naoimh Pheadair an Abstoil pròiseact co-mhaoinichte le PEF às dèidh dhaibh feum a chomharrachadh gus prògram eadar-ghluasaid leasaichte a chruthachadh airson BS7 gu AS1 a bhiodh ag amas air feumalachdan dhaoine òga nach deach a coileanadh leis na rèiteachaidhean làithreach. Chaidh na cosgaisean a roinn thairis air na seachd sgoiltean (6 bun-sgoiltean agus 1 àrd-sgoil). Tha a' choimhearsnachd ionnsachaidh seo a' gabhail a-steach uàrdan comhairle leis na h-ìrean as àirde de Shiorrachd Dhùn Breatann an Iar.

### Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?

Ann an 2017/2018, chleachd a' choimhearsnachd ionnsachaidh PEF gus bharrachd taic bho shaidhg-eòlaiche foghlaim a mhaoineachadh gus taic a chumail ri dealbhadh agus lìbhrigeadh prògram eadar-ghluasad leasaichte. Bha trèanadh do luchd-obrach mar phàirt den phrògram gus dèanamh cinnteach gum biodh seo seasmhach taobh a-muigh PEF. A barrachd air seo, chaidh am maoineachadh a chleachdadh gus cur ri riarachadh luchd-taic sgoilearan agus teaghlaich gus taic a chumail ri lìbhrigeadh a' phrògraim. An toiseach, chaidh maoineachadh a chleachdadh cuideachd airson neach-stiùiridh pròiseict. Chaidh mion-sgrùdadh feumalachdan a dhèanamh aig an toiseach agus chomharraich seo buidheann de dhaoine òga iomagaineach a bha so-leònte aig àm eadar-gluasaid. Bha mion-sgrùdadh nam feumalachdan stèidhichte air dàta làithreach: Clàr-innse Ioma-bhochdainn na h-Alba (Scottish Index of Multiple Deprivation - SIMD); làthaireachd; coileanadh; agus aithisgean thidsearan, a bharrachd air dàta a chaidh a chruinneachadh gu sònraichte airson a' phròiseict: ceisteachan neartan is dhuilgheadasan (dàta air a chruinneachadh bho dhaoine òga agus pàrantan) agus Sgèile Sunnd Cloinne Shruighlea (dàta air a chruinneachadh bho sgoilearan). Anns a' chiad bhliadhna, chaidh am prògram Friends for Life a chleachdadh agus ann am bliadhna a dhà, chaidh prògram sònraichte, am prògram Deisealachd airson Àrd-sgoil, a chruthachadh. Chaidh Sgèile Ro-iomagaineachd Spence a chleachdadh ro agus às dèidh lìbhrigeadh a' phrògraim mar thomhas air buaidh, a bharrachd air fios air ais bho dhaoine òga, pàrantan agus luchd-obrach. Tha am prògram air leantainn nas fhaide na a' chiad phròiseact agus tha e a-nis air a lìbhrigeadh le tidsearan clas.

### Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?

Tha measaidhean a rinn an t-Seirbheis Saidhc-eòlais Foghlaim air a' phrògram aig deireadh bliadhna a h-aon agus a dhà a' sealltainn gun robh lùghdachadh ann an sgòran iomagain iomlan, a' nochdadh gun robh am prògram a' cuideachadh le bhith a' lùghdachadh iomagain anns na buidhnean targaid. Dhaingnich fios air ais bho bhuidhnean fòcais sgoilearan gun robh deagh bhuaidh aig a' phrògram.



# Earrann 6 A' toirt a-steach luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean

Bidh gach ùghdarras ionadail a' brosnachadh com-pàirt brìoghmhor do luchd-teagaisg, pàrantan agus sgoilearan ann am PEF. Tha an luach aig co-chomhairleachadh mar phàirt de phlanadh PEF air aithneachadh agus air a bhrosnachadh le ùghdarrasan ionadail. Mar eisimpleir, ann an Dùn Dè, tha dùil soilleir ann gum bi sgoiltean a' dèanamh co-chomhairleachadh le pàrantan agus tha cothrom aig oifigearan foghlaim air dàta a thèid a chruinneachadh mu dheidhinn seo mar phàirt de cheumannan barantas càileachd. Bidh ùghdarrasan ionadail eile, leithid Siorrachd Chlach Mhanainn, ag iarraidh air sgoiltean clàradh cò a chaidh co-chomhairleachadh mar phàirt de theamplaidean dealbhaidh PEF. Tha Comhairle Shruighlea air prògram 'Tosgairean Ceartas Sòisealta' a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gum bi clann agus daoine òga an sàs gu brìoghmhor ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra, a' gabhail a-steach PEF.

Mhìnich a' mhòr-chuid de dh'ionadan mar a bha iad air conaltradh le luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean a thaobh PEF. Mar bu trice rinneadh seo tro cho-chomhairleachadh le Comhairlean Sgoilearan agus Comhairlean Phàrant. Ach, bha beagan eisimpleirean ann de cho-chomhairleachadh nas fharsainge.

Ann an Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe, ann an Siorrachd Àir a Tuath, mar eisimpleir, chaidh clàr guth sgoilearan (Figear 3) a chruthachadh. Chaidh seo a dhealbhadh le cuideachadh bho Chomhairle nan Sgoilearan agus tha e a' sealltainn na h-obrach leantainneach a rinneadh ann am planaichean leasachaidh sgoile agus sgoilear, planaichean a tha fa leth ach ceangailte. Bidh a' cho-chomhairle cunbhalach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean comharraichte a dh'fhaodadh a bhith fo ana-cothrom air an deagh riochdachadh. Thug an sgoil iomradh cuideachd air tursan 'walk in their shoes' (WIT) le fòcas air cothromas a thathar a' cleachdadh gus sùil a chumail air buaidh dhòighean-obrach agus eadar-theachdan a thaobh cothromais. (Eàrr-ràdh 7) Tha iad sin a' gabhail a-steach buill den àrd-sgioba stiùiridh a' coimhead air clasaichean gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuaidh aig eadar-theachdan air luchd-ionnsachaidh ris a bheilear an dùil. Rè nan cuairtean sin bidh iad cuideachd a' conaltradh ri luchd-ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil na beachdan aca a' riochdachadh na tha an òigridh a' fiosrachadh.

**Mìosachan Guth Sgoilearan ACADAMAIDH ACHAIDH NA H-ÈIRBHE (2021/22)**

MÌNEACHADH: An Luchd-teagaisg air fad √ Ceannardan Roinnean/Prìomh thidsearan √ PT Aoghaireil / PT Taic Sgoilearan √ Àrd-sgioba Stiùiridh √ Sgoilearan √ Pàrantan √ Com-pàirtichean √

| GNÌOMH | Cuspair | Tricead is Stiùireadh | LÙNA | SULT | DÀMH | SAMH | DÙBH | FAOI | GEARR | MÀRT | GIBL | CÈIT | ÒGMH |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| HGIOS 4 nan Sgoilearan | HGIOURS Cuspair 4: HWB | Gach mìos | | | √ Plana airson 2021/22 | √ Plana airson 2021/22 | √ Cuspair 4 – Q1-3 | √ Cuspair 4: – Q4-6 | √ Cuspair 4 – Q7-9 | √ Cuspair 4 – Q10-11 | √ Cuspair 4 – C12-13 | √ Plana airson 2022/23 | |
| Pàrlamaid Òigridh Siorrachd Àir a Tuath | | Gach teirm | | √√ | | √√ | | | √√ | | | √√ | |
| Comhairle nan Sgoilearan | | Gach ceala-deug | √ | √ | √ | √ | √ | √ | √ | √ | √ | √ | √ |
| Ceannardan nan Sgoilearan leis a' Cheannard-sgoile | | Gach Seachdain | | | √√ | √√ | √√ | √√ | √√ | √√ | √√ | √√ | |
| Guth nan Sgoilearan a' gabhail a-steach suirbhidhean / buidhnean fòcais / cuairtean ionnsachaidh fòcas air a cheantradh a rèir SIP 3 tro Chomhairle nan Sgoilearan | | Leantainneach | √√ SIP | √√√ √ DIP's | √√√√ L+T (1) | √√ PSE | √√√√ BEACHDAN AIR AIS | √√√√ ÀRAINNEACHD IONNSACHAIDH - CUAIRT | √√√√ √ DIOFARACHADH | √√√√ CURRAICEALAM | √√√√ L+T (2) | √√√ SIP/DIP's | |
| Buidhnean-obrach SIG | | X6 Bliadhnail | | | √√√ | √√√ | | √√√ | √√√ | √√√ | | √√√ | |

**Clàr 3**

Tha tòrr eisimpleirean ann bho air feadh na dùthcha air mar a bhios sgoiltean a’ dèanamh cinnteach gum bi pàrantan a’ faighinn fios mu PEF. Tha eisimpleirean a’ gabhail a-steach foillseachadh planaichean leasachaidh sgoile, planaichean PEF agus aiseagan inbhean agus càileachd air làraichean-lìn, aplacaidean agus seanailean meadhanan sòisealta aig sgoiltean. Bidh obair a chaidh a mhaoineachadh le PEF a’ nochdadh ann an cuairt-litrichean agus sways sgoile cuideachd.

Tha com-pàirt brìoghmhor luchd-ùidh ann an co-dhùnaidhean mu PEF na phàirt chudromach de Mhaoineachadh Cothromas nan Sgoilearan: stiùireadh obrachaidh nàiseanta 2021. Thug àireamh shusbainteach de dh’ùghdarrasan ionadail agus cheannardan fa-near gum bu toil leotha barrachd obair leasachaidh a dhèanamh air na dòighean-obrach aca a thaobh a bhith a’ toirt a-steach luchd-ùidh, gu sònraichte pàrantan, ann an dòigh nas brìoghmhoire ann an co-dhùnaidhean mu PEF.

## Buidseat Com-pàirteachail

Bha a’ mhòr-chuid de na h-ùghdarrasan ionadail a thug iomradh air buidseatadh com-pàirteachail a thaobh PEF a’ faireachdainn gum bu thoil leotha seo a thoirt air adhart barrachd. B' urrainn do chuid de dh'ùghdarrasan ionadail obair a bha a' dol air adhart a cho-roinn. Mar eisimpleir, ann an Siorrachd Rinn Friù agus Siorrachd Lannraig a Tuath tha buidheann de sgoiltean an sàs ann am pròiseact pìleit gus sgrùdadh a dhèanamh air cleachdadh buidseit com-pàirteachail mar dhòigh air pàrantan agus sgoilearan a' toirt buaidh air mar a thèid PEF a chleachdadh. Ann an Siorrachd Lannraig a Deas tha luchd-obrach thar gach roinn air faighinn a-mach gu bheil cleachdadh èifeachdach co-cheangailte ri buidseatadh com-pàirteachail a chaidh a cho-roinn air duilleag nan Sgiobaidhean PEF a-staigh gu math feumail. Tha a h-uile sgoil ann an Siorrachd Lannraig a Deas air co-dhiù 5% den riarachadh PEF 2021/2022 aca a thoirt seachad airson buidseatadh com-pàirteachail agus tha buidheann luchd-ùidh buidseit com-pàirteachail aig gach sgoil anns a bheil sgoilearan, pàrantan agus luchd-teagaisg an sàs. Tha seiseanan ionnsachaidh proifeiseanta air taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a’ leasachadh an cuid cleachdaidh san raon seo. Ann an Lodainn an Iar tha gealltanas ann gun cuir a h-uile sgoil 3% den riarachadh PEF aca gu buidseatadh com-pàirteachail.

**Bidh Bun-sgoil Our Lady of Lourdes ann an Lodainn an Iar a’ riarachadh 3% de PEF gu buidseatadh com-pàirteachail agus a’ dèanamh conaltradh le sgoilearan, pàrantan agus luchd-teagaisg a thaobh ciamar a bu chòir seo a chleachdadh. Tha an taic làithreach airson èideadh-sgoile agus tha iad cuideachd an dùil larder bìdh a bhith aca a-muigh a bhios ruigsinneach leis a h-uile teaghlach, gun cheistean fhaighneachd. Tha ceanglaichean làidir aig an sgoil cuideachd ri coimhearsnachd na paraiste ionadail agus tha i a’ faighinn buannachd aig an àm seo bho Mission Christmas, a tha a’ toirt seachad dèideagan agus tiodhlacan do theaghlach sam bith a tha feumach air. Tha cosgais Latha na Sgoile àrd air liosta phrìomhachasan na sgoile seo, agus tha an dà chuid a’ pharaiste agus comhairle nam pàrantan ag obair ann an com-pàirteachas leis an sgoil gus greimean-bìdh a thoirt dhan chloinn air fad aig àm-cluiche.**

**Thog ceannard Bun-sgoil Rigside ann an Siorrachd Lannraig a Deas na seiseanan ionnsachaidh air-loidhne a chaidh a chruthachadh le sgioba cothromas Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air buidseatadh com-pàirteachail. Mar thoradh orra sin còmhla ri stiùireadh ceum-ai- cheum, chaidh pròiseasan buidseatadh com-pàirteachail a chur an gnìomh gu soirbheachail ann an seisean 2020/2021.**



| Àrd-sgoil Tynecastle, Comhairle Baile Dhùn Èideann<br>Buidseit Com-pàirteachail |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Choinnich an ceannard ri Comhairle nam Pàrant gus fiosrachadh a chumail riutha mu cho-dhùnaidhean mòra a thaobh ionmhais. Rè na coinneimh seo chaidh beachdachadh air buidseatadh com-pàirteachail (PB) a thaobh riarachadh PEF. Mar thoradh air seo cho-dhùin an sgoil gun cleachdadh iad an dòigh-obrach seo. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Chaidh buidheann-stiùiridh a stèidheachadh le bhith a' fastadh oileanaich le ùidh agus buill de Chomhairle nam Pàrant. Lìbhrig co-obraiche Ro-innleachd agus Tuigse bho Chomhairle Baile Dhùn Èideann (CEC) trèanadh dhan bhuidheann stiùiridh-mun phròiseas PB thairis air beagan sheiseanan.<br><br>B' e am prìomhachas a bhith ag oideachadh oileanaich làithreach mu PB tro shreath de thaisbeanaidhean sa chlas mar phàirt de churraicealam nan cuspairean sòisealta. Bha e mar dhleastanas air co-obraichean Ionnsachadh Fad-beatha bho Chomhairle Baile Dhùn Èideann taisbeanadh foghlaim a chruthachadh agus a lìbhrigeadh do gach oileanach san sgoil. Mar phàirt den taisbeanadh, chaidh iarraidh air oileanaich beachdan a thogail a bha a rèir slatan-tomhais PEF, agus na beachdan sin a chur a-steach dhan bhuidhinn-stiùiridh. Chaidh leantainn air seo ann an ùine luchd-oide gus beachdan a chruthachadh airson bhòt air buidseatadh com-pàirteachail. B' urrainn do sgoilearan ÀS3-ÀS6 beachdan a chur a-steach air-loidhne, agus b' urrainn do sgoilearan ÀS1-2 duilleagan molaidh a chur a-steach.<br><br>Sheòrsaich fo-bhuidheann oileanach aig àrd-ìre na diofar mholaidhean, agus an uair sin rinn iad mion-sgrùdadh air na beachdan gus an fheadhainn a bha a rèir slatan-tomhais PEF a chomharrachadh agus chuir iad às do na beachdan nach robh a rèir slatan-tomhais PEF. Cho-dhùin a' bhuidheann-stiùiridh gum biodh a h-uile beachd a bha a rèir nan slatan-tomhais, agus taobh a-staigh a' bhuidseit, airidh air bhòt. Is e aon duilgheadas a dh'fhaodadh a bhith aig an stoidhle seo gus beachdan a chruthachadh gun robh beachdan neo-shoilleir agus nach robh cosgaisean sam bith nan cois. Chaidh iarraidh air a' bhuidhinn-stiùiridh cosgaisean obrachadh a-mach airson gach beachd le bhith a' bruidhinn ri ceannardan roinnean agus ris an Àrd-sgioba-stiùiridh (SLT).<br><br>Chaidh iarraidh air a' bhuidheann-stiùiridh an uair sin pròiseas bhòtaidh a stèidheachadh. Chaidh co-dhùnadh coitcheann a ghabhail gus leigeil le oileanaich bhòtadh air a h-uile roghainn a bha tro shiostam rangachaidh. Bhiodh maoineachadh air a thoirt dhan chiad roghainn, an uair sin san dàrna roghainn, agus msaa gus nach biodh maoineachadh air fhàgail. Air sgàth inbhe Àrd-sgoil Tynecastle mar sgoil chliùiteach Apple agus ionad airson sàr-mhathas ann an ionnsachaidh didseatach, cho-dhùin a' bhuidheann-stiùiridh gun toireadh iad cead do gach oileanach ann an ÀS3-ÀS6 bhòtadh air-loidhne tro SurveyMonkey air na h-iPadan aca rè àm luchd-oide, le sgoilearan ÀS1-2 a' bhòtadh ann am baileatan pàipeir. Mar thoradh air a' cho-dhùnadh seo, bha am pròiseas bhòtaidh seo luath agus ghabhadh na toraidhean is an dàta a chruinneachadh gu furasta. Chaidh a h-uile baileat pàipeir a chruinneachadh agus a chur ris na toraidhean air-loidhne.<br><br>Aon uair 's gun robh na co-dhùnaidhean uile a-staigh, chuir an sgoil romhpa na toraidhean ainmeachadh tro ùine luchd-oide aig an aon àm do bhliadhnaichean sgoile, agus ruith an t-àrd-sgioba-stiùiridh tachartas sònraichte gus an obair a chomharrachadh agus gus na toraidhean a cho-roinn is a chomharrachadh le coimhearsnachd na sgoile, leis na meadhanan sòisealta, agus le oifigearan riaghaltas ionadail. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Bhòt 305 (55%) sgoilear air £8000 de dh'airgead PEF (10% den bhuidseit PEF iomlan). B' e £14,500 an t-airgead iomlan a chaidh iarraidh airson nan 10 pròiseactan. Chaidh 47 beachd a chruthachadh agus bha 10 a rèir nan slatan-tomhais airson a dhol gu bhòt.<br><br>Tha an sgoil ag aithris nach deach measadh foirmeil sam bith a dhèanamh air an obair seo a chionn 's gun deach a dhèanamh ann an seisean 2018/2019 agus cha deach am maoineachadh air fad a chosg ro dheireadh an t-seisein. Anns an t-seisean a leanas chuir Covid-19 agus na glasaidhean-sìos bacadh air leasachaidhean a bharrachd a' gabhail a-steach a bhith a' cur crìoch air a' mheasadh. Ach, tha planaichean daingeann aig an sgoil gus leantainn air adhart le obair leasachaidh air buidseatadh com-pàirteachail air an t-seisein seo agus chaidh iarraidh orra an cuid cleachdaidh a cho-roinn le sgoiltean eile. |

# Earrann 7 Dearbhadh càileachd agus riaghladh

## Dearbhadh Càileachd

Tha grunn phròiseasan ann thar ùghdarrasan ionadail gus sùil a chumail air cleachdadh PEF agus gus càileachd a bharantachadh. Tha seo a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh planadh agus aithris PEF gus dèanamh cinnteach à buileachadh gun tèid a bhuileachadh gu h-èifeachdach agus gum bi adhartas ann. Tha seo ag obrachadh nas fheàrr far a bheil ceannardan-sgoile, oifigearan ùghdarras ionadail agus comhairlichean coileanaidh an sàs ann an conaltradh proifeiseanta cunbhalach gus cleachdadh èifeachdach a chruthachadh agus a cho-roinn.

Ann am Moireibh tha an AA an sàs ann a bhith ag ath-sgrùdadh agus a' toirt seachad comhairle air planaichean PEF. Bidh an t-ùghdarras ionadail a' toirt seachad an dà chuid dùbhlan agus taic do sgoiltean tro bhith ag ath-sgrùdadh phlanaichean agus air a' bhuaidh a chaidh aithris, a tha a' toirt cothrom dhaibh eisimpleirean de chleachdadh èifeachdach a chomharrachadh. Ann an Siorrachd Chlach Mhanainn bidh oifigearan leasachadh càileachd agus an comhairliche coileanaidh ag obair còmhla gus planadh agus aithris sgoile ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gum bi taic iomchaidh ann do dh'ionadan.

Bidh grunn ùghdarrasan ionadail a' cruinneachadh toraidhean planaichean PEF nan sgoiltean agus gan cur ri chèile ann an aithisg Buaidh PEF a thathar a' cleachdadh airson grunn adhbharan, a' gabhail a-steach a bhith ag aithris do bhuill thaghte.

Anns na h-eisimpleirean as fheàrr, tha barantachd càileachd PEF a-nis na pàirt stèidhichte de phròiseasan gealltanas càileachd nan ùghdarrasan ionadail, a' toirt seachad taic agus dùbhlan cudromach a thaobh a bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Mar eisimpleir tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain, coltach ri ùghdarrasan ionadail eile, air seo a thoirt a-steach do mhodhan-obrach a th' ann mar-thà. Mar phàirt den phròiseas barantachd càileachd, bidh ceannardan-sgoile agus àrd sgiobaidhean-stiùiridh a' dol an sàs ann an conaltradh ràitheil le oifigearan sa mheadhan. Tha an còmhradh seo a' cuimseachadh air adhartas agus buaidh phrìomhachasan sgoile, a' gabhail a-steach PEF. Tha tursan gus coimhead air buaidh PEF leis an sgioba sa mheadhan agus leis a' chomhairliche coileanaidh cuideachd air a bhith nam pàirt de chruth-tìre PEF ann an Siorrachd Àir a Deas. Tha tursan gus coimhead air buaidh PEF a' cruthachadh cothrom gus taic agus comhairle a thabhann far a bheil sin iomchaidh agus/no ma dh'iarras na ceannardan-sgoile iad fhèin seo.

Tha Comhairle Shruighlea air teamplaid chuideachail a chruthachadh (Pàipear-taice 8) airson tursan meadhan-bliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh dòigh-obrach chunbhalach airson sùil a chumail air planaichean PEF agus air a' bhuaidh aige air sgoilearan agus teaghlaichean. Tha ùghdarrasan ionadail eile leithid Lodainn an Iar a' cumail taic ri fèin-luachadh làidir air buaidh PEF fhad 's a tha iad a' tadhal air sgoiltean le fèin-mheasadh dearbhte (*validated self-evaluation* - VSE).

Dh'aithris cuid de dh'ùghdarrasan ionadail gun robh com-strì ann le bhith a' faighinn a' mheasgachaidh cheart de chumhachd agus de chunntachalachd a thaobh barantachd càileachd PEF. Ach, thar ùine tha oifigearan ùghdarrasan ionadail air fàs nas misneachaile ann a bhith a' tabhann taic agus dùbhlan a rèir na thathar a' sùileachadh anns an stiùireadh nàiseanta air PEF.

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' toirt cunntas air deagh dhàimhean obrach eadar an luchd-obrach sa mheadhan agus an comhairliche coileanaidh agus mar thoradh air seo, tha deagh dheasbad ann nuair a thathar a' cumail sùil air planaichean agus caitheamh PEF. Mar thoradh air seo, tha barrachd misneachd agus tuigse nas fheàrr air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha sgoiltean a' faighinn taic gus planaichean a chur a-steach a-rithist no prìomhachasan atharrachadh nuair nach eil am plana a chaidh a chur a-steach a rèir nan dùilean nàiseanta.

Chaidh faighneachd do cheannardan-sgoile dè an taic a b' fheàrr a fhuair iad a thaobh PEF. Thug a' mhòr-chuid de cheannardan iomradh air a' chonaltradh proifeasanta a bh' aca le oifigearan ùghdarrasan ionadail . Gu tric, tha seo air a thoirt a-steach do phròiseasan barantachd càileachd a th' aig na h-ùghdarrasan ionadail mar-thà.

**Mhìnich ceannard Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe mar a thathar a' cur luach air tursan leasachaidh bho àrd-mhanaidsearan Siorrachd Àir a Tuath, a bhios gu cunbhalach a' dèanamh ceangal ris an sgoil agus a' toirt dùbhlan làidir a thaobh cleachdadh PEF. Bha an ceannard a' cur luach air cho furasta a bha e bruidhinn ris an àrd-luchd-stiùiridh agus cho sgileil 's a tha iad ann a bhith a' toirt seachad an dùbhlain ro-chudromach a chumas taic ris na h-ath cheumannan.**

**Mhìnich ceannard Acadamaidh Harris mar a tha oifigearan foghlaim ann an Dùn Dè a' toirt seachad eileamaid de bharantachadh càileachd a thaobh PEF le bhith ag ath-sgrùdadh adhartas mu choinneamh amasan suidhichte. Nuair a bhios feum air bidh oifigearan foghlaim ag obair le sgoiltean gus faighinn seachad air gus aghaidh a chur air dùbhlain ris a bheil dùil mu phlanaichean PEF.**

**Tha an àrd-sgioba stiùiridh aig Bun-sgoil Berryhill a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic mhòr agus tha iad misneachail a thaobh pròiseasan fèin-mheasaidh Siorrachd Lannraig a Tuath agus mun stiùireadh leasachaidh a chaidh a thoirt do sgoiltean. Tha trì amannan-sgrùdaidh bliadhnail airson PEF air am fighe a-steach do chlàr barantachd càileachd agus aithris na sgoile. Tha an Ceannard den bheachd gu bheil seo air a bhith air leth cudromach ann a bhith a' cur fòcas às ùr air leasachadh ro-innleachdail agus a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn bho thàinig sinn a-mach às an dà ghlasadh-sìos.**

Tha beagan eisimpleirean ann far a bheil taic agus dùbhlan a thaobh PEF air a thoirt seachad chan ann a-mhàin le oifigearan nan ùghdarrasan ionadail ach le ceannardan eile. Mar eisimpleir, mhìnich an ceannard aig Bun-sgoil Corpus Christi mar a tha am pròiseas ath-bhreithneachaidh co-leithid ann an Glaschu a' toirt seachad cothroman luachmhor airson beachdachadh air planadh agus cur an gnìomh PEF le co-leithid agus oifigearan comhairle. Chaidh sgrùdadh co-leithid coltach ri seo air planaichean leasachaidh sgoile, aithisgean inbhean is càileachd agus planaichean PEF ro-Covid a chomharrachadh mar eacarsaich fheumail le stiùirichean-sgoile aig Àrd-sgoil Shruighlea. Chomharraich ceannard St Ronan's na pannalan PEF a chuir Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air dòigh mar deagh dhòigh gus taic is dùbhlan fhaighinn bho cho-obraichean. Bidh iad a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach chuimsichte ann air cleachdadh PEF na sgoile.

## Riaghladh

Tha ùghdarrasan ionadail air mìneachadh mar a tha structaran riaghlaidh air an taobh a-staigh a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh PEF gu h-iomchaidh. Bidh gach ùghdarras ionadail ag aithris air planadh agus buaidh PEF do chomataidh de bhuill thaghte. Bidh cuid de dh' ùghdarrasan ionadail, leithid  Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh, Siorrachd Àir a Tuath agus Sruighlea, cuideachd a' sgrìobhadh aithisg Buaidh PEF.

A bharrachd air a bhith an dùil gun aithris sgoiltean air buaidh PEF taobh a-staigh nam pròiseasan aithris àbhaisteach aca, leithid aithisgean inbhean agus càileachd, tha modhan aithris a bharrachd aig beagan ùghdarrasan ionadail. Mar eisimpleir, ann an Siorrachd Àir an Ear thathar a' dèanamh aithris a bharrachd mu PEF tro Fhòram Buaidh Chloinne is Dhaoine Òga an ùghdarrais ionadail. Thathar a' toirt cuireadh do cheannardan-sgoile gus pàirt a ghabhail ann an conaltradh co-obrachail a bharrachd mun phlanadh leasachaidh aca, a' gabhail a-steach PEF agus Maoineachadh Coileanaidh na h-Alba san fharsaingeachd. Ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, a bharrachd air fianais a thoirt seachad air buaidh PEF anns na SQRan aca, thathar an dùil gun cuir gach sgoil aithisg PEF nas mionaidiche a-steach aig deireadh gach seisean acadaimigeach. Bidh sgioba cothromas Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag ath-sgrùdadh agus a' dèanamh anailis air aithrisean PEF aig ìre na sgoile gach dà bhliadhna agus mar thoradh air sin, bidh iad a' toirt taic do sgoiltean far a bheil feum air seo. Ann an Siorrachd Àir a Tuath, a bharrachd air aithris air PEF taobh a-staigh nan sgoiltean SQR aca, bidh sgoiltean iad ag ullachadh Geàrr-chunntas Buaidh PEF bliadhnail (Eàrr-ràdh 9) airson cleachdadh air an taobh a-staigh. Bidh iad sin a' fiosrachadh sgrùdaidhean cùise airson sgaoileadh nas fharsainge a' gabhail a-steach ann an aithisgean comataidh. Ann a bhith toirt a-steach nan aithisgean a bharrachd seo tha e cudromach gum bi feallsanachd shoilleir aig ùghdarrasan ionadail a nochdas an luach a bharrachd a thathar a' toirt seachad airson ionnsachadh proifeiseanta agus a bhith a' co-roinn cleachdadh a bharrachd air a bhith a' coileanadh nan dleastanasan gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh PEF gu h-èifeachdach.

Bidh grunn ùghdarrasan ionadail a' cruinneachadh co-dhùnaidhean phlanaichean PEF nan sgoiltean agus gan cur ri chèile ann an aithisg buaidh PEF aig ìre an ùghdarrais ionadail. Tha iad sin air an cleachdadh airson grunn adhbharan, a' gabhail a-steach sgrùdadh làidir agus aithris do bhuill thaghte mar a mhol Sgrùdadh Alba rè sgrùdaidhean air na naoi Ùghdarrasan Dùbhlain. Nuair a thèid ùrachadh an SAC air a chur an gnìomh bhon Ghiblean 2022/23 tha e cudromach do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a bhith a' meòrachadh air na rèiteachaidhean riaghlaidh aca gus biurocrasaidh neo-riatanach sam bith a thoirt air falbh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil an ìre aithris ceart gus taic a chumail ri leasachadh agus co-roinn cleachdadh.

**Ann an Siorrachd Lannraig a Tuath chaidh co-bhòrd prògram riaghlaidh SAC/PEF a stèidheachadh, air a bheil Stiùiriche an Fhoghlaim is an Teaghlaich sa chathair agus a' toirt còmhla Ceannardan Seirbheis, Ceannard Prògram SAC, ceannardan-sgoile tar-roinneil, manaidsearan ionmhais agus manaidsearan ghoireasan daonna.**

**Ann an Siorrachd Àir an Ear tha buill thaghte an sàs gu dìreach le PEF tro dhà fhòram stèidhichte; 'Riaghaladh agus Sgrùdadh' agus 'Caibineit'. Bidh an dithis a' faighinn ùrachaidhean cunbhalach agus tha iad nan com-pàirtichean gnìomhach ann am measadh PEF.**

**Tha Comhairle Meadhan Lodainn air buidheann-obrach tar-phàrtaidh de bhuill thaghte a chruthachadh. Bidh ceannardan-sgoile a' taisbeanadh deagh chleachdadh a' gabhail a-steach PEF agus a' toirt cunntas air a' bhuaidh a tha aige. Faodaidh sgoiltean bruidhinn gu domhainn mun phlana PEF aca agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air gus gabhail ri atharrachaidhean thar na bliadhna, a' cumail ana-cothrom aig cridhe na h-obair leasachaidh.**

**Ann an Arcaibh tha sealladh farsaing air cleachdadh gach sgoil de PEF air a thaisbeanadh do bhuill thaghte leis an t-seirbheis foghlaim agus tha e mar phàirt den aithisg bhliadhnail adhartais is coileanaidh.**

| Liosta-sgrùdaidh phrionnsabalan PEF aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha Comhairle Siorrachd Rinn Friù airson taic a thoirt do cheannardan-sgoile ann a bhith a' leantainn stiùireadh obrachaidh nàiseanta PEF. Chruthaich iad Liosta-sgrùdaidh Prionnsabalan PEF (Eàrr-ràdh 11) gus taic a thoirt do cheannardan-sgoile. Chaidh an liosta-sgrùdaidh a dhealbhadh cuideachd gus brosnachadh a thoirt do mhanaidsearan foghlaim fhad's a tha iad a' toirt taic agus dùbhlan do chòmhraidhean le ceannardan-sgoile. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Anns a' chiad bhliadhna de Mhaoineachadh Cothromas Sgoilearan lìon a h-uile sgoil liosta-sgrùdaidh coitcheann le prìomh phrionnsapalan PEF. Chaidh iad sin ath-sgrùdadh sa mheadhan le manaidsear pròiseict Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba. Chaidh ceist sam bith a dh'èirich a thogail le manaidsearan foghlaim agus a' leantainn air seo, bhruidhinn iad ri ceannardan-sgoile mu dheidhinn fhad 's a bha iad a' toirt còmhraidhean taic agus dùbhlan seachad. Às dèidh sin, chleachd ceannardan liosta-sgrùdaidh phrionnsabalan PEF mar chuimhneachan agus mar structar ri leantainn airson a bhith a' planadh PEF. Tha manaidsearan foghlaim fhathast a' cleachdadh na liosta-sgrùdaidh mar phàirt de na tursan leasachaidh càileachd aca. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Tha an t-ùghdarras ionadail ag aithris gu bheil cruthachadh na liosta-sgrùdaidh air cuideachadh a thoirt do cheannardan-sgoile le bhith a' dèiligeadh ri planadh ann an dòigh le taic agus structar. Tha an liosta-sgrùdaidh na chuimhneachan feumail air prìomh phrionnsapalan leithid builean agus ceumannan agus tha planadh agus aithris nas fòcasaichte a thaobh PEF anns a' mhòr-chuid de sgoiltean mar thoradh air seo. Tha an liosta-sgrùdaidh cuideachd air structar a thoirt do mhanaidsearan foghlaim airson taic agus dùbhlan a thoirt do chòmhraidhean mu stiùireadh agus dùilean PEF. |

| Lèirmheasan Cuspaireil PEF aig Comhairle na h-Eaglais Brice |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha Comhairle na h-Eaglais Brice airson tuigse shoilleir a bhith aca air buaidh PEF gus deagh chleachdadh a chomharrachadh agus gus taic a thoirt seachad far a bheil sin iomchaidh. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Chaidh prògram de chuairtean ath-sgrùdaidh cuspaireil PEF a dhèanamh le oifigearan an ionaid agus ceannard-sgoile an sàs anns gach turas. Bha an comhairliche coileanaidh air grunn thursan cuideachd. Thachair gach tadhal thairis air latha. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh fèin-luachadh a chaidh a chleachdadh mar phàipear deasbaid airson an turais agus airson a h-uile còmhradh ann am buidheann fòcais le luchd-teagaisg a' gabhail a-steach àrd-mhanaidsearan, sgoilearan, pàrantan agus com-pàirtichean. A bharrachd air seo chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air pàipearan buntainneach agus chaidh sgrùdadh a dhèanamh san t-seòmar-teagaisg. Chaidh tadhal air còrr is leth de sgoiltean san ùghdarrais ionadail. Chaidh fios-air-ais labhairteach a thoirt seachad aig deireadh gach cuairt agus chaidh aithisg a chur ri chèile a' comharrachadh prìomh neartan agus raointean leasachaidh. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Tha an t-ùghdarras ionadail ag aithris gu bheil an eacarsaich VSE air tuigse nas soilleire a thoirt dhaibh air mar a thathar a' cleachdadh PEF agus air a' bhuaidh a tha aige. Tha an geàrr-aithisg a chaidh ullachadh mar thoradh air na tursan air cothrom a thoirt dhan ùghdarras ionadail taic a thoirt do sgoiltean le planadh PEF agus taic iomchaidh a thoirt seachad far a bheil feum air. Tha e cuideachd a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh obair a' chomhairliche coileanaidh gus dèanamh cinnteach gum bi deagh bhuaidh ann. |





# Earrann 8 Buaidh

Tha a h-uile ùghdarras ionadail ag aithris gu bheil PEF a’ toirt buaidh air builean do chlann agus daoine òga a tha fo bhochdainn. Ach, thuirt grunn aca gun robh e duilich a ràdh gun robh leasachaidhean mar thoradh air PEF a-mhàin. Mar eisimpleir mhìnich Comhairle Baile Ghlaschu, thar nan còig bliadhna a dh’ fhalbh, gu bheil iad air am Maoineachadh Coileanadh Alba a chleachdadh, a’ gabhail a-steach PEF, gus deagh bhuaidh a thoirt air builean do chloinn is dhaoine òga. Tron àm seo, taobh a-staigh Foghlam Coitcheann (BGE), tha làthaireachd air a dhol am feabhas, tha às-dùnadh air a dhol sìos agus bha a' beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn air a dhol sìos ann an cuid de raointean bho 2019... Anns an ìre as Àirde, bha an àireamh sa cheud as àirde a' dol gu chinn-uidhe adhartach ann an 2021 agus tha barrachd dhaoine òga a’ faighinn co-dhiù aon Àrd-ìre, a’ toirt cothrom dhaibh a dhol gu foghlam àrd-ìre. Chomharraich Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid soirbheachadh sònraichte a thaobh piseach air ìrean de sgoilearan a' fuireach san sgoil agus anns an àireimh sa cheud de luchd-fàgail na sgoile a’ dol gu cinn-uidhe adhartach. Tha iad den bheachd gu bheil grunn eadar-theachdan PEF air cur ri seo.

Thug ceannardan-sgoile cunntas air raon farsaing de dheagh bhuaidhean mar thoradh air dòighean-obrach agus eadar-theachdan maoinichte le PEF. Am measg an fheadhainn a chaidh ainmeachadh bu trice bha barrachd com-pàirt le teaghlaichean, coileanadh nas fheàrr, barrachd mothachaidh air cnapan-starra co-cheangailte ri bochdainn, cosgaisean nas lugha co-cheangailte ris an sgoil, piseach air slàinte is sunnd agus barrachd comas luchd-obrach. Am measg nan soirbheasan eile a chaidh ainmeachadh bha barrachd cinn-uidhe adhartach, barrachd làthaireachd agus atharrachaidhean ann an cultar.

## Com-pàirteachadh a bharrachd le teaghlaichean

Chomharraich faisg air an dàrna leth de dh'ionadan a chaidh a shamplachadh gum biodh iad a' cleachdadh PEF gus taic a chumail ri teaghlaichean. Anns a’ chleachdadh as fheàrr, bha teaghlaichean aig cridhe cruthachadh nam pròiseactan sin . Dh'aithris ceannardan-sgoile gun robh deagh bhuilean ann, a’ gabhail a-steach conaltradh is com-pàirt phàrantan nas fheàrr, barrachd misneachd ann a bhith a’ cumail taic ri ionnsachadh aig an taigh agus barrachd ruigsinneachd air goireasan iomchaidh.

Dh’aithris grunn sgoiltean gu bheil luchd-obrach na sgoile air cur ris an tuigse agus ris a' chomas com-pàirteachadh le teaghlaichean gu mòr bho thòisich PEF agus bho chaidh a bhuileachadh. A’ cleachdadh PEF, tha sgoiltean air grunn ro-innleachdan agus ghoireasan a chleachdadh gus dàimhean nas treasa a bhrosnachadh agus a leasachadh le teaghlaichean, gu sònraichte an fheadhainn a tha a’ fuireach ann an suidheachaidhean so-leònte agus a tha a’ fulang bho bhochdainn shòisio-eaconamach. Tha seo air gabhail a-steach a bhith a' fastadh luchd-obrach sònraichte gus taic a chumail ri obair le teaghlaichean.

Tha oifigearan ùghdarrasan ionadail cuideachd air chomharrachadh gu bheil buaidh mhòr air a bhith aig dreuchdan maoinichte le PEF gus taic shònraichte a thoirt do theaghlaichean. Mar eisimpleir, tha Comhairle Fìobha air an obair shònraichte aig luchd-taic teaghlaich a chomharrachadh mar obair a bheir deagh bhuaidh air a bhith a’ dèiligeadh ri cùisean practaigeach leithid gainnead bìdh. Ann an Dùn Dè tha obair oifigearan leasachadh sgoile agus teaghlaich a’ cumail taic do phàrantan air làthaireachd nas fheàrr aig luchd-ionnsachaidh adhbharachadh.

**Dh’innis ceannard Bun-sgoil Corpus Christi ann an Glaschu gu bheil PEF air barrachd chothroman a chur an comas gus com-pàirt phàrantan àrdachadh agus air cothroman ionnsachaidh teaghlaich a mheudachadh. Tha cha mhòr a h-uile pàrant a ghabh pàirt ann an obair san raon seo air aithris gun tug i buaidh mhath nam beatha.**

**Dh’aithris Bun-sgoil Naomh Ronan ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar gu bheil cleachdadh PEF air deagh bhuaidh a thoirt air pàrantan. Chuidich co-phròiseact le bun-sgoil faisg air làimh grunn phàrantan gus tilleadh gu ionnsachadh agus/no obair às dèidh dhaibh pàirt a ghabhail sa phròiseact.**

| **Sgoil Lochies, Siorrachd Clach Mhanainn**<br>**Iomairt Ionnsachaidh Teaghlaich** |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Tha raon de fheumalachdan taic a bharrachd aig luchd-ionnsachaidh Lochies. Air sgàth cho iom-fhillte 's a tha na feumalachdan sin chan eil rèis-aire fhada aig cuid den chloinn. Sheall fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho theaghlaichean gun robh mòran ag iarraidh sgeulachdan a leughadh leis a' chloinn aca ach nach robh misneachd aca sa comas aca sin a dhèanamh ann an dòigh a bheireadh an cuid chloinne an sàs gu brìoghmhor. Bha an sgoil airson taic a thoirt do theaghlaichean gus an innseadh iad sgeulachdan leis a' chloinn aca gus taic a thoirt dhan ionnsachadh agus dhan leasachadh aca. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Chleachd an sgoil PEF gus pròiseact ionnsachadh teaghlaich a chruthachadh agus a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le Teiripe Cànan agus Cainnt an NHS. Tron phròiseact anns an robh 31 neach-ionnsachaidh agus 15 teaghlaichean an sàs, thug luchd-obrach agus teiripiche cainnt is cànain seachad seiseanan aithris sgeulachdan gu cunbhalach. Tro na seiseanan seo a bha a' cleachdadh farsaingeachd de dhòighean aithris sgeulachd le modhan mothachaidh agus soidhnichte, chuir teaghlaichean ris na sgilean aca agus ris a' mhisneachd aca. Rè a' phròiseict chaidh goireasan a chleachdadh a bha rim faighinn gu furasta gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn do dhuine sam bith na gnìomhan a dhèanamh aig an taigh gun chosgais. Chaidh pasganan sgeulachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum biodh cothrom co-ionnan air leabhraichean agus goireasan eile. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Dh'aithris teaghlaichean gun robh barrachd misneachd aca ann a bhith a' leughadh sgeulachdan dhan chuid cloinne aig an taigh. Bha àireamh nach beag de theaghlaichean fhathast a' cleachdadh nam pasganan sgeulachd a thug an sgoil dhaibh grunn mhìosan às dèidh sin. Tha an sgoil air cumail air a' togail air an obair seo agus chaidh 27 teaghlaichean gu latha sgeulachdan nan ceud-fàthan a thachair dìreach ron ghlasadh-sìos. Tha planaichean aig an sgoil cuimseachadh air buidheann eadar-dhealaichte de luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean le bhith a' toirt seachad prògram sia seachdainean a bhios a' cleachdadh bus leabhraichean le seòmar mothachaidh nuair a cheadaicheas cuingealachaidhean COVID-19. |

## Àrdachadh ann an coileanadh

Dh'innis grunn ùghdarrasan ionadail a' gabhail a-steach Lodainn an Ear, Siorrachd Lannraig a Tuath, Fìobha agus Moireibh, eadar cur an gnìomh PEF agus toiseach a' ghalair lèir-sgaoilte Covid-19 gun robh an dàta aca air Coileanadh Ìre Curraicealaim airson Sàr-mhathais (ACEL) a' nochdadh gun robh lùghdachadh anns a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Thug grunn sgoiltean fa-near gun robh eadar-theachdan maoinichte le PEF ann an litearrachd agus àireamhachd a' toirt deagh bhuaidh air coileanadh chloinne agus dhaoine òga a tha fo ana-cothrom sòisio-eaconamach.

**Ann an Àrd-sgoil Chaluim Chille ann am Fìobha mhìnich an ceannard agus an leas-cheannard gu bheil atharrachadh air a bhith ann an cultar agus feallsanachd na sgoile thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh, agus gu ire mhòr mar thoradh air Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba agus PEF. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' cumail taic ri cloinn gus coileanadh gus an sgoil fhàgail leis na teisteanasan as fheàrr 's as urrainn. Tha dàta bho 2020/2021 a' sealltainn gun robh na toraidhean a leanas ann:**

- **cha mhòr a h-uile duine òg a' coileanadh SCQF ìre 4 ann an litearrachd agus àireamhachd ro dheireadh ÀS4**
- **74% de dhaoine òga a' coileanadh àireamhachd aig SCQF ìre 5 ro dheireadh ÀS4. Tha seo cha mhòr air dùblachadh bho 2015/16**
- **còrr air 30.8% de sgoilearan ÀS5 a' coileanadh 3 Àrd-ìrean an coimeas ri 23.1% ann an 2016**
- **barrachd cinn-uidhe adhartach. Tha 96.2% (2019/20) agus 95% (2020/21) de luchd-fàgail na sgoile a' fàgail na sgoile le cinn-uidhe adhartach an coimeas ri 89% ann an 2015**

**Chleachd Bun-sgoil Chupar Aonghais ann am Peairt is Ceann Rois PEF gus eòlaiche litearrachd fhastadh airson pàirt de gach seachdain. Thug an t-eòlaiche litearrachd seachad trèanadh agus taic le fòcas air sgrìobhadh. Ghabh seo a-steach teagasg sgioba agus obrachadh le luchd-ionnsachaidh ainmichte. Tha an sgoil den bheachd gun robh buaidh mhòr aig seo. Tha luchd-ionnsachaidh cuimsichte a bha ann an cunnart tuiteam air dheireadh a-nis air an t-slighe agus chaidh beàrnan ionnsachaidh a lughdachadh airson clann comharraichte a bha suas ri dà bhliadhna air dheireadh air an ìre ris an robh dùil airson an aois agus an ìre. Seall fios air ais bho luchd-ionnsachaidh gun robh àrdachadh ann am misneachd chloinne. Rinn an dòigh-obrach seo cinnteach cuideachd gun robh àrdachadh ann an comas agus misneachd luchd-teagaisg ann a bhith a' teagasg sgrìobhadh agus chuidich seo gus dèanamh cinnteach gun robh cunbhalachd ann thar na sgoile.**

**Aig Bun-sgoil Berryhill ann an Siorrachd Lannraig a Tuath, tha prìomh thidsearan maoinichte le PEF air a dhol an sàs ann an co-dhùnaidhean rannsachadh gnìomhach co-obrachail agus tha iad air na co-dhùnaidhean a chuir an sàs. Fhuair an rannsachadh taic bho chom-pàirteachas le Ionad Raibeart Owen ann an Oilthigh Ghlaschu. Tha prìomh thidsear air làn thrèanadh fhaighinn ann an raon de mhodhan àireamhachd agus chaidh an trèanadh seo a sgaoileadh do na tidsearan clas air fad. Chaidh cohort de chloinn BS4 a bha a' coileanadh aig ìrean nas ìsle na bhathar an dùil aig 8-21 mìosan a chomharrachadh airson taic cuimsichte. Ro dheireadh an eadar-theachd, chaidh a' bheàrn coileanaidh seo sìos gu cuibheasachd de 3-8 mìosan. Tha fianais aig an ionad cuideachd gu bheil beachdan sgoilearan a thaobh matamataig agus àireamhachd air a dhol am feabhas san ùine seo gu bheil piseach air tighinn air ìrean làthaireachd airson na buidhne targaid mar thoradh air misneachd agus ruigsinneachd nas fheàrr dhan churraicealam.**

**Chleachd Àrd-sgoil Ross ann an Lodainn an Ear ceithir eadar-theachdan àireamhachd gus feumalachdan dhaoine òga cuimsichte a choileanadh. Tha iad ag aithris gun do sheall fianais a chaidh a chruinneachadh mus do dhùin togalaichean sgoile mar thoradh air Covid-19, gun robh na daoine òga air fad air barrachd misneachd agus fileantachd àireamhach fhaighinn.**

**Mhìnich ceannard Bun-sgoil Clerkhill ann an Siorrachd Obar Dheathain gun deach eadar-theachd litearrachd air-loidhne a chur ris a' chlàr-ama airson clann chuimsichte. Tha tracadh agus sgrùdadh adhartais a' sealltainn gun do rinneadh leasachaidhean cudromach ann an sgilean leughaidh bunaiteach aig cha mhòr a h-uile pàiste a bha an sàs ann. Thuirt an ceannard cuideachd gu bheil goireasan agus trèanadh gus taic a chumail ri àireamhachd air tuigse luchd-ionnsachaidh air cur ri tuigse air àireamhachadh. Sheall measadh leantainneach gu d' rinn chlann chuimsichte adhartas ann toirt air falbh, iomadachadh, roinneadh, airgead agus bloighean.**

**Tha Bun-sgoil Woodside ann an Siorrachd Lannraig a Deas ag aithris gu bheil coileanadh targaidichte BS1 air àrdachadh 21% fhaicinn thar na bliadhna mar thoradh air buaidh PEF tron dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chaidh a chleachdadh gus taic a chumail ri litearrachd ann an 2020-21. Mheudaich coileanadh cuimsichte ann am Prìomh 2 le 31% agus mheudaich aois leughaidh cuimsichte ann am Prìomh 2 le 11 mìosan gu cuibheasach. Ann am Bun-sgoil 2 dhùin a' bheàrn 4%.**

**Tha Bun-sgoil Rimbleton ann am Fìobha air tasgadh a dhèanamh ann an ionnsachadh proifeiseanta. Le taic bho Oilthigh Dhùn Èideann chuir an sgoil an gnìomh prògram ionnsachaidh proifeiseanta mar sgrùdadh breithneachail. Tha iad ag aithris gu bheil barrachd tuigse air dòighean-teagaisg èifeachdach agus feumalachdan ionnsachaidh air a bhith ann mar thoradh air seo. Eadar 2017 agus 2019 bha dàta ACEL còmhla a' nochdadh àrdachadh 8% ann an èisteachd agus labhairt, àrdachadh 4% ann an leughadh, àrdachadh 23% ann an sgrìobhadh agus àrdachadh 19% ann an àireamhachd.**

**Àrd-sgoil Òigridh Stronsay, Arcaibh**
**Eadar-theachdan PEF cuimsichte**

**Carson a bha feum air gnìomh?**

Tha Àrd-sgoil Stronsay a' frithealadh coimhearsnachd eileanach Stronsay. Is e àrd-sgoil suas bho bhun-sgoil gu ÀS4 a th' ann le 36 sgoilearan. Fhuair i PEF iomlan de £12,600 thairis air na trì bliadhna a dh' fhalbh, 2017-21. Bha an ceannard airson dèanamh cinnteach gun robh PEF air a chuimseachadh gu faiceallach air luchd-ionnsachaidh a dh'fheumadh taic gus an làn chomas aca a thoirt gu buil.

**Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?**

Chaidh am maoineachadh PEF a chleachdadh gus uairean a bharrachd de neach-cuideachaidh taic ionnsachaidh (SfLA) a cheannach. Gus dèanamh cinnteach gun deach an taic a thoirt do chloinn is dhaoine òga aig an robh feum air, chleachd an sgoil measgachadh de mheasaidhean bun-loidhne, a' gabhail a-steach Measaidhean Coitcheann Nàiseanta na h-Alba (Scottish National Standardised Assessments - SNSAn). Thairis air na trì bliadhna a dh'fhalbh, tha sgoilearan air cothrom fhaighinn air seiseanan taic chuimsichte 1:1 le SfLAn, ag obair tro phrògraman leithid prògraman sònraichte air an dealbhadh le leasaichean Cainnt is Cànain agus prògraman leughaidh is litreachaidh coimeirsealta. Thug iad taic cuideachd do chloinn agus do dhaoine òga leis na feumalachdan sòisealta is faireachail aca.

**Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?**

Tha an sgoile ag aithris gun robh iad comasach air dearbhadh gun tug an eadar-theachd seo buaidh shoirbheachail air luchd-ionnsachaidh agus chaidh na toraidhean a leanas a chruinneachadh bhon Lùnastal 2018 gus an Dùbhlachd 2020:

Prògram Leughaidh:

- Sgilean leughaidh tràth Chur 50% de sgoilearan ris an sgòr bun-thomhaiste aca
- Leughadh fhaclan fa leth: Chur 66% de sgoilearan ris an sgòr bun-thomhaiste aca
- Fileantachd leughaidh beòil: Chur 100% de sgoilearan ris an sgòr bun-thomhaiste aca
- Fileantachd leughaidh beòil: Chur 66% de sgoilearan ris an sgòr bun-thomhaiste aca

Prògram litreachaidh:

- Chur 100% de sgoilearan ris an sgòr bun-thomhaiste aca

Tha measaidhean matamataig a' nochdadh àrdachadh gach bliadhna ann an coileanadh bho sgòr stannardaichte àbhaisteach de 95.6 gu 102.

Tha measaidhean litearrachd a' sealltainn àrdachadh cuibheasach de 4.16 ann an sgòran àbhaisteach.

Chunnacas buaidh cuideachd tro lùghdachadh ann an iomagain, fèin-riaghladh nas fheàrr agus làthaireachd nas fheàrr airson cuid de luchd-ionnsachaidh ainmichte.

| **Àrd-sgoil Coimhearsnachd Craigroyston, Dùn Èideann**<br>**Gaisgich Làithreachd agus Coileanaidh** |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha Àrd-sgoil Choimhearsnachd Craigroyston airson cothrom a thoirt dhan luchd-ionnsachaidh aca a bhith cho math 's as urrainn dhaibh a bhith. Chruthaich iad prògraman a bheireadh aon inbheach do bhuidheann chuimsichte de dhaoine òga a bheireadh dùbhlan dhaibh, a bheireadh taic dhaibh agus a bhiodh gam brosnachadh gus seo a choileanadh dhaibh fhèin.<br>B' iad na h-amasan aca:<br>• San ùine ghoirid: Na daoine òga gu lèir gu bhith a' com-pàirteachadh gu fàbharach leis a' phrìomh neach aca<br>• Sa mheadhan ùine: Na daoine òga uile gu bhith an sàs gus cuir ri am misneachd sa chlas<br>• San ùine fhada: Bha làthaireachd agus/no coileanadh nas fheàrr aig cha mhòr a h-uile duine òg a bha an sàs ann. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Bha dà iomairt ann:<br>Gaisgich Coileanaidh:<br>• Chuir Iomairt nan Gaisgeach Coileanaidh fòcas air an 60% de luchd-ionnsachaidh sa mheadhan ann an ÀS4 a bharrachd air àireamh bheag bho ÀS3 agus ÀS5. Is e tidsearan a th' anns na Gaisgich Coileanaidh a bhios a' coidseadh agus a' cumail taic ri 4 daoine fa leth tron bhliadhna acadaimigeach. Bidh iad a' coinneachadh ri gach neach òg airson 15 mionaidean san t-seachdain, a' cumail sùil air an adhartas agus ag obair còmhla riutha gus an làn chomais a ruighinn. Bidh conaltradh cunbhalach ann le teaghlaichean agus thathar a' toirt cuireadh do phàrantan/luchd-cùraim coinneachadh ri Gaisgich Coileanaidh tron t-seisean.<br><br>Gaisgich làithreachd:<br>• Tha an iomairt seo ag amas air taic a thoirt do dhaoine òga aig an robh ìre làthaireachd ìosal roimhe seo no air an robh bacaidhean a' tighinn dhan sgoil. Is e tidsearan a th' anns na Gaisgich Làithreachd a bhios ag obair le ceathrar dhaoine òga no teaghlaichean fad na bliadhna acadaimigich. Bruidhnidh iad ris na daoine òga gu cunbhalach agus cuiridh iad fios dhan dachaigh tron t-seachdain gus dèanamh cinnteach gun tig òigridh dhan sgoil cho tric 's as urrainn dhaibh. Bidh Gaisgich Làithreachd a' cuideachadh na sgoile le bhith a' tuigsinn agus a' briseadh sìos cnapan-starra a chuireas casg air daoine òga bho bhith a' frithealadh na sgoile. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| • Àrdachadh air làithreachd san sgoil air fad<br>• Rinn 77% de na daoine òga air an deach cuimseachadh adhartas leis an ìre làithreachd aca.<br>• Bha coileanadh nas fheàrr aig na 60% sa mheadhan an coimeas ri luchd-coimeas bhiortail<br>• Chaidh còig teisteanasan aig Ìre 4 ann an ÀS4 suas bho 28% gu 69%<br>• Thug a h-uile pàrant/neach-cùraim deagh bheachd seachad air an eadar-theachd<br>• Thuirt a h-uile duine òg gum biodh e na bhuannachd dhaibh gaisgeach a bhith aca a-rithist |

## Mothachadh a bharrachd

Chomharraich beagan ùghdarrasan ionadail gu sònraichte gun robh mothachadh nas fheàrr aig luchd-obrach air bochdainn agus a' bhuaidh aice, ged a chaidh seo aithneachadh gu farsaing anns na h-aithisgean a chaidh fhoillseachadh sa Mhàrt 2021 aig deireadh a' chiad còig bliadhna de SAC. Chaidh an t-àrdachadh seo air mothachadh a thogail le ceannardan-sgoile agus sgiobaidhean-stiùiridh sgoile cuideachd.

**Dh'innis Acadamaidh Taigh na h-Uiseig ann an Siorrachd Lannraig a Deas gu bheil dàimhean luchd-teagaisg is sgoilearan air a dhol am feabhas mar thoradh air barrachd mothachaidh agus tuigse mu bhacaidhean ionnsachaidh ionadail co-cheangailte ri bochdainn.**

**Ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, mar thoradh air PEF tha tuigse nas fheàrr aig luchd-obrach aig Bun-sgoil an Naoimh Rònain a-nis air bochdainn agus co-theacsa chloinne agus an teaghlaichean. Mar thoradh air seo, tha luchd-obrach na sgoile ag aithris gu bheil tuigse nas fheàrr aca air na beàrnan a tha ag èirigh bho bhochdainn. Is e toradh math eile aig PEF gu bheil an sgoil a' cur taic Cosgaisean Latha na Sgoile an sàs mar thoradh air barrachd tuigse air bochdainn gus dèanamh cinnteach gu bheil clann comasach air làn phàirt a ghabhail ann am beatha na sgoile.**

**Dh'innis ceannard Sgoil Uibhist a Tuath ann an Comhairle nan Eilean Siar gu bheil luchd-obrach na sgoile air cur gu mòr ris an tuigse aca mu bhith a' dol an sàs ann an ionnsachadh le teaghlaichean le bhith a' toirt seachad taic chuimsichte iomchaidh do theaghlaichean ann an co-theacs na sgoile aca thairis air na còig seiseanan mu dheireadh. Bithear a' cruinneachadh dàta mu shunnd aig toiseach an t-seisein agus tha taic chuimsichte air a chur an gnìomh airson clann comharraichte. Tha maoineachadh a bharrachd do theaghlaichean air a bheil bochdainn a' toirt buaidh a' gabhail a-steach:**

- **buidseat air a thoirt seachad airson seiseanan còcaireachd teaghlaich**
- **buidseat còcaireachd na sgoile**
- **innealan air an toirt seachad gus an urrainn do clann obrachadh bhon taigh nuair a bhios feum orra**
- **buidseat airson ealainean is ciùird airson clubaichean saor-làithean**
- **buidseat còmhdhail ri fhaighinn airson clubaichean saor-làithean agus clubaichean às dèidh sgoile**

**Thathar cuideachd a' toirt cuireadh do phàrantan a dhol gu clubaichean saor-làithean còmhla ris an cuid chloinne gus am faigh iad faireachdainn de bhuinteanas ris a' choimhearsnachd aca.**



| Àrd-sgoil Chaluim Chille, Fìobh<br>A' cruthachadh cultar de chothromas agus sàr-mhathas |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Tha feallsanachd Chaluim Chille airson Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan stèidhichte air planaichean gus dèanamh cinnteach gum bris iad pàtran na neo-ionannachd tro ionnsachadh agus teagasg. Is e an t-amas aca dèanamh cinnteach gun tèid cnap-starra an ana-cothroim a thoirt air falbh anns a h-uile leasan tro ionnsachadh agus teagasg pearsanta èifeachdach a tha cothromach dhan h-uile sgoilear. Tha am planadh PEF aca, a' cur ri plana Prògram SAC na sgoile tro bhith a' cur fòcas air a bhith a' lasachadh cosgais latha na sgoile, a' dèanamh cinnteach gu bheil taic èifeachdach sa chlas, taic ri teaghlaichean airson ionnsachadh, agus atharrachadh oide-eòlais a' gabhail a-steach leasachadh proifeiseanta agus trèanadh luchd-obrach. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Thòisich an sgoil a fòcas leis an sgioba luchd-obrach gu lèir a' rannsachadh cò ris a tha sàr-mhathas coltach anns a' cho-theacsa shònraichte aca. Thòisich iad air cur às do chlaon-sgeulachdan agus claon-bharailean mu bhuidhnean luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh cohort tro ionnsachadh proifeiseanta agus conaltradh. Chaidh SAC a cheangail ri prìomh obair na sgoile le fòcas air litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd. Chaidh raon-ùghdarrais prìomh thidsear (PT) airson Slàinte is Sunnd – Cruthachalachd a chruthachadh gus piseach a thoirt air siostaman agus seirbheisean taobh a-staigh na sgoile. Rinn am PT modaileadh agus chum e taic ri dòighean-obrach agus cleachdaidhean ùrachaidh. Chaidh modh-obrach Leasachadh Càileachd a chleachdadh gu soirbheachail gus na siostaman sin atharrachadh agus a leasachadh thar na sgoile air fad. Chaidh sgioba taic a chruthachadh tro seo a tha air fòcas siostamatach is ro-innleachdail a chruthachadh agus a chur an gnìomh gus coileanaidh àrdachadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd. Tha iad air comas luchd-obrach teagaisg is eile a leasachadh gus taic a thoirt dhan fhòcas ro-innleachdail 'coileanadh do na h-uile'. Chaidh an sgioba a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach luchd-obrach le fòcas air a bhith a' cleachdadh dàta airson leasachadh a tha air fòcas a chur air a bhith a' cruthachadh ro-innleachdan àrdachaidh coileanaidh dhan sgoil gu lèir. Chaidh grunn dhreuchdan stiùiridh a chruthachadh. Tha iad sin ag amas air a bhith a' stiùireadh, a' leasachadh agus a' stèidheachadh deagh chleachdadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd. Tha na dreuchdan cuideachd a' cuimseachadh air a bhith a' stiùireadh agus a' rianachd ro-innleachdan eadar-theachd airson buidhnean sònraichte de sgoilearan gus piseach a thoirt air builean agus gus dòigh-obrach iomlan a chruthachadh gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh tron sgoil air fad. Tha an sgoil ag aithris gu bheil fèin-mheasadh làidir is cunbhalach agus cleachdadh dàta gu riaghailteach, a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachdan èifeachdach agus aig an àm cheart. Chaidh dàta a chleachdadh gus taic a chumail ri leasachadh a bharrachd far an robh gluasadan matha ann. Chaidh dàta a chleachdadh cuideachd gus comharrachadh far nach robh eadar-theachdan èifeachdach gus taic a chumail ri leasachadh. Le bhith a' cruthachadh dhleastanasan a bha freagarrach do cho-theacs na sgoile agus le bhith ag obair gu h-èifeachdach mar choimhearsnachd sgoile, dh'obraich an sgioba gus an cultar atharrachadh agus gus dèanamh cinnteach gun robh oidhirp leantainneach ann gus piseach a thoirt air builean do dhaoine òga air fad le bhith a' cur às do chuid de na bacaidhean air foghlam co-cheangailte ri bochdainn. |

# A' lùghdachadh chosgaisean an latha sgoile

Thug faisg air dàrna leth nan sgoiltean iomradh air obair gus cosgais an latha sgoile a lùghdachadh. Tha mòran den seo air taic fhaighinn tro PEF ach bha cuid mar phàirt de dhealas nas fharsainge aig ionadan a thaobh cothromachd. Mar eisimpleir, tha a bhith na sgoil 'gun chosgaisean' na phrìomh dhràibhear airson Bun-sgoil Rigside ann an Siorrachd Lannraig a Deas. Thug an ceannard fa-near gu bheil Maoineachadh Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba a' gabhail a-steach PEF air taic a chumail ri bhith a' buileachadh prìomhachasan Cosgaisean Latha na Sgoile. Mar an ceudna, mhìnich àrd-stiùirichean aig Bun-sgoil an Naoimh Eòsaiph ann an Inbhir Chluaidh gu bheil tha iad air cur às do chosgaisean an latha sgoile agus gu bheil iad a' cleachdadh cuid den PEF aca gus taic a thoirt dhan iomairt seo. Chan eil cosgais sam bith ann do phàrantan airson cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile, tursan còmhnaidh, tursan tèatair no aodach ionnsachaidh a-muigh airson neach-ionnsachaidh sam bith. Mar thoradh air seo, tha barrachd chothroman air a bhith aig clann ionnsachadh a-muigh agus eòlas fhaighinn air nàdar. A bharrachd air seo, tha PEF air cothrom a chruthachadh airson leasachadh ann an gnìomhan aig àm cluiche a tha luchd-obrach na sgoile den bheachd a tha ag adhbharaich nas lugha de dh'iomagain agus de chòmhstri leis a' mhòr-chuid de chloinn nas deiseile airson a bhith ag ionnsachadh nuair a thilleas iad dhan chlas. Thug an aon sgoil fa-near cuideachd gun robh solar ionnsachadh a-muigh agus eòlasan raon-cluiche leasaichte a' cumail taic ri cloinn le eadar-obrachadh sòisealta le co-aoisean agus an toirt a-steach do bheatha na sgoile às dèidh ghreisean de dh'ionnsachadh air astar agus fèin-iomallachadh.

Tha luchd-ionnsachaidh aig Acadamaidh Harris air buannachd fhaighinn bho ghealltanas Comhairle Baile Dhùn

Dè gus cosgaisean an latha sgoile a lùghdachadh. Chaidh clubaichean bracaist a stèidheachadh air feadh a' bhaile a bha air am pàirt-mhaoineachadh tro PEF. Taobh a-staigh Acadamaidh Harris tha an ceannard den bheachd gu bheil seo air cur às do stiogma sam bith co-cheangailte ri clubaichean bracaist agus gu bheil e air dèanamh cinnteach gu bheil cothrom air aig an fheadhainn as motha a tha feumach air. Chaidh aodach PE a cheannach cuideachd airson daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh. Thug an dòigh-obrach seo a thaobh in-ghabhail bacaidhean air falbh air com-pàirteachadh ann am PE agus rinn e cinnteach gun robh cothrom aig an fheadhainn air an tug bochdainn buaidh air a' churraicealam air fad. Tha Bun-sgoil Pàirc an Rìgh ann am Meadhan Lodainn air feum a dhèanamh de PEF gus cosgaisean a lùghdachadh do na teaghlaichean a tha fo anacothrom gus dèanamh cinnteach gum faigh iad cothrom air an tairgse nas fharsainge bhon sgoil. Tha seo a' toirt seachad eòlasan agus coileanaidhean nas fharsainge dhan òigridh a bhiodh a' call a-mach air sgàth bochdainn mur a biodh seo ann.

## Slàinte agus Sunnd

A bharrachd air fianais gun robh deagh bhuaidh air coileanadh, dh'aithris grunn sgoiltean gun deach PEF a chleachdadh gu h-èifeachdach airson slàinte is sunnd a leasachadh. Tha seo air a dhearbhadh le misneachd nas fheàrr, eadar-obrachadh nas adhartaiche agus barrachd com-pàirteachaidh.

**Dh'innis Bun-sgoil a' Phluic, air a' Ghàidhealtachd, gun tug eadar-theachd maoinichte le PEF le fòcas air cluich a-muigh deagh bhuaidh air cànan agus air slàinte is sunnd. Fhuair an leasachadh seo taic cuideachd le bhith a' toirt a-steach dòighean-obrach ceartachail a thaobh connspaidean raon-cluiche, agus tha an àireamh dhiubh sin air a dhol sìos bho chaidh an t-eadar-theachd a thoirt a-steach.**

**Ann am Bun-sgoil Buchanhaven ann an Siorrachd Obar Dheathain, chaidh coidse sunnd a mhaoineachadh le PEF air buaidh mhath a thoirt air sunnd chloinne is theaghlaichean. Tha fios air ais bho chloinn, pàrantan agus luchd-obrach a' sealltainn gu bheil coidse Urras Coimhearsnachd Club Ball-coise Obar Dheathain (AFCCT) air fhaicinn mar neach-obrach luachmhor. Chomharraich an sgoil gur e buannachd a bharrachd gur e deagh mhodal-ròl de dh'fhireannaich a bh' ann cuideachd. Tha an t-eadar-theachd aig AFCCT a' gabhail a-steach seiseanan 1:1 air targaidean comharraichte gus taic a chumail ri feumalachdan faireachail agus sunnd gach sgoilear. A rèir na sgoile, 's e a' bhuaidh a bh' ann comais a bharrachd a bhith aig barrachd dhaoine òga a-nis am faireachdainnean a riaghladh agus a bhith a' gabhail pàirt nas motha san latha sgoile; a' togail ath-leumachd agus fèin-riaghladh gu soirbheachail.**

**Ann am Bun-sgoil Ladyloan, ann an Aonghas tha PEF a' cumail taic ri obair gus dàimhean a leasachadh. Tha an sgoil air leantainn oirre a' leasachadh agus ag atharrachadh na h-obrach seo, a tha air cur gu mòr ris an àrainneachd ionnsachaidh. Tha iad a' toirt fa-near gu bheil seo air piseach a thoirt air ìrean làthaireachd agus com-pàirt aig grunn luchd-ionnsachaidh agus gu bheil e air an àireamh de ghlasaidhean a-mach a lùghdachadh.**

**Ann an Siorrachd Rinn Friù, thug Bun-sgoil Naomh Catriona fa-near gun robh iad air com-pàirteachas a stèidheachadh le Active Schools agus air pròiseact a chruthachadh le fòcas air sunnd. Mar thoradh air a' phròiseact seo tha 95% de sgoilearan air pàirt a ghabhail ann an clubaichean às dèidh na sgoile no aig àm lòn a tha an uair sin air misneachd na cloinne àrdachadh agus air cothroman a chruthachadh airson coileanadh nas fharsainge sa choimhearsnachd ionadail.**

**Ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, tha co-ionadan Sunnd Gràmar Dhùn Omhain agus Co-àrainn Bhaile Bhòid, far a bheil cuid den luchd-obrach speisealach air am maoineachadh tro PEF, tha luchd-obrach ag aithris gu bheil deagh bhuaidh air a bhith air daoine òga so-leònte agus air an teaghlaichean. Ag obair a rèir prionnsapalan àraich, 's e àiteachan a th' annta far am bi daoine òga a' faireachdainn gu bheil iad fois agus iad a' faighinn taic gus deagh dhàimhean a thogail agus a' faighinn barrachd misneachd airson ionnsachadh.**

**Mhìnich luchd-obrach ann am Bun-sgoil Bhogha Mòr, ann an Earra-Ghàidheal is Bòd gu bheil iad air airgead a thasgadh ann an goireasan gus taic a chumail ri cleachdadh àraich, agus tha an fhianais thar ùine bho phròifilean Boxall agus measaidhean eile a' nochdadh adhartas mòr ann an sunnd faireachail, agus sgilean sòisealta aig clann chuimsichte.**

| Acadamaidh Rìoghail na Gàidhealtachd, Comhairle na Gàidhealtachd<br>A’ cleachdadh PEF gus taic àraich a thoirt seachad |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Mar phàirt de dh’oidhirpean gus coileanadh àrdachadh agus a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh, bheachdaich an ceannard, còmhla ri luchd-teagaisg eile, air mar a dh’fhaodadh dòigh-obrach àraich a bhith a' coileanadh feumalachdan dhaoine òga nas so-leònte air feadh na sgoile ann an dòigh nas fheàrr. Chaidh taic a chur ri buidhnean sònraichte de dhaoine òga agus thug modhan measaidh fianais seachad gun robh feum air taic chuimsichte na bu tràithe gus dèanamh cinnteach gum biodh cothrom aig an luchd-ionnsachaidh as òige air taic àraich agus air raon de eòlasan co-cheangailte riutha cho luath ’s a thòisicheas iad ann an ÀS1. B’ e am prìomh amas dèanamh cinnteach gun gabhadh taic a chumail ris na feumalachdan slàinte is sunnd aig daoine fa leth gus an gabhadh ionnsachaidh èifeachdach a thoirt seachad. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| A'  cleachdadh raon de dhàta agus ann an co-chomhairle le bun-sgoiltean co-cheangailte, chomharraich luchd-obrach gun robh feum air taic àrach do bhuidheann chuimsichte de dhaoine òga a’ dol a-steach gu ÀS1. Tha an obair thar-roinne seo ag aithneachadh a’ bheairteas eòlais a th’ aig luchd-teagaisg bun-sgoil clas 7 den luchd-ionnsachaidh aca agus cuideachd a’ dèanamh cinnteach nach eil bidh dàil ann a bhith a’ toirt seachad taic fhad’s a tha daoine òga a’ gluasad dhan àrd-sgoil. Tha pròifileadh Boxall air dhèanamh dhan luchd-ionnsachaidh anns an teirm mu dheireadh de BS7 agus tha am fiosrachadh seo air a cho-roinn leis an àrd-sgoil gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic ag amas air na daoine òga ceart. Tha an dàta seo air a chleachdadh air feadh ÀS1 gus targaidean a shuidheachadh do dhaoine fa leth, a tha, gu cudromach, air a cho-roinn leis an Roinn Stiùiridh agus le tidsearan clas mar a tha iomchaidh. Thug PEF cothrom dhan cheannard sgioba de phroifeiseantaich fhastadh gus an t-eadar-theachd seo a stiùireadh. Tha neart an lùib seo mar thoradh air eachdraidh agus eòlas an sgioba seo, a tha a’ gabhail a-steach luchd-obrach bho Obair Òigridh agus Obair Shòisealta. Tha an ceannard mothachail air neart obair com-pàirteachais gus coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan dhaoine òga. Rinneadh "Am Bothan" de aon seòmar san sgoil mar thoradh air seo. Tha an t-ainm a’ cruthachadh dealbh de dh'àite làn bhlàths, comhfhurtachd agus sàbhailteachd agus dh’obraich luchd-obrach còmhla ri daoine òga gus àrainneachd àraich a thogail à seòmar falamh, lom. Bidh an òigridh fhèin a’ cruthachadh nan taisbeanaidhean balla anns a bheil mòran teachdaireachdan cudromach co-cheangailte ri bhith a’ cruthachadh sgilean riatanach agus bidh fàilte chàirdeil ann an-còmhnaidh agus goireasan airson biadh is deochan. Cuideachd, faodaidh daoine òga a gheibh cothrom air an taic seo cuideachd a’ bhith a' cleachdadh àite a-muigh far an gabh sgilean a chur an sàs agus a chomharrachadh. Tha seo air a neartachadh leis a’ chothrom a th’ aig daoine òga a dhol an sàs ann an raon de ghnìomhan a-muigh san sgìre ionadail. Do chuid seo an aon chothrom a th’ aca gus na cothroman sin fhaighinn. |
| **Dè a’ bhuaidh a bh’ aig a’ ghnìomh seo?** |
| Tha toraidhean a’ gabhail a-steach barrachd làthaireachd, com-pàirt agus coileanadh. Tha dàta coileanaidh airson na buidhne cuimsichte a’ sealltainn gu bheil adhartas ga dhèanamh a thaobh teisteanasan agus deagh chinn-uidhe nuair a dh’fhàgas iad an sgoil.<br><br>A’ togail air na deagh bhuaidhean, tha tòrr ‘Bothy Seniors’ ann. Is iad daoine òga a tha air buannachd fhaighinn bho bhith an sàs san eadar-theachd. Tha iad nam modalan ròl as urrainn a bhith nan deagh eisimpleir agus as urrainn na daoine as òige a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail agus a’ chuid as fheàrr fhaighinn às an eadar-theachd. Tha tachartasan leithid ‘Thig is Feuch’ a’ brosnachadh dhaoine òga gus cothrom fhaighinn air an eadar-theachd feuch a bheil iad a’ smaoineachadh gum faigheadh iad buannachd às. Bidh daoine òga a’ bruidhinn gu soilleir agus le misneachd mun bhuaidh a tha air a bhith aig seo air taobhan den mhisneachd agus den t-sunnd aca. |

## Comas a bharrachd air luchd-obrach

Tha PEF a’ cur ri barrachd comas luchd-obrach air feadh na dùthcha leis gu bheil sgoiltean air tasgadh a dhèanamh ann an cothroman trèanaidh is leasachaidh luchd-obrach. Tha seo, agus prògraman leasachaidh luchd-obrach còmhla ri ùghdarrasan ionadail, a’ fàgail gu bheilear a’ cleachdadh dàta ann an dòigh nas fheàrr gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh agus gus dèiligeadh riutha, gus ionnsachadh agus teagasg nas fheàrr a thoirt seachad agus gus barrachd comais a chruthachadh gus eadar-theachdan èifeachdach a lìbhrigeadh. Thug PEF cothrom do mhòran sgoiltean cothroman ceannais àrdachadh. Tha dreuchdan àrdaichte a bharrachd, le fòcas sònraichte air lìbhrigeadh cothromas agus dùnadh beàrnan co-cheangailte ri bochdainn air am maoineachadh tro PEF.

Dh’aithris àireamh nach beag de dh’ùghdarrasan ionadail gun robh luchd-obrach air feadh an ùghdarrais aca a-nis a’ cleachdadh dàta ann an dòigh nas èifeachdaiche gus beàrnan coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh agus gus dèiligeadh riutha. Dh’aithris Comhairle Dhùn Dè, mar eisimpleir, gu bheil togail comas dàta air feadh an t-siostam, a bharrachd air sgoiltean a bhith air am brosnachadh gus cleachdaidhean agus prògraman stèidhichte air fianais a chleachdadh air taic a thoirt do dhòigh-obrach nas cuimsichte agus nas tomhaiste gus a’ bheàrn coileanaidh a dhùnadh.

Bho fhreagairtean nan ceannardan sgoile air feadh na dùthcha, tha dealbh soilleir a’ nochdadh gu bheil PEF air a chleachdadh gus taic a chumail ri leasachadh luchd-obrach agus ionnsachadh proifeiseanta a bharrachd air dreuchdan ceannardais gus piseach a thoirt air builean dhan luchd-ionnsachaidh as bochda.

**Thug àrd-stiùirichean ann am Bun-sgoil Chupar Aonghais ann am Peairt is Ceann Rois iomradh air trèanadh luchd-obrach a’ cuimseachadh air prìomh ro-innleachdan gus deagh ghiùlan agus deagh dhàimhean a bhrosnachadh. Tha seo air leantainn gu barrachd cunbhalachd mhodhan-obrach thar na sgoile, a’ gabhail a-steach cànan co-roinnte agus ro-innleachdan fèin-riaghlaidh. Sheall lèirmheas air buaidh àrdachadh ann an deagh eadar-obrachadh agus fios air ais fàbharach bho luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh a bharrachd air conaltradh nas fheàrr le pàrantan.**

**Tha Bun-sgoil Naomh Chatrìona, ann an Siorrachd Rinn Friù air PEF a chleachdadh gus ionnsachadh proifeiseanta a mhaoineachadh do thidsearan agus luchd-taic. Mar thoradh air seo, mhìnich an ceannard gu bheil lìbhrigeadh eadar-theachdan àireamhachd èifeachdach agus leasachadh ann an cleachdadh dàta luchd-cleachdaidh gus fiosrachadh a thoirt do phlanadh airson cothromachd.**

**Chleachd Àrd-sgoil Rois, ann an Lodainn an Ear cuid de PEF gus prìomh thidsear a bharrachd a mhaoineachadh le raon-ùghdarrais ag amas air beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Tha am Prìomh Thidsear air ‘Àite Ionnsachaidh Cruthachail’ a chruthachadh san sgoil a bheir seachad curraicealam pearsanta agus taic treòrachaidh do dh'àireamh bheag de dhaoine òga. Tha cothroman ionnsachaidh taobh a-staigh an àite chruthachail seo a’ gabhail a-steach càradh baidhsagalan, sgilean innleadaireachd agus leasanan giotàir. Tha ìrean frithealaidh nas fheàrr aig a’ mhòr-chuid de dhaoine òga sa bhuidhinn. Choilean grunn dhaoine òga a bha ann an cunnart gun a bhith a’ faighinn teisteanas sam bith raon de theisteanasan Nàiseanta 3 agus Nàiseanta 4. Choisinn beagan dhiubh duaisean aig ìre Nàiseanta 5 cuideachd.**

**Ann am Bun-sgoil an Naoimh Marc, ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear tha fòcas air a bhith air a' cruthachadh measadh cunbhalach gus eòlasan ionnsachaidh àrd-inbhe a bhrosnachadh. Bidh an luchd-obrach air fad a-nis a’ toirt seachad fios air ais rè agus às dèidh leasanan. Tha sgrùdadh sa chlas agus còmhraidhean ionnsachaidh le luchd-ionnsachaidh cuimsichte air conaltradh nas fheàrr adhbharachadh dhan mhòr-chuid de chloinn.**

**Thug àrd-stiùirichean aig Acadamaidh Harris, ann an Dùn Dè, fa-near gu bheil fastadh prìomh thidsearan airson Coileanadh Àrdachadh maoinichte le PEF air leasachadh adhbharachadh bho bhliadhna gu bliadhna ann an coileanadh, deagh chinn-uidhe agus dòighean-teagaisg.**

| **Bun-sgoil Berryhill, Siorrachd Lannraig a Tuath<br>Rannsachadh air Co-obrachadh Gnìomhach** |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha am Prìomh Thidsear PEF an sàs roimhe seo le Ionad Raibeart Owen gus feuchainn ri deuchainn a dhèanamh air dòigh-obrach rannsachadh gnìomhach a thaobh leasachadh. Leis cho soirbheachail 's a bha seo, chaidh an dòigh-obrach seo a thoirt a-steach agus a leabachadh air feadh na sgoile mean air mhean. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Tha am Prìomh Thidsear air a bhith ag obair ann an co-obrachadh le Ionad Raibeart Owen gus taic a thoirt dhan luchd-obrach air fad ann am pròiseactan rannsachaidh gnìomhach co-obrachail taobh a-staigh an ionnsachaidh agus an teagaisg aca fhèin. Tha ùine air aontachadh leis a' Cheannard taobh a-staigh an aonta ùine-obrach gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhan luchd-obrach air fad pàirt a ghabhail agus sealbh a ghabhail air PEF agus iomairtean leasachadh sgoile ann an suidheachadh a' chlas. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Thug an obair seo buaidh dhìreach air leasachadh bhuilean do chloinn air an tug bochdainn buaidh ann an raon de dh'eadar-theachdan litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd. Tha e cuideachd air cultar de cho-obrachadh agus sealbh air leasachadh sgoile a chruthachadh thar gach neach-teagaisg san sgoil. |

## Deagh chinn-uidhe

Tha beagan eisimpleirean ann air mar a tha sgoiltean air PEF a chleachdadh gus pròiseactan a mhaoineachadh a tha ag amas air an àireamh de dhaoine òga a tha a' ruigsinn cinn-uidhe adhartach a mheudachadh a bharrachd air a bhith a' toirt taic do ro-innleachd cosnaidh òigridh Riaghaltas na h-Alba 'A' leasachadh an Sgioba-obrach Òig' (DYW).

**Aig Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe ann an Siorrachd Àir a Tuath, far a bheil 91% de luchd-ionnsachaidh ann an SIMD 1-3, tha obair nam prìomh thidsearan a tha maoinichte le PEF air builean nas fheàrr adhbharachadh do luchd-fàgail na sgoile le còrr air 98% a' ruigsinn cinn-uidhe adhartach.**

**Ann an Glaschu, tha Acadamaidh Eastbank air cùrsa cùram-chloinne maoinichte le PEF a thabhann mar roghainn do dhaoine òga. Tha àrdachadh coileanaidh air a bhith ann mar thoradh air seo cho math ri cothroman cosnaidh agus foghlam adhartach dhan òigridh a tha an sàs ann. San fharsaingeachd, tha an ceannard den bheachd gu bheil PEF air buaidh mhòr a thoirt air dàta cinn-uidhe adhartach na sgoile. Chaidh àrdachaidhean a chumail suas bliadhna às dèidh bliadhna, a' gabhail a-steach às dèidh dhan snapshot dhàta a bhith air a ghabhail, a' dearbhadh gu bheil cinn-uidhe sin mairsinneach.**

**Chaidh 'Brilliant Club' a stèidheachadh ann an Àrd-sgoil Braidhurst ann an Siorrachd Lannraig a Tuath do sgoilearan ÀS3/ÀS4 le maoineachadh PEF gus ruigsinneachd agus eòlas air foghlam àrd-ìre agus oilthigh a leudachadh airson daoine òga a tha a' coileanaidh aig ìre àrd, le 80% dhiubh an dàrna cuid a' fuireach ann an sgìrean SIMD 1-4 no le eòlas air bacaidhean air ionnsachadh co-cheangailte ri bochdainn. Tha buaidh a' phrògraim gu bhith air a thomhas aig deireadh na bliadhna acadaimigeach 2021/22, ach tha dàta leantainneach a' sealltainn gu bheil cha mhòr a h-uile duine anns a' bhuidhinn chuimsichte de dhaoine òga air an t-slighe gus na h-ìrean a choileanadh a tha a dhìth gus faighinn a-steach gu foghlam àrd-ìre.**

| Àrd-sgoil Gleniffer, Siorrachd Rinn Friù<br>Cinn-uidhe adhartach mar thoradh air àrach |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Bha an sgoil airson taic cuimsichte a toirt seachad do bhuidheann de dhaoine òga a bha ann an cunnart tuiteam a-mach à foghlam. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Ann an com-pàirteachas le bun-sgoiltean uile na buidhne, tha tidsear eadar-ghluasaid na buidhne sgoile agus neach-obrach homelink, chomharraich an sgoil buidheann de dhaoine òga a gheibheadh buannachd bho thaic a bharrachd nuair a thòisich iad ann an ÀS1. Chleachd an sgoil a Mhaoin Cothromas Sgoilearan (PEF) gus Prìomh Thidsear an Gnìomh (PT) agus neach-cuideachaidh clas (CA) fhastadh. Rinn an PT agus CA an trèanadh àraich agus lìbhrig iad prògram àraich cuimsichte ann an ÀS1 agus lean seo air adhart gu ÀS2 agus ÀS3. Anns an dàrna bliadhna leudaich farsaingeachd a' phrògraim gu bhith a' gabhail a-steach fòcas air a' churraicealam. Chaidh tairgse eile a chruthachadh airson na buidhne cuimsichte a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, prògram rothaireachd. Thug seo cothrom dhan òigridh a bhith ag obair le com-pàirtichean ionadail gus sgilean togail agus càradh bhaidhsagalan a thogail. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| B' e a' bhuaidh a bu mhotha a bha aig a' phrògram àraich gu bheil a h-uile duine òg a bha an sàs ann air gluasad gu deagh cheann-uidhe. |





# Earrann 9 Covid-19

Mar a tha fìor leis a h-uile taobh eile de bheatha na h-Alba tha Covid-19 air droch bhuaidh a thoirt an obair leantainneach ann an sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh. Mar thoradh air dùnadh thogalaichean sgoile agus ionnsachadh air astar ri linn Covid-19 chaidh planaichean PEF atharrachadh anns na bliadhnaichean acadaimigeach 2019/20 agus 2020/21.

Tha Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan: stiùireadh obrachaidh nàiseanta 2021. a' gabhail a-steach lasachadh air cuingealachaidhean cosgais PEF gus am b' urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail agus ceannardan-sgoile taic èifeachdach a thoirt do dh'fhoghlam agus cùram chloinne is dhaoine òga fhad 's a tha iad a' freagairt air a' ghalair lèir-sgaoilte. Dh'fheumadh an sùbailteachd seo, ge-tà, a bhith fhathast a rèir prionnsabal a' chothromais ann am foghlam. Mar thoradh air an stiùireadh seo thug a h-uile ùghdarras ionadail taic do sgoiltean a bhith sùbailte agus freagairteach do na dùbhlain agus do na diofar iarrtasan a chruthaich an galar lèir-sgaoilte. Thug sgoiltean am maoineachadh seo dhan fheadhainn a bu mhotha a bha feumach air stèidhichte air eòlas ionadail agus air dùbhlain a bha a' tighinn am bàrr. Ann a bhith a' toirt taic do na daoine òga fon anacothrom as motha aig àm dùnaidh nan togalaichean sgoile, chomharraich sgoiltean bacaidhean air ionnsachadh agus fhreagair iad ri feumalachdan caochlaideach an luchd-ionnsachaidh sin air an tug bochdainn buaidh. Gu tric, bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad taic leithid taic teaghlaich no ruigsinneachd didseatach. Thug grunn sgoiltean fa-near gun tàinig piseach air dàimhean le pàrantan agus teaghlaichean nuair a dhùin sgoiltean agus tha iad air feuchainn ri togail air nuair a thill sgoiltean.

**Airson Bun-sgoil Chumnag Nuadh ann an Siorrachd Àir an Ear bha am prìomh atharrachadh air planaichean PEF co-cheangailte ri dreuchd an cleachdaiche ceangail dachaigh (home link practitioner - HLP). Mar thoradh air dùnadh nan sgoiltean dh'fheumadh an dreuchd atharrachadh gus taic a thoirt do dh'fheumalachdan nan teaghlaichean agus na coimhearsnachd, gu h-àraidh an fheadhainn a bha a' fulang bochdainn m.e. bochdainn bìdh, connaidh, bochdainn is didseataich. Thug an HLP taic do theaghlaichean gus cothrom fhaighinn air innealan didseatach agus air an eadar-lìon an-asgaidh. Chùm an HLP conaltradh leotha fhad's a bha iad a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gun robh iad an sàs ann an ionnsachadh dachaigh agus a' cur taic phractaigeach air dòigh. Bhris an dàimh a chaidh a chruthachadh eadar an HLP agus teaghlaichean sìos cnapan-starra sam bith a bha ann roimhe. Tha seo air leantainn às dèidh do sgoiltean fosgladh a-rithist.**

**Tha Bun-sgoil Bhaile na Leamhnachd ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Ear air cuideam a chuir air conaltradh teaghlaich agus ionnsachadh teaghlaich. Bha an sgoil for-ghnìomhach ann a bhith a' lorg fhuasglaidhean gus seo chumail suas gus faighinn seachad air dùbhlain Covid-19 a chuir casg air pàrantan/luchd-cùraim bho bhith a' dhol an sàs gu pearsanta san sgoil. Mar eisimpleir, chuidich an neach-cuideachaidh ionnsachadh teaghlaich tachartasan beò tro TEAMS leithid 'Come cook with mi' agus co-fharpais cheistean teaghlaich.**

**Thug Bun-sgoil an Rathaig Mhòir air a' Ghàidhealtachd iomradh air maoineachadh PEF ann an raointean slàinte is sunnd. Tha an taic chuimsichte seo air cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris an fhianais a tha a' sìor fhàs de dh'iomagain am measg chloinne, gu sònraichte às dèidh dhaibh tilleadh gu togalaichean sgoile às dèidh dùnaidhean Covid-19. Chaidh eadar-theachdan atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan caochlaideach, mar eisimpleir, luchd-taic a' lìbhrigeadh pasganan cùraim dha na teaghlaichean fon ana-cothrom as motha.**

**Chuir Àrainn Ghràmair Jedburgh, ann an Crìochan na h-Alba, stad air eadar-theachd litearrachd PEF mar thoradh air Covid-19 agus thug an stiùiriche PEF a-steach eadar-theachd eile mar fhreagairt air feumalachdan a chaidh ainmeachadh às ùr gus taic a thoirt do dhaoine òga le dòighean-obrach aon-ri-aon a thaobh ionnsachadh dachaigh agus teicneòlas. Chaidh I-padan a thoirt seachad dà latha ron chiad glasadh-sluaigh. Bha an t-ionad a' toirt taic dhìreach do dhaoine òga agus an teaghlaichean aig an robh trioblaidean leis an teicneòlas a bharrachd air ionnsachadh dachaigh/dìth-cheangail ris an sgoil. Chaidh an taic seo a chumail an àirde gus an t-Sultain 2021.**

**Bha Acadamaidh Naomh Mungo san Eaglais Bhric airson aghaidh a chur air bochdainn didseatach agus airson dèanamh cinnteach gum faigheadh a h-uile duine òg cothrom air leasanan. Cheannaich iad camarathan gus am faodadh an fheadhainn a bha leotha fhèin aig an taigh mar thoradh air COVID pàirt a ghabhail ann an leasanan.**

**Mhothaich àrd-stiùirichean aig Bun-sgoil Chupar Aonghais ann am Peairt is Ceann Rois gun robh deagh bhuaidh air conaltradh le pàrantan a dh’aindeoin nan dùbhlan a bha an lùib Covid-19. Mheudaich an ìre de chonaltradh le pàrantan agus teaghlaichean gu bhith a’ gabhail a-steach gairmean fòn cunbhalach do pàrantan; eàrlasan airson biadh agus tursan dachaigh gus goireasan leithid *iPad*an a thoirt seachad. Chuidich seo luchd-obrach gu mòr gus tuigse nas doimhne fhaighinn air feumalachdan gach teaghlaich. Chaidh dàimhean a neartachadh agus cho-roinn pàrantan agus luchd-cùraim barrachd fiosrachaidh leis an sgoil. Bha mothachadh agus fòcas nas motha air slàinte agus sunnd san sgoil agus air a’ bhuaidh a dh’fhaodadh seo a thoirt air builean do luchd-ionnsachaidh.**

**Air sgàth suidheachadh dùthchail Bun-sgoil Dhùn Dòmhnaill ann an Siorrachd Àir a Deas, tha Wi-Fi uaireannan neo-earbsach. Mar sin nuair a bhathar ag ionnsachaidh air astar, rinn luchd-obrach cinnteach gun robh pasganan clò-bhuailte de ghoireasan gan sgaoileadh gu teaghlaichean air feadh a’ bhaile agus an sgìre-sgoile mun cuairt.**

**Rè ionnsachadh air astar, thug luchd-obrach taic-ionnsachaidh aig Àrd-sgoil Aith ann an Sealtainn taic fa-leth do luchd-ionnsachaidh so-leònte. Tha an sgoil air aithneachadh gu bheil an dòigh-obrach shònraichte seo air piseach a thoirt air conaltradh agus air dàimhean a neartachadh le teaghlaichean agus luchd-ionnsachaidh comharraichte. Tha an sgoil air toirt fa-near gu bheil tòrr a bharrachd iomagain air luchd-ionnsachaidh agus iad a’ gluasad bho ionnsachadh air astar gu bhith ag ionnsachadh san sgoil. Gu sònraichte, chaidh a chomharrachadh gun robh luchd-ionnsachaidh ann an ÀS2 den bheachd gun robh seo dùbhlanach. Chaidh eadar-theachdan PEF atharrachadh gus cuimseachadh air an luchd-ionnsachaidh seo rè na h-ùine ath-bheothachaidh.**

**Mhìnich ceannard Bun-sgoil Dhreigidh air a’ Ghàidhealtachd gu bheil Covid-19 air buaidh a thoirt air mar a tha an sgoil a’ cleachdadh PEF. Tha seo a’ gabhail a-steach dùbhlain a thaobh cothrom luchd-obrach. Mar thoradh air seo bha nas lugha de dh’eadar-theachdan cuimsichte ann na bha san amharc roimhe. Tha feumalachdan nas motha aig cloinn agus mar sin bha feum a bharrachd air taic aon-ri-aon a bharrachd an àite taic ann am buidhnean beaga. Tha comas fèin-riaghlaidh air leigeil leis a’ cheannard luchd-obrach a bharrachd a mhaoineachadh gus dèiligeadh ri beàrnan dhan chloinn.**

**Mhìnich ceannard Bun-sgoil Lochies gun robh dreuchd neach-taic dachaigh-sgoile air a mhaoineachadh le PEF air leth luachmhor nuair a dhùin na togalaichean sgoile. Chruthaich seo aon àite-conaltraidh gus dèanamh cinnteach gun robh teaghlaichean a’ faighinn na taic a bha a dhìth orra agus gun robh an sgoil a’ cumail conaltradh ris a’ chloinn air fad. Am measg na taic a chaidh a sholarachadh tro Lochies Learning Relay bha co-ionadan, tursan air an stairsnich, taic teicneòlais air an stairsnich, lìbhrigeadh bìdh, cruinneachaidhean cungaidh-leigheis, coinneamhan slàinte le taic agus lìbhrigeadh phasganan ionnsachaidh fa leth a’ gabhail a-steach pasganan ionnsachaidh mothachalachd agus gnìomhan airson peathraichean/bràthairean is peataichean a bhith a' dèanamh còmhla. Tha dreuchd mar neach-obrach taic dachaigh-sgoile air leantainn agus tha i a’ cumail taic ri slànachadh. Mar eisimpleir, a’ cumail taic ri gluasad air ais dhan sgoil gu sònraichte do theaghlaichean air a bheil barrachd iomagain a thaobh Covid-19. Tha an sgoil cuideachd air a bhith ag obair leis an NHS gus sia clionaigean cathair-cuibhle agus splint a thoirt seachad taobh a-staigh na sgoile gus dèanamh cinnteach nach caill clann coinneamhan cudromach a dh’fhaodadh a bhith aig amannan nach biodh freagarrach do theaghlaichean mur a b' e seo.**

**Tron glasadh-sìos bha aig Bun-sgoiltean Brownhall agus Chair Labharaig ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh ri lìbhrigeadh cuid de na h-eadar-theachdan leithid ‘Closing the Literacy Gap’ agus ‘Closing the Numeracy Gap’ atharrachadh leis nach b’ urrainn dhan chloinn taic aghaidh-ri-aghaidh fhaighinn san sgoil. Chaidh pasganan ionnsachaidh ullachadh agus chaidh bhidiothan airson taic a thoirt do theaghlaichean a chruthachadh agus bha iad furasta faighinn le còdan QR. Chaidh pasganan an dàrna cuid a lìbhrigeadh dod theaghlaichean no chaidh an togail bho sgoiltean.**

# A' riarachadh Maoin Cothromas nan Sgoilearan

Tro Maoin Cothromas nan Sgoilearan: stiùireadh obrachaidh nàiseanta ann an 2021 chaidh Maoin Co-ionannachd Sgoilearan a bharrachd a thoirt a-steach gus taic a thoirt do dh'oidhirpean ath-bheothachaidh do chloinn agus daoine òga bho chùl-raointean bochda. Tha seo air barrachd ghoireasan a thoirt do sgoiltean gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, ag aithneachadh nan dùbhlan ùra agus na dùbhlain a bharrachd a tha mar thoradh air Covid-19. Tha sgoiltean air failte a chur air sùbailteachd a' mhaoineachaidh seo a tha a' toirt cothrom dhaibh gabhail ri atharrachaidhean feumalachdan taobh a-staigh nan coimhearsnachdan sgoile aca.

**Ann am Bun-sgoil Rigside ann an Siorrachd Lannraig a Deas, tha PEF air atharrachadh air modhan-obrach agus dòighean lìbhrigidh a chur an comas mas e is gum fàs e soilleir nach eil na pròiseasan làithreach ag obair gu math. Tha seo air a bhith comasach gu ìre air sgàth PEF a bharrachd a chaidh a chur an sàs am-bliadhna. Thathar den bheachd gu bheil an t-sùbailteachd a tha air a mhìneachadh san stiùireadh nàiseanta gu math buntainneach.**

**Aig Àrd-sgoil Braidhurst ann an Siorrachd Lannraig a Tuath, thathas a' cleachdadh a' PEF a bharrachd gus làthaireachd agus eadar-theachdan "tòiseachaidh bog" a mhaoineachadh agus gus siostam làithreachd seasmhach a chur an gnìomh. Tha cleachdadh cunbhalach de dhàta gus cunntas a chumail air buaidh na an eadar-theachd seo ag adhbharachadh ìrean frithealaidh nas sa gheàrr-ùine airson a' mhòr-chuid de sgoilearan anns na buidhnean targaid an coimeas ri dàta ron ghalar lèir-sgaoilte.**

**Chleachd Bun-sgoil St Roch ann an Glaschu maoineachadh cothromas nan sgoilearan gus luchd-obrach a bharrachd a mhaoineachadh. Mar thoradh air seo, bha clasaichean nas lugha ann gus taic a chumail ri eadar-theachdan cuimsichte ann an litearrachd agus àireamhachd stèidhichte air mion-sgrùdadh làidir air dàta. Le luchd-obrach a bharrachd b' urrainn dhan sgoil barrachd obair leasachaidh a dhèanamh air na dòighean-àraich gus clas àrach àrd-sgoile a thoirt a-steach.**

**Ann am Bun-sgoil Niddrie Mill ann an Dùn Èideann thug PEF a bharrachd cothrom dhan sgoil tidsear coileanaidh a bharrachd a fhastadh a chuir ris a' chomas eadar-theachdan cuimsichte a thoirt seachad.**

Thog ceannardan-sgoile cuid de na dùbhlain a tha Covid-19 fhathast ag adhbharachadh a thaobh buileachadh agus buaidh iomairtean PEF. Tha neo-làthaireachd sgoilearan agus luchd-obrach air droch bhuaidh a thoirt air comas cuid de sgoiltean an taic PEF a thoirt seachad ris an robh iad an dùil. Tha neo-làthaireachd air bacadh a chur air an t-seòrsa agus an ìre de thaic a thathar a' lìbhrigeadh. Agus tha buaidh air a bhith aig obair ann am builgeanan air structar, càileachd agus cunbhalachd eadar-theachdan leis nach urrainnear clasaichean a mheasgachadh. Thug grunn cheannardan iomradh air a' bhuaidh a bha aig Covid-19 air sunnd is ionnsachadh luchd-obrach is sgoilearan. Tha na dùbhlain sin air a dhèanamh duilich measadh ceart a dhèanamh air buaidh dhòighean-obrach agus eadar-theachdan PEF san ùine seo.

| Bun-sgoil Naomh Eòsaiph, Inbhir Chluaidh,<br>Prìomh thidsear litearrachd gus comas a thogail agus piseach a thoirt air dòighean-teagaisg |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Thug Covid-19 buaidh mhòr air clann san sgoil. Cha robhar air faighinn air ais gu ìrean coileanaidh ro-Covid ron Ògmhios 2021 agus bha beàrn shusbainteach cudromach co-cheangailte ri bochdainn aig a' mhòr-chuid de dh'ìrean thar na sgoile ann an litearrachd. Bha an sgoil airson leantainn air adhart le ath-bheothachadh ann an 2021/2022 agus coileanadh àrdachadh thar na sgoile, le fòcas sònraichte air litearrachd, air sgrìobhadh an toiseach. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Chuir an sgoil prìomh thidsear an dreuchd ann an oide-eòlas litearrachd a dh'obair ann an dòigh iomlanach gus sgilean luchd-obrach àrdachadh ann am modhan litearrachd agus taic ann an clasaichean gus coileanadh àrdachadh, a' cleachdadh modhan-obrach stèidhichte air fianais. Tha an dreuchd mar phrìomh thidsear a' gabhail a-steach dòigh-obrach dùbailte:<br><br>Ag àrdachadh sgilean luchd-obrach: Tha e an urra ris a' phrìomh thidsear bun-loidhnichean a stèidheachadh agus sùil a chumail air adhartas an dà chuid ann am misneachd luchd-teagaisg agus adhartas na cloinne. Gus sgilean luchd-obrach àrdachadh thug am prìomh thidsear seachad trèanadh dhan sgoil air fad, cothroman coidsidh agus modaileadh, chuidich am PT le coinneamhan luchd-teagaisg gus taic a chumail ri buileachadh, agus thug am PT taic do thidsearan le planadh. Bidh am prìomh thidsear a' stiùireadh na sgoile gu lèir gu bhith a' teagasg diofar ghnèithean còmhla. Tha seo air dòigh-obrach thaiceil, cho-obrachail adhbharachadh a tha air còrdadh ri luchd-obrach. Tha am prìomh thidsear cuideachd an urra ri bhith ag àrdachadh sgilean luchd-taic le bhith a' lìbhrigeadh trèanadh agus coidseadh.<br><br>Taic dhìreach do chloinn a' gabhail a-steach taic luchd-cuideachaidh sgoilearan: Bidh am prìomh thidsear ag obair gu dlùth le luchd-teagaisg gus clann a chomharrachadh a tha feumach air taic a bharrachd. Bidh am prìomh thidsear a' toirt taic do phlanadh co-obrachail leis an tidsear clas, ag aontachadh air a' chloinn air am bi iad ag amas agus a' toirt taic tron leasan. Bidh iad an uairsin a' lìbhrigeadh leasanan còmhla gus dèanamh cinnteach gum bi buaidh bhrìoghmhor aig fios air ais dhan chloinn air a bheilear ag amas. Tha uallach air a' phrìomh thidsear cuideachd airson leasachadh luchd-obrach taice gus taicean agus eadar-theachdan a lìbhrigeadh. |
| **Dè a' bhuaidh a bh' aig a' ghnìomh seo?** |
| Tha a' mhòr-chuid de luchd-teagaisg air aithris gun robh àrdachadh anns a' mhisneachd aca ann a bhith a' lìbhrigeadh leasanan sgrìobhaidh. Tha coinneamhan luchd-obrach a' sealltainn barrachd com-pàirteachadh bho luchd-obrach agus iad a' cleachdadh na h-ùine aca còmhla gus an soirbheas agus na dùbhlain aca a cho-roinn. Tha a' bhuaidh cuideachd ri fhaicinn ann an càileachd sgrìobhaidh ann an leabhranan-sgrìobhaidh na cloinne anns a' mhòr-chuid de chlasaichean. Tha barrachd cunbhalachd anns na modhan gus sgrìobhadh a theagasg agus bidh barrachd leasachaidh poileasaidh anns san àm ri teachd mar thoradh air seo. Is e eisimpleir den sheasmhachd seo slatan-tomhais soirbheachais airson gnèithean agus prìomh thargaidean a bhith gan co-roinn leis a' chloinn mar a tha ri fhaicinn anns a' mhòr-chuid de na leabhraichean-sgrìobhaidh aig clann. Tha seo a' cuideachadh na cloinne a bhith mothachail air na tha a dhìth gus piseach a thoirt air an cuid sgrìobhadh, airson fèin-mheasadh agus gus adhartas a dhèanamh. Ro dheireadh na bliadhna tha an sgoil an dùil gum bi àrdachadh coileanaidh ann an sgrìobhadh timcheall air 20% stèidhichte air astar an adhartais làithreach. Bheir seo buaidh air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn leis gun tug bochdainn buaidh air a' mhòr-chuid den chloinn nach eil a' coileanadh gu math. |

| **Bun-sgoil Cowdenbeath, Fìobha**<br>**A’ cleachdadh PEF gus taic a thoirt do phlanadh sùbailte mar fhreagairt do dh’ionnsachadh aig astar** |
|---|
| **Carson a bha feum air gnìomh?** |
| Às dèidh a’ chiad ghreis de dh’ionnsachadh air astar, dh’aithnich an sgoil gur dòcha gum biodh feum aig cuid de luchd-ionnsachaidh air taic a bharrachd nuair a thilleadh iad dhan sgoil gus taic a chumail ri raon farsaing de dh'fheumalachdan agus de dh'eòlasan. B' e an t-amas aig seo beàrnan coileanaidh a lùghdachadh a bha air èirigh mar thoradh dìreach air ionnsachadh air astar agus dùnadh nan sgoiltean. |
| **Dè an gnìomh a chaidh a dhèanamh?** |
| Chleachd an sgoil cuibhreann de Mhaoin Cothromas nan Sgoilearan aca gus dèanamh cinnteach gun robh luchd-teagaisg eòlach agus èifeachdach aca aig nach robh clas. Thug seo cothrom dhaibh sgioba taic ionnsachaidh a chruthachadh còmhla ris an tidsear taic ionnsachaidh. An toiseach bhathar an dùil gun toireadh seo sùbailteachd agus comas gus coinneachadh ris an raon fharsaing de dh'fheumalachdan taic foghlaim is acadaimigeach an luchd-ionnsachaidh. Ged nach robh an taic cuingealaichte ri leughadh, b' e raon curraicealaim a bha seo anns an robh deagh bhuaidh air coileanadh. Sheall dàta tracaidh agus coileanaidh airson a’ chiad, an dàrna agus a' cheathramh teirm gun robh a’ chlann a bha a’ faighinn na taic seo a’ dèanamh adhartas mòr. (Bha an dian-thaic na bu duilghe a bhuileachadh tro ionnsachadh air astar ann an teirm 3). Às dèidh dhan ‘sgioba taic ionnsachaidh’ a chruthachadh, stèidhich an sgoil pròiseas ceangail coileanaidh gach ràithe. Chomharraich iad na feumalachdan taic acadaimigeach aig a h-uile sgoilear tron sgoil air fad agus sheòrsaich iad sgoilearan ann an trì ìrean taic: Uile-choitcheann, a bharrachd agus dian. Bha taic uile-choitcheann a’ gabhail a-steach na sgoilearan uile anns a h-uile clas. A thaobh leughadh, bha seo co-cheangailte ri bhith a’ togail cunbhalachd ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh thar na sgoile air fad tro chonaltradh proifeasanta agus tro bhith a' cleachdadh nan goireasan a bha rim faighinn. Mar as trice bha feum air taic a bharrachd, planadh a bharrachd agus targaidean fad-ùine aig a' chlann a chaidh a chomharrachadh mar chlann a bha feumach air taic a bharrachd. Mar bu trice bha feum aig a’ chloinn seo air cothroman airson dian-ionnsachadh mu bhun-prionnsabalan leughaidh: aithneachadh fonaig, measgachadh CVC, aithneachadh fhacail cumanta agus rannan. Bha a’ chlann a chaidh a chomharrachadh mar an fheadhainn aig an robh an comas a’ bhuannachd as motha a dhèanamh ann an ùine ghoirid, an uair sin a’ faighinn dian-thaic bhon sgioba taic ionnsachaidh. |
| **Dè a’ bhuaidh a bh’ aig a’ ghnìomh seo?** |
| Chruinnich an sgioba taic ionnsachaidh raon farsaing de dhàta measaidh tron ionnsachadh agus às dèidh an ionnsachaidh a tha air sealltainn gun robh buannachdan anns sa bhad ann an leughadh, gu sònraichte dhan chloinn a tha a’ faighinn dian-taic. Ged a bha e coltach gun tug an dàrna greis de dh’ionnsachadh air astar san treas teirm buaidh air adhartas, chaidh dèiligeadh gu sgiobalta ri seo nuair a thill clann dhan sgoil. Tha deagh bhuaidh air a bhith aig seo air coileanadh san sgoil. Ann an leughadh, tha an coileanadh aca còmhla os cionn na targaid sìnidh aca airson 2020/21 le còrr is 15% agus tha iar air a dhol thairis air an targaid aca airson 2021/22. A bharrachd air seo, bha cothroman a bharrachd ann airson modaratadh mar thoradh air dòigh-obrach chuimsichte na sgoile gus piseach a thoirt air buileachadh. Bha an taic airson ionnsachadh, obair-sgioba thar diofar chlasaichean agus a’ dol an sàs ann am barrachd conaltradh proifeiseanta leis na h-àrd-cheannardan agus sgiobaidhean teagaisg, a’ comasachadh barrachd chothroman a thaobh modaratadh. Chan eil teagamh sam bith nach eil seo air cuir ris na dùilean coitcheann aca air feadh na sgoile. B’ e a’ bhuil adhartach seo a chaidh a chomharrachadh le cha mhòr a h-uile neach-teagaisg againn agus le cuid den chloinn tro ar coinneamhan gach teirm agus tro ar pròiseasan fèin-luachaidh. |

# Earrann 10 Co-dhùnadh agus na h-ath cheumannan

Tha e soilleir gu bheil cleachdadh, an dà chuid aig ìre sgoile agus aig ìre ùghdarrais ionadail, air tighinn air adhart bho chaidh PEF a thoirt a-steach. Is e misean ath-nuadhaichte Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba **foghlam a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean do chloinn is dhaoine òga fo bhuaidh bochdainn le fòcas air dèiligeadh ris a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn** . Tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a’ comharrachadh cuid de na h-ath cheumannan aca a thaobh PEF mar-thà a chuidicheas iad gus an rùn seo a choileanadh.

Chomharraich na sgoiltean a ghabh pàirt ann am measadh PEF raon farsaing de ath cheumannan. Tha e soilleir gu bheil eòlas agus ionnsachadh bho bhith ag obair le PEF bho a chaidh a thoirt a-steach, air na h-ath cheumannan a chaidh ainmeachadh fhiosrachadh. Chomharraich a’ mhòr-chuid de sgoiltean co-dhiù aon raon a bha iad an dòchas a leasachadh a thaobh nan cleachdaidhean PEF aca. Thàinig grunn chuspairean coitcheann am bàrr a’ gabhail a-steach com-pàirt nas brìoghmhoire bho luchd-ùidh ann am planadh agus measadh PEF agus barrachd obair leasachaidh air conaltradh phàrantan agus ionnsachadh teaghlaich. Bha sgoiltean cuideachd airson com-pàirteachasan a leasachadh agus barrachd co-obrachaidh a dhèanamh a thaobh PEF. Chomharraich grunn aca raointean far am bu toil leotha barrachd ionnsachadh proifeiseanta. Bha iad sin a' gabhail a-steach tomhas buaidh, buaidh a’ ghalair lèir-sgaoilte air ionnsachadh agus barrachd com-pàirt phàrantan tro, mar eisimpleir, buidseatadh com-pàirteachail.

Chomharraich a’ mhòr-chuid de dh’ùghdarrasan ùrachadh an stiùiridh aca mar fhear de na h-ath cheumannan a ghabhas iad ri linn ùrachadh Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba. Am measg nan ath cheumannan eile tha a bhith a’ cumail taic a bharrachd ri àrd-stiùirichean. Chaidh barrachd co-obrachaidh le luchd-ùidh ann an oidhirpean gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air an tug bochdainn buaidh a chomharrachadh mar an ath cheum. Chomharraich ùghdarrasan ionadail cuideachd gum biodh e feumail ath-sgrùdadh a dhèanamh air an obair aca a thaobh dàta an dà chuid a thaobh trèanadh do luchd-obrach ach cuideachd mar a bhios iad a’ cruinneachadh, a’ mion-sgrùdadh agus ag aithris air maoineachadh cothromas sgoilearan. Rinn grunn ùghdarrasan iomradh sònraichte air a bhith a’ cur ri com-pàirt phàrantan agus luchd-ionnsachaidh ann an cruthachadh phlanaichean PEF.

Agus sinn a’ gluasad a-steach dhan ath cheum den phrògram tha cuid de chùisean cudromach air am feum stiùirichean sgoile agus ùghdarrasan ionadail beachdachadh.

- Bidh am prògram Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba ath-nuadhaichte a’ toirt aithne nas fharsainge do choileanadh chloinne agus dhaoine òga. Bidh e cudromach togail air na pròiseasan a th’ ann mar-thà gus dèanamh cinnteach gu bheil beàrnan co-cheangailte ri bochdainn air an comharrachadh agus gu bheil buaidh obair gus dèiligeadh riutha sin a thomhas gu làidir. Le bhith a' dèanamh seo, gabhaidh aithris làidir a dhèanamh air air mar a tha PEF a’ cur ri builean nas fheàrr do chloinn is dhaoine òga air am bi bochdainn a’ toirt buaidh.
- Bidh am prògram ath-nuadhaichte a’ cumail air a’ toirt cumhachd do stiùirichean sgoile, gu sònraichte a thaobh PEF. Bidh àite ro-innleachdail nas soilleire ann do dh’ùghdarrasan ionadail anns an obair gus piseach a thoirt air builean do chloinn air am bi bochdainn a’ toirt buaidh. Bidh e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil dreuchdan agus uallaichean soilleir ann a thaobh PEF agus gus beachdachadh air an dòigh as fheàrr gus oifigearan ùghdarrasan ionadail agus comhairlichean coileanaidh a chleachdadh gus taic is dùbhlan èifeachdach a thoirt seachad gun a bhith a’ toirt a-steach biurocrasaidh neo-riatanach.
- Le Maoin Cothromas nan Sgoilearan a bhith air a dhaingneachadh thar ceithir, bidh cothrom ann planadh fad-ùine a dhèanamh. Bidh e cudromach beachdachadh air dè na structaran agus na taicean a tha an sàs gus maoineachadh a mheudachadh gu h-èifeachdach agus gus biurocrasaidh a lùghdachadh a thaobh a bhith a’ dol an sàs le com-pàirtichean gus na dòighean-obrach as iomchaidh a lìbhrigeadh do chloinn is dhaoine òga air a bheil bochdainn a’ toirt buaidh.
- Tha e cudromach clann, daoine òga agus an teaghlaichean a chumail aig cridhe ar n-obair gus builean a leasachadh. Feumaidh dòighean-obrach gus an gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean agus measaidhean a thaobh PEF a chumail orra a leasachadh gus am bi iad gu daonnan co-obrachail.

# Pàipearan-taice

## Earr-ràdh 1

Taing mhòr do na sgoiltean a leanas a ghabh pàirt ann:

| | |
|---|---|
| Àrd-sgoil Aith | Comhairle Shealtainn |
| Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe | Comhairle Siorrachd Àir a Tuath |
| Bun-sgoil Berryhill | Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath |
| Bun-sgoil Bhògha Mòr | Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid |
| Àrd-sgoil Braidhurst | Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath |
| Bun-sgoiltean Brownhall agus Chair Labharaig | Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh |
| Bun-sgoil Buchanhaven | Comhairle Siorrachd Obar Dheathain |
| Bun-sgoil Clerkhill | Comhairle Siorrachd Obar Dheathain |
| Bun-sgoil Corpus Christi | Comhairle Baile Ghlaschu |
| Bun-sgoil Cupar Aonghais | Comhairle Pheairt is Cheann Rois |
| Bun-sgoil Cowdenbeath | Comhairle Fhìobha |
| Àrd-sgoil Craigroyston | Comhairle Baile Dhùn Èideann |
| Bun-sgoil Drakies | Comhairle na Gàidhealtachd |
| Bun-sgoil Dhùn Dòmhnaill | Comhairle Siorrachd Àir a Deas |
| Sgoil Gràmair Dhùn Omhainn | Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid |
| Acadamaidh Eastbank | Comhairle Baile Ghlaschu |
| Àrd-sgoil Firpark | Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath |
| Bun-sgoil Glashieburn | Comhairle Baile Obair Dheathain |
| Àrd-sgoil Gleniffer | Comhairle Siorrachd Rinn Friù |
| Acadamaidh Harris | Comhairle Baile Dhùn Dè |
| Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis | Comhairle na Gàidhealtachd |
| Àrainn Gràmar Jedburgh | Comhairle Chrìochan na h-Alba |
| Bun-sgoil Pàirc an Rìgh | Comhairle Lodainn Mheadhanach |
| Bun-sgoil Ladyloan | Comhairle Aonghais |
| Acadamh Taigh na h-Uiseige | Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas |
| Bun-sgoil Bhaile na Leamhnachd | Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear |
| Bun-sgoil Lincluden | Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh |
| Sgoil Lochies | Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann |
| Bun-sgoil Newcastleton | Comhairle Chrìochan na h-Alba |
| Bun-sgoil Chumnag Nuadh | Comhairle Siorrachd Àir an Ear |
| Bun-sgoil Muileann Niddrie | Comhairle Baile Dhùn Èideann |
| Bun-sgoil Our Lady of Lourdes | Comhairle Lodainn an Iar. |
| Bun-sgoil a' Phluic | Comhairle na Gàidhealtachd |
| Bun-sgoil an Ràthaig Mhòir | Comhairle na Gàidhealtachd |
| Bun-sgoil Rigside | Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas |
| Bun-sgoil Rimbleton | Comhairle Fhìobha |
| Àrd-sgoil Ross | Comhairle Lodainn an Ear |
| Sgoil Uibhist a Tuath | Comhairle nan Eilean Siar |
| Bun-sgoil Chaluim Chille | Comhairle Siorrachd Rinn Friù |
| Àrd-sgoil Chaluim Chille | Comhairle Fhìobha |
| Sgoil Naomh Gerardine | Comhairle Mhoireibh |
| Àrd-sgoil Shruighlea | Comhairle Shruighlea |
| Àrd-sgoil Naomh Eòsaiph | Inbhir Chluaidh |
| Àrd-sgoil Naoimh Mharcais | Siorrachd Rinn Friù an Ear |
| Acadamaidh Naoimh Mungo | Comhairle na h-Eaglaise Brice |
| Àrd-sgoil Naomh Roch | Comhairle Baile Ghlaschu |
| Àrd-sgoil Naomh Rònain | Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar |
| Àrd-sgoil Stronsay | Comhairle Arcaibh |
| Àrd-sgoil Tynecastle | Comhairle Baile Dhùn Èideann |
| Bun-sgoil Woodside | Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas |

# Earr-ràdh 2

## ANAILIS CHO-THEACSAIL
## Dè na beàrnan agus na cnapan-starra a th’ ann a thaobh ionnsachadh?

Feumar fealla-dhà shoilleir a chruthachadh airson a bhith a’ cleachdadh maoineachadh, stèidhichte air anailis cho-theacsail làidir a chomharraicheas na beàrnan co-cheangailte ri bochdainn agus na bacaidhean air ionnsachadh san sgoil agus sa choimhearsnachd aca. Bu chòir dhan luchd-obrach air fad a bhith an sàs ann a bhith a’ comharrachadh bheàrnan agus cnapan-starra ro ionnsachadh airson clann agus daoine òga a tha fo bhuaidh bochdainn. Tha an anailis cho-theacsail seo air a chur a-steach mar phàirt den t-Sealladh farsaing air Planadh Leasachadh Sgoile – PEF (Pàipear-taice 2).

Comharraich beàrn / bacadh

Bu chòir dhan anailis cho-theacsail a bhith a’ gabhail a-steach raon de dhàta a’ cleachdadh lionsan a tha a’ comharrachadh bochdainn, a’ gabhail a-steach SIMD agus FME. Tha e coltach gum bi seo a’ gabhail a-steach:

- Coileanadh ann an litearrachd agus àireamhachd dhaibhsan a tha fo bhuaidh bochdainn – ìrean ACEL; dàta NQ; measaidhean bun-tomhasaichte.
- Còigeamhailean SIMD eadar an fheadhainn leis an ìre as motha agus as lugha de dh’an-cothrom m.e.SIMD còigeamhail 1 agus còigeamhail 5.
- Dàta FME – beàrnan eadar na daoine leis an ìre as motha agus as lugha de dh’an-cothrom.
- Coimeasairean bhiortail - ionadail agus nàiseanta a’ cleachdadh Inneal Slatan-tomhais BGE.
- Teaghlaichean sgoile a’ cleachdadh seata-innealan FOCUS Shruighlea.
- Frithealadh, às-dùnadh, com-pàirteachadh, conaltradh, a bhith fadalach airson na sgoile.
- Beachdachadh air bochdainn dùthchail.
- Coileanaidhean taobh a-staigh na sgoile agus na coimhearsnachd.
- Ceann-uidhe luchd-fàgail na sgoile.

Stèidhichte air ionnsachadh bho na bliadhnaichean roimhe:

- Dè tha ag obair mar-thà?
- Dè na buidhnean de luchd-ionnsachaidh a rinn adhartas ris an robh dùil no adhartas nas fheàrr mar-thà?
- Dè na ro-innleachdan a rinn diofar a ghabhas tomhas a thaobh a bhith a’ dùnadh na beàrn coileanaidh?
- A bheil na ro-innleachdan a chuir thu an sàs air luach an airgid a thoirt seachad a thaobh an adhartais a tha luchd-ionnsachaidh air dèanamh an coimeas ris an ùine, na goireasan agus an luchd-obrach a tha thu air sònrachadh dhaibh?
- Am bu chòir dhut leantainn ort leotha seo no a bheil roghainnean eile ann a bheireadh seachad luach nas fheàrr agus a bheireadh barrachd buaidh?

Tha raon de dhàta ri fhaighinn gus taic a thoirt do mhion-sgrùdadh co-theacsail. Tha seo a’ gabhail a-steach:

- A’ sgrùdadh agus a’ cumail sùil air dàta sgoile.
- Dàta Innealan FOCUS Shruighlea agus dàta Insight.
- Inneal tomhas-measaidh BGE (ruigsinneach tro GLOW).
- Dashboard Fiosrachaidh na Sgoile.
- Anailis ACEL air Sgoiltean, Ionnsachadh agus Foghlam.
- Sgoiltean, Ionnsachadh agus Foghlam, Sealladh farsaing air Làthaireachd agus Às-dùnadh.
- Dàta mu dheoghainn cinn-uidhe.
- Aithisg Planais Eadar-ghnìomhach NIF.
- Pròifilean sgoile.

Anailis Cho-theacsail Comhairle Shruighlea

# Earr-ràdh 3

Clackmannanshire Council | Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann
www.clacks.gov.uk

1.1.1 Plana Gnìomh 2019/ 2020

## EARRANN 1

Comharraich a bheil am plana gnìomh seo mu phrìomhachas SIP no PEF le bhith a' cur cromag sa bhogsa iomchaidh.

| | |
|---|---|
| **SIP** | |
| **PEF** | |

Cuimhnich gum bu chòir prìomhachasan PEF a bhith ag amas gu sònraichte air **beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh**.

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| Ionad / Buidheann sgoilean | | Riarachadh PEF iomlan<br>(Airson Prìomhachasan PEF a-mhàin) Cosgais a' phrìomhachais seo | | Ceanglaichean ri SAC | |
| Ceannard-sgoile | | Neach cunntachail | | Manaidsear Leasachaidh Bhuilean | |

| |
|---|
| Toradh (Cruth-atharrachail) |
| Mìnich an t-eadar-theachd a thathar a' moladh a thaobh builean do luchd-ionnsachaidh. Beachdaich air Dè a dh' atharraicheas? Cò dha? Gu dè an ìre? Cuine? |
| Adhbhar a' mholaidh seo? |
| Thoir tuairisgeul air an fhiosrachadh/dàta a bhrosnaich an obair seo. Airson prìomhachasan PEF thoir cunntas mionaideach air **a' bheàrn co-cheangailte ri bochdainn** air a bheil thu ag amas agus cuir fianais ann airson na beàirn seo. |
| Dè nì thu? Dè an fhianais a th' agad gum bi seo èifeachdach? |
| Cò leis a rinn sibh co-chomhairle? |

Clackmannanshire Council | Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann
www.clacks.gov.uk

| Prìomhachas NIF | Dràibhear(an) NIF | HGIOS 4 QIs |
|---|---|---|
| A' dùnadh na bheàrn eadar na sgoilearan leis an ìre agus motha agus as lugha de dh'anacothrom. (Airson prìomhachasan PEF tha am prìomhachas NIF air ainmeachadh gu h-àrd. Airson prìomhachasan SIP atharraich mar a tha iomchaidh) | | |

| Ceann-latha tòiseachaidh | Tìde air a thoirt seachad | Ceann-latha airson ath-sgrùdadh air adhartas | Ceann-latha crìochnachaidh |
|---|---|---|---|
| | | | |

| Toraidhean - dè an t-atharrachadh a bhios ann? Cò dha? Cuine? (Faodaidh builean geàrr-ùine is meadhan-ùine buntainn ri nithean eile ach bu chòir builean fad-ùine daonnan a bhith co-cheangailte ri luchd-ionnsachaidh) | Plana Tomhais - Dè an fhianais a chruinnicheas tu gus buaidh a thomhas? Cuine? | RAG (Faodar seo a dhèanamh air gach fear de na cinn-latha gu h-àrd) | |
|---|---|---|---|
| | | Ceann-latha | RAG |
| Geàrr-ùine | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| Meadhan-ùine | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| Fad-ùine (dèan lethbhreac agus cuir ann bho Earrainn 1) | | | |
| | | | |
| | | | |

Clackmannanshire Council | Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann
www.clacks.gov.uk

# EARRANN 2

Airson planadh taobh a-staigh ionad. Chan fheumar an earrann seo a chur a-steach ach bu chòir ùrachadh

| Ceistean mu bhith ga chur an gnìomh | |
|---|---|
| Dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith ann | Fuasglaidhean |
| Goireasan | Eile |

| Gnìomhan sònraichte | Dleastanas | Cuine? | Measadh leantainneach |
|---|---|---|---|
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |

Clackmannanshire Council | Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann
www.clacks.gov.uk

## EARRANN 3 Measadh Iomlan
(ri chur a-steach aig deireadh na bliadhna sgoile le plana leasachaidh ùr)

| **Ionad** | | **Ceannard-sgoile** | |
|---|---|---|---|

| Measadh<br>(Dèan lethbhreac agus cuir ann na h-earrannan iomchaidh) | | | | |
|---|---|---|---|---|
| Toradh Cruth-atharrachail | Tuairisgeul | Slat-tomhas | Adhartas | Buaidh |
| | | | | |

## A' briseadh cearcall na bochdainn – Teamplaid Planaidh Maoin Cothromas nan Sgoilearan

Bu chòir maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan a bhith cuimsichte air gnìomhachdan agus eadar-theachdan a dh'adhbhraicheas leasachaidhean ann an litearrachd agus àireamhachd thairis air an Fhoghlaim Choitcheann Fharsaing, ìrean nas àirde de chom-pàirteachadh, slàinte is sunnd agus leasachadh ann an làthaireachd agus lùghdachadh ann an às-dùnaidhean. Is urrainn ceannardan a bhith ag obair aig ìre sgoil fa leth no ann an cruinneachaidhean sgoile nas fharsainge agus nas fhaide air falbh aig ìre ùghdarras ionadail gus dèiligeadh ri ùidhean coitcheann.

Midlothian

**Sgoil:**
**Ceannard Sgoile:**
**Neach-conaltraidh PEF eile ma tha sin iomchaidh (DHT no PT le uallach airson a' phlana):**
**Riarachadh PEF 21-22:**
**Air a thoirt air adhart bhon bhliadhna mu dheireadh:**
**Iomlan:**

| **Riarachadh PEF airson 2020-2021:** (Thoir iomradh cuideachd air airgead sam bith a chaidh a thoirt air adhart bho 2019-2020 cuideachd.) | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Beàrn**<br>Mìnich a' bheàrn a tha thu airson dèiligeadh ris. | **Aithris Bhuilean**<br>Dè tha thu airson coileanadh?<br>Dè tha e a' dol a dh'atharrachadh? Cò dha?<br>Gu dè an ìre? Clàr-ama? | **Slatan-tomhais**<br>Dè an dàta a chruinnicheas tu gus faighinn a-mach a bheil piseach a' tighinn air cùisean gus nach eil?<br>Cuine a thèid an dàta a chruinneachadh? | **Prìomh neach-obrach**<br>Cò a tha an urra ris an eileamaid seo den phlana PEF agad? | **Mion-fhiosrachadh mu eadar-theachd**<br>Dè tha thu a' dol a dhèanamh gus an toradh a choileanadh? | **Cosgais** |
| | | | | | £ |
| | | | | | £ |
| | | | | | £ |
| | | | | | £ |
| | | | | | £ |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | £ |
| | | | | | £ |
| | | | | | £ |
| | | | | **Iomlan: £**<br>**(’S e an làn riarachadh de PEF a  bu chòir a bhith ann)** | |

## Teamplaid PEF Shealtainn

**Maoin Cothromas nan Sgoilearan – Planadh agus Aithris**

| | |
|---|---|
| **Riarachadh PEF 2021/22** | **Airgead air a thoirt air adhart bho 2021:** |
| **Pròiseact/eadar-theachd:**<br><br>**Dè an dàta/fianais a tha a' fiosrachadh seo? (Dè a' bheàrn a th' agad?)** | |

**Eadar-theachdan airson Cothromas** Interventions for Equity \| Self-evaluation \| National Improvement Hub (education.gov.scot) *(comharraich na h-eadar-theachdan a tha iomchaidh )*

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| Eadar-theachd thràth agus ro-chasg | Sunnd sòisealta is faireachail | A' brosnachadh dòighean-beatha fallain | Dòighean-obrach cuimsichte a thaobh litearrachd agus àireamhachd | A' brosnachadh eòlas ionnsachaidh àrd-inbhe | Taic dhìoraichte |
| A' cleachdadh fianais is dàta | Comas-cosnaidh agus Leasachadh Sgilean | Com-pàirteachadh taobh a-muigh na sgoile | Obair com-pàirteachais | Ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas | Rannsachadh agus measadh gus sùil a chumail air buaidh |

| **An toradh ris a bheilear an dùil** | | **Fiosrachadh mun phròiseact/eadar-theachd:** | **Goireasan agus Neach-stiùiridh** | **Tomhais buaidh air luchd-ionnsachaidh** |
|---|---|---|---|---|
| *Bu chòir seo a chur an cèill a thaobh* ***buaidh air sgoilearan*** *agus, far a bheil e iomchaidh, buaidh air luchd-teagaisg, pàrantan agus luchd-cùraim . Bu chòir seo comharrachadh na tha thu airson a leasachadh, cò dha, dè an ìre agus cuine* | | *Peilearan le gnìomhan.* | *Cuir a-steach cosgaisean.*<br>*Cha bu chòir ach liostaichean obrach a chleachdadh.* | *Clàraich mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh agus cò nì e.*<br>• *Ciamar a bhios fios agad gu bheil na h-eadar-theachdan agad a' toirt buaidh/a' toirt piseach air buidhean?*<br>• *Dàta*<br>• *Planaichean airson mar a thèid dàta a chruinneachadh agus aithris* |
| Teagasg agus Ionnsachadh | | | | |
| Ceannardas | | | | |
| Teaghlach agus Coimhearsnachd | | | | |

# Comhairle Shruighlea

## Sealladh farsaing air Planadh Leasachadh Sgoile – Maoin Cothromas nan Sgoilearan

Sgoil:

Riarachadh PEF:

| Frèam Poileasaidh Leasachaidh Nàiseanta |
|---|
| ▪ A' dùnadh a' bheàrn coileanaidh eadar a' chlann leis an ìre ana-cothrom as motha agus as lugha |
| **Anailis co-theacsail (comharraich a' bheàrn agus na cnapan-starra a thaobh ionnsachadh** |
| *Bu chòir dhan anailis cho-theacsail a bhith a' gabhail a-steach:*<br><br>• *Coileanadh ann an litearrachd is àireamhachd – ìrean ACEL; dàta NQ; measaidhean bun-tomhasaichte*<br>• *Còigeamhailean SIMD eadar an fheadhainn leis an ìre as motha agus as lugha de dh'anacothrom m.e. SIMD 1 is 2 agus 9 gu 10*<br>• *Dàta FME – beàrnan eadar na daoine leis an ìre as motha agus as lugha de dh'anacothrom*<br>• *Coimeasairean bhiortail - ionadail agus nàiseanta a' cleachdadh Inneal Slatan-tomhais BGE*<br>• *Teaghlaichean sgoile a' cleachdadh seata-innealan FOCUS Shruighlea*<br>• *Frithealadh, às-dùnadh, com-pàirteachadh, conaltradh*<br>• *Coileanaidhean taobh a-staigh na sgoile agus na coimhearsnachd*<br>• *Ceann-uidhe an luchd-ionnsachaidh* |

| Beàrn / bacadh air a chomharrachadh | Builean do Luchd-ionnsachaidh | Tomhas Buaidh | Eadar-theachd |
|---|---|---|---|
| *Co-cheangailte ri bacaidhean a chaidh a chomharrachadh tro anailis dàta agus air am mineachadh ann an anailis cho-theacsail.* | *Dè an t-atharrachadh a tha thu airson fhaicinn do luchd-ionnsachaidh? Dè an uiread de dh'atharrachadh a bhios a dhìth? Cò na buidhnean air a bheilear ag amas? Cuine?* | *Ciamar a bhios fios agad gur e leasachadh a th' anns an atharrachadh?* | *Dè tha sibh an dùil dèanamh?* |
| | | | |
| | | | |
| | | | |

***Bu chòir Plana Buidseit PEF a chur a-steach an cois a' phlana seo***

# Eàrr-ràdh 4 Teamplaid SQR Shruighlea

**Comhairle Shruighlea**
**Lèirmheas air Adhartas airson seisean**

**Aithisg Inbhean is Càileachd**
**(Standards and Quality Report)**

| | |
|---|---|
| **Prìomhachas na Sgoile:** | |
| Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta | Comharran Càileachd HGIOS4 agus HGIOELC |
| Prìomh factaran a' cur leasachadh air adhart | Builean Plana Seirbheisean Chloinne Amalaichte |
| Adhartas: | |
| Buaidh: | |
| Na h-ath cheuman: | |

| | |
|---|---|
| **Prìomhachas na Sgoile:** | |
| Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta | Comharran Càileachd HGIOS4 agus HGIOELC |
| Prìomh factaran a' cur leasachadh air adhart | Builean Plana Seirbheisean Chloinne Amalaichte |
| Adhartas: | |

Comhairle Shruighlea - Teamplaid airson Aithisg Inbhean is Càileachd

| | |
|---|---|
| Buaidh: | |
| Na h-ath cheuman: | |

| |
|---|
| Adhartas agus buaidh Maoin Cothromas nan Sgoilearan: |

| |
|---|
| Coileanaidhean nas fharsainge: |

| Beachdan bho sgoilearan, pàrantan, luchd-ùidh, luchd-teagaisg: |
| --- |
| |

**Comas airson Leasachadh Leantainneach** **Aithisg Inbhean is Càileachd**

| Taisbeanair càileachd | Prìomh Neartan | Raointean leasachaidh |
|---|---|---|
| 1.3 Stiùireadh atharrachadh | | |
| 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh | | |
| 3.1 A’ dearbhadh sunnd, cothromas agus in-ghabhaltas | | |
| 3.2 Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh | | |

| Luachadh air comas na sgoile airson leasachadh leantainneach: |
|---|
| |

| Prìomhachasan airson planadh leasachaidh: |
|---|
| |

# Eàrr-ràdh 5 Signposting Equity – seann lethbhreacan

**2020/21**

Signposting Equity Issue 1 Sultain 2020

Signposting Equity Issue 2 Sultain 2020

Signposting Equity Issue 3 Dàmhair 2020

Signposting Equity Issue 4 Dàmhair 2020

Signposting Equity Issue 5 Dàmhair 2020

Signposting Equity Issue 6 Samhain 2020

Signposting Equity Issue 7 Samhain 2020

Signposting Equity Issue 8 Dùbhlachd 2020

Signposting Equity Issue 9 Faoilleach 2021

Signposting Equity Issue 10 Gearran 2021

Signposting Equity Issue 11 Gearran 2021

Signposting Equity Issue 12 Màirt 2021

Signposting Equity Issue 13 Mhàirt 2021

Signposting Equity Issue 14 Giblean 2021

Signposting Equity Issue 15 Cèitean 2021

Signposting Equity Issue 16 Ògmhios 2021

**2021/22**

Signposting Equity Issue 1 Samhain 2021

Signposting Equity Issue 2 Dùbhlachd 2021

Signposting Equity Issue 3 Faoilleach 2022

Signposting Equity Issue 4 Gearran 2022

# Pàipear-taice 6 Inneal airson a' bheàrn a dhùnadh aig Comhairle Pheairt is Cheann Rois

**Peairt is Ceann Rois *Inneal Dealbhaidh agus Clàraidh Eadar-theachd Dùnadh na beàirn* : Stiùireadh dhan neach-cleachdaidh 2021-2022**

*An aire: Tha an t-inneal seo air a chumail air cliath-dhuilleag Excel a tha air fritheolaiche Comhairle Pheairt is Cheann Rois sa mheadhan. Tha an sgrìobhainn ro mhòr gus ceangal. Tha an stiùireadh gu h-ìosal le seallaidhean-sgrìn a bharrachd a chaidh a thoirt bho earrannan den chliath-dhuilleag Excel.*

**Feallsanachd**

- Gus inneal uile-freastail a chruthachadh as urrainn sgoiltean agus ionadan a chleachdadh gus buaidh prìomh eadar-theachdan a phlanadh, a chlàradh, a thomhas agus a dhearbhadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha air am maoineachadh tro PEF
- Gus taic a thoirt do sgoiltean agus suidheachaidhean a bhith a' meòrachadh agus a' measadh lìbhrigeadh eadar-theachdan airson buidhnean agus daoine fa-leth. Faodaidh seo an uair sin planadh agus co-dhùnaidhean san àm ri teachd fhiosrachadh; cleachdadh ghoireasan a mheudachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil na builean as fheàrr ann do luchd-ionnsachaidh
- Gus leigeil le pàtrain a bhith air an comharrachadh thar sgoiltean is ionadan fa leth no buidhnean de sgoiltean is aonadan a dh'fhaodadh: cur ri barrachd cnuasachaidh, ri lìonrachadh agus ri dòighean-obrach no cleachdadh co-roinnte.
- Gus an tèid an aon dòigh-obrach a thaobh planadh eadar-theachd air a bheil iomradh san Ro-innleachd Àrdachadh Coileanaidh a chleachdadh: gus a' bheàrn a chomharrachadh; gus dèiligeadh ris a' bheàrn; gus a' bhuaidh a thomhas agus airson ath-bhreithneachadh agus meòrachadh.

**Stiùireadh is Fiosrachadh Coitcheann**

- Thathar an dùil an t-inneal a chleachdadh gus sùil a chumail air prìomh eadar-theachdan a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha air am maoineachadh tro PEF.
- Thathar ag aithneachadh gur dòcha gum bi grunn eadar-theachdan aig cuid de sgoiltean is ionadan. Gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach reusanta agus practaigeach ann, is dòcha gum bi stiùirichean airson beachdachadh gu faiceallach air dè an fheadhainn a bhios iad a' tracadh. Thathar a' moladh gun tèid a h-uile eadar-theachd PEF a thracadh. A bharrachd air seo, is dòcha gum bi stiùirichean cuideachd airson beachdachadh air: eadar-theachdan stèidhichte air fianais; prògraman sònraichte airson buidhnean cuimsichte; eadar-theachdan co-cheangailte ri feum mar a chaidh a chomharrachadh ann am plana leasachaidh na sgoile agus an fheadhainn aig a bheil buaidh mhòr air goireasan no trèanadh.
- Chan eilear an dùil gum biodh uallach air aon neach a-mhàin gus a h-uile eadar-theachd a chur a-steach. Thathar a' moladh gun cuir prìomh luchd-obrach le uallach airson gach eadar-theachd am fiosrachadh a-steach a tha air a stòradh sa mheadhan.
- Bu chòir ùine a chur an dàrna taobh gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na h-eadar-theachdan, mion-sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuaidh a' cleachdadh an dàta a tha ri fhaotainn agus gus meòrachadh air an t-soirbheachas.
- Tha an t-inneal air a dhealbhadh gus cur ri Dòigh-obrach Leasachaidh Chomhairle Pheairt is Cheann Rois agus gus co-thaobhadh ri Ro-innleachd Àrdachadh Coileanaidh 2020-2023.
- Bheir an Sgioba Leasachaidh Sgoile taic seachad agus bheir iad fios do sgoiltean mu thrèanadh agus stuthan iomchaidh.
- Bidh an t-inneal mar phàirt de shreath coileanaidh Comhairle Pheairt is Cheann Rois agus ruigear tro ERIC e.

| Stiùireadh mionaideach | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | **Earrann** | **Glacadh-sgrìn bhon Tracair Excel *Closing the Gap*** | **Stiùireadh mionaideach** | **Mìneachadh/Adhbhar** |
| **Comharraich a' bheàrn** | **1. Luchd-ionnsachaidh Buidheann(an) no daoine air a bheilear ag amas** |  | • Cuir a-steach an àireamh iomlan de luchd-ionnsachaidh a tha a' gabhail pàirt san eadar-theachd.<br>• Cuir a-steach na bliadhnaichean sgoile anns a bheil an luchd-ionnsachaidh aig an àm seo<br>• Tha am bogsa 'a' chiad litir ann an ainm an neach-ionnsachaidh' airson sgoiltean a bhith a' sgrìobhadh litrichean ainmean an luchd-ionnsachaidh/buidhne airson an clàraidhean agus an cleachdadh fhèin.<br>• Bithear a' cleachdadh ciad litrichean a-mhàin gus dèanamh cinnteach gu bheil cùisean dìomhair.<br>• Is dòcha gum bi sgoiltean airson luchd-ionnsachaidh a chur ann am buidhnean bliadhna ma tha grunn bhliadhnaichean an sàs. | Tha seo airson dìreadh cò tha a' faighinn taic agus thairis air na diofar chlasaichean agus buidhnean bliadhna san sgoil. Faodaidh sgoiltean seo a chleachdadh airson beachdachadh air:<br><br>*Dè an cothromachadh a th' ann thar na sgoile eadar buidhnean bliadhna?*<br>*A bheil eadar-theachdan air an lìbhrigeadh aig an ìre sgoile as èifeachdaiche?*<br>*Dè cho math 's a tha sinn air dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachd thràth ann mar as iomchaidh?*<br>*A bheilear a' cuimseachadh air na h-aon sgoilearan gach bliadhna? A bheil iad air adhartas a dhèanamh?* |
| | **2. Bacaidh / Raon Targaid** |  | • Tagh am bacadh, beàrn no feum ionnsachaidh ris am bi an t-eadar-theachd a' dèiligeadh.<br>• Tagh bho na roghainnean sa chlàr.<br>• Faodaidh sgoiltean suas ri trì a thaghadh airson gach eadar-theachd.<br>• Ma tha e eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a tha rim faighinn, clàraich e fo 'eile'. | Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil an t-eadar-theachd an sàs gus aghaidh a chur air feum comharraichte. Dh'fhaodte gum beachdaich sgoiltean air:<br>*An deach raon de dhàta agus fiosrachadh a chleachdadh gus feumalachdan bhuidhnean agus luchd-ionnsachaidh fa-leth a chomharrachadh?*<br>*Nuair a thathar a' comharrachadh beàrnan agus feumalachdan - an deach cnag na cùise a ruigsinn? Mar eisimpleir, an e làthaireachd a' phrìomh cheist neo an e rudeigin san sgoil no aig an taigh a tha a' toirt buaidh air làthaireachd a dh'fheumar dèiligeadh?* |
| **A' cur aghaidh air a' Bheàirn** | **3. Dòigh-obrach agus Tuairisgeul an Eadar-theachd** |  | • Tagh no sgrìobh sìos ainm an eadar-theachd.<br>• Tha ceithir roinnean ann: litearrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd agus ath-bheothachadh C-19.<br>• Tha clàr-tuairmeach aig gach roinn-seòrsa le cuid de na h-eadar-theachdan as cumanta le roghainn ann cuideachd mion-theachdan aig na sgoiltean fhèin a chur ann.<br>• Tha an earrann 'barrachd fiosrachaidh' a' leigeil le sgoiltean fiosrachadh nas mionaidiche a thaidhpeadh a-steach mun eadar-theachd mar a thogras iad. | Tha seo airson sùil a chumail air na seòrsaichean eadar-theachd a thathar a' dèanamh san sgoil agus gus taic a thoirt do sgoiltean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad sin a rèir bacaidhean agus feuman comharraichte. Dh'fhaodte gum beachdaich sgoiltean air:<br>*A bheil eadar-theachdan a' freagairt gu soilleir air feumalachdan agus bacaidhean comharraichte?*<br>*A bheil eadar-theachdan stèidhichte air rannsachadh agus fianais?*<br>*Carson a chaidh na h-eadar-theachdan sònraichte sin a thaghadh?*<br>*A bheil an sgoil air modhan-obrach sònraichte a dhèanamh no atharrachadh airson daoine fa leth, buidhnean agus co-theacsa ionadail mar a dh'fheumar?* |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | **4. Clàr-ama/Tricead** |  | ▪ Tha an ùine iomlan a' ciallachadh an ùine a thathar an dùil a bheir e gus an t-eadar-theachd gu lèir a chrìochnachadh.<br>▪ Tha an tricead a' ciallachadh na h-àireimh de thursan san t-seachdain/cola-deug a bhios an t-eadar-theachd a' tachairt.<br>▪ Tha an ùine a' ciallachadh na h-ùine a bhios e a' gabhail gach turas a thèid an t-eadar-theachd a lìbhrigeadh (chan e an ùine iomlan).<br><br>*An aire: Nan roghnaicheadh sgoil 6 seachdainean, turas san t-seachdain fad 10 mionaidean bhiodh seo a' ciallachadh gu bheil neach-ionnsachaidh air sia seiseanan, 10-mionaidean uile gu lèir fhaighinn thairis air 6 seachdainean.* | Tha seo gus leigeil le sgoiltean sùil a chumail air tricead agus faid gach eadar-theachd. Dh'fhaodte gum beachdaich sgoiltean air:<br><br>*Am bi an t-eadar-theachd a' ruith airson ùine iomchaidh?*<br>*Cionnas a nì luchd-obrach ath-sgrùdadh air èifeachdas an eadar-theachd fhad 's a tha e ga lìbhrigeadh?*<br>*A bheil sùbailteachd ann gus atharrachadh mar a dh'fheumar a rèir adhartais, gu sònraichte far a bheil eadar-theachdan a' tachairt thairis air ùine nas fhaide?*<br>*A bheil faid nan seiseanan freagarrach gus an t-eadar-theachd a chrìochnachadh gu h-èifeachdach?* |
| | **5. Goireas agus na thathar an dùil a thèid a chosg** |  | ▪ Tagh an seòrsa goireas a tha a dhìth gus crìoch a chur air an eadar-theachd.<br>▪ Tagh na cosgaisean ro-mheasta. Is e seo na goireasan uile a thèid a chleachdadh.<br>▪ Airson goireasan daonna is dòcha gum bi sgoiltean airson mion-fhiosrachadh a chur ann mu chosgais far a bheil neach-obrach a bharrachd ann, m.e. air fhastadh tro airgead PEF gus eadar-theachd a dhèanamh / a bhith a' còmhdach airson cuideigin eile airson eadar-theachd a dhèanamh. | Tha seo gus leigeil le sgoiltean sùil a chumail air cosgaisean agus gus coimeas a dhèanamh eadar cosgais agus luach gach eadar-theachd.<br>Dh'fhaodte gum beachdaich sgoiltean air:<br><br>*A bheil an eadar-theachd seo a' lìbhrigeadh luach an airgid?*<br>*Am bi an eadar-theachd seasmhach san fhad-ùine?*<br>*Dè na goireasan a tha rim faighinn mar-thà gus taic a thoirt dhan eadar-theachd seo? Am b' urrainn atharrachaidhean air a' chlàr-ama / ath-eagrachadh a' chosgais a lùghdachadh no dèanamh cinnteach gu bheil goireasan rim faighinn gus an t-eadar-theachd a chùmail comasach?*<br>*Far a bheil airgead PEF air a riarachadh, a bheil an t-eadar-theachd a' toirt taic do na sgoilearan sin a tha fo bhuaidh bochdainn?* |
| | **6. Luchd-obrach: Prìomh Luchd-obrach Lìbhrigeadh / Cunntachail** |  | ▪ Cuir a-steach na ciad litrichean bho ainmean an luchd-obrach a-staigh agus a-muigh air a bheil uallach airson agus/no a tha a' lìbhrigeadh an eadar-theachd.<br>▪ Tagh an dreuchd(dreuchdan) san sgoil / mar sholaraiche bhon taobh a-muigh.<br>▪ Nuair a tha iad a' sgrìobhadh na ciad litrichean ann an ainmean luchd-obrach, is dòcha gum bi sgoiltean airson a ràdh a bheil an neach-obrach a' lìbhrigeadh no a' co-òrdanachadh an eadar-theachd ri taobh nan litrichean aca mar a bhios iomchaidh. | Tha seo airson leigeil le stiùirichean sgoile a bhith a' tracadh agus ag ath-sgrùdadh cò a tha a' lìbhrigeadh gach eadar-theachd san sgoil. Is dòcha gun cuidich e sgoiltean gus beachdachadh air na leanas:<br>*Cò a tha a' lìbhrigeadh a' mhòr-chuid de na h-eadar-theachdan san sgoil?*<br>*Cò a tha a' co-òrdanachadh an eadar-theachd?*<br>*A bheil taic agus trèanadh iomchaidh aig luchd-obrach a tha an sàs ann?*<br>*Am bi an sgoil ag obair le com-pàirtichean nas fharsainge?* |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| **Tomhais Buaidh** | **7. Ciamar a thèid a' bhuaidh a thomhas?** |  | • Tagh an seòrsa (seòrsaichean) dàta a thèid a chleachdadh gus bun-loidhne a stèidheachadh ron eadar-theachd agus tagh toradh tomhaiste deireannach dhan luchd-ionnsachaidh.<br>• Bu chòir don dàta a bhith càileachdail agus/no uimhireil.<br>• Faodar dàta uimhireil a chunntadh, a thomhas, agus a chur an cèill le àireamhan.<br>• Tha dàta càileachdail gu tric tuairisgeulach agus bun-bheachdail. Gabhaidh a sheòrsachadh a rèir feartan.<br>*Uimhireil:*<br>Dàta tracadh luchd-ionnsachaidh - leithid dàta ACEL.<br>Dàta frithealaidh – leithid an àireamh no an àireamh sa cheud de dhaoine a tha fadalach, làthaireachd choitcheann no às-dùnadh.<br>Measadh Bun-tomhasaichte leithid SNSA<br>Measadh Diagnostic leithid Pròifil Boxall<br>Bidh luchd-ionnsachaidh ag obair mu choinneamh slatan-tomhais / slighean adhartais sònraichte.<br>Dàta Com-pàirteachaidh Luchd-ionnsachaidh - leithid sgèile Leuven<br>Eile —Faodaidh sgoiltean fiosrachadh uimhireil eile a chur a-steach an seo a tha iad an dùil a chleachdadh.<br>*Càileachdail:*<br>Fios air ais bho luchd-ionnsachaidh – m.e. tro cheisteachain no deasbad ann am buidhnean fòcais.<br>Beachdan phàrantan - faic gu h-àrd.<br>Fios air ais bho Luchd-obrach – tro cheisteachain, deasbad, aithrisean measaidh is msaa.<br>Sgrùdadh sa chlas – leabhraichean, leasanan is msaa.<br>Eile —Faodaidh sgoiltean fiosrachadh uimhireil eile a chur a-steach an seo a tha iad an dùil a chleachdadh. | Tha seo airson dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile eadar-theachd a thomhas agus a mheasadh gu h-èifeachdach a thaobh buaidh. Tha e cudromach beachdachadh air seo aig ìre dealbhaidh gus an tèid slat-tomhais èifeachdach a dhèanamh.<br>Dh'fhaodte gum beachdaich sgoiltean air:<br><br>*Dè tha sinn a' feuchainn ri leasachadh agus ciamar a ghabhas adhartas a thomhas agus a dhearbhadh?*<br>*Cò a nì sgrùdadh agus measadh air buaidh an eadar-theachd?*<br>*Dè na tùsan fianais a tha rim faighinn mar-thà? An gabh a' bhuaidh a thomhas tro thùsan a th' ann mar-thà?* |
| | **8. Dè a' bhuaidh a bh' ann?** |  | • San earrainn seo faodaidh sgoiltean am prìomh fhiosrachadh a thaobh buaidh a chur a-steach.<br>Mar eisimpleir:<br>*Mheudaich 8/10 sgoilear an aois leughaidh le x%.*<br>*Leudaich an làthaireachd aig 4/5 de na sgoilearan de chòrr is 95%.*<br>*Nochd ceisteachain nan sgoilearan àrdachadh ann am misneachd ann an x.*<br>• Bu chòir do sgoiltean innse an robh an t-eadar-theachd soirbheachail stèidhichte air a' bhuaidh a chithear.<br>• Bu chòir do sgoiltean buaidh na h-eadar-theachd a thaghadh bhon chlàr. Faodaidh seo a bhith eadar-amail no aig deireadh an eadar-theachd.<br>Tha "Yes" a' sealltainn gu bheil an luchd- | Tha seo gus taic a thoirt do sgoiltean le bhith a' clàradh agus a' measadh buaidh gach eadar-theachd. Bu chòir seo cuideachadh le planadh airson luchd-ionnsachaidh fa-leth agus goireasan san àm ri teachd. Dh'fhaodte gum beachdaich sgoiltean air:<br>*Dìleasachd an eadar-theachd (an ìre is gun deach an eadar-theachd mar a bha dùil). Dè cho math 's a chaidh an sgoil ris a' phlana tùsail? An robh feum air atharrachaidhean? Dè cho math 's chaidh an t-eadar-theachd a lìbhrigeadh?*<br>*A thaobh buaidh - Ciamar a tha an t-eadar-theachd an coimes bho chàch agus ciamar a tha e eadar-dhealaichte?* |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | ionnsachaidh air fad air a bhith soirbheachail mu choinneamh bhuilean. Bhiodh "Partly" a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh air a bhith soirbheachail mu choinneamh nam builean. Tha "No" a' sealltainn gun do choinnich nas lugha na an dàrna leth den luchd-ionnsachaidh ris na builean a bha iad ag iarraidh agus tha "Insufficient evidence" a' ciallachadh nach eil dàta gu leòr ann airson breithneachadh a dhèanamh. Bu chòir a h-uile breithneachadh a dhèanamh stèidhichte air na ceumannan mar a bha san amharc airson gach eadar-theachd. | *Dè an ìre is gun robh an luchd-ionnsachaidh a' com-pàirteachadh san ionnsachadh?*<br><br>Bheir an dàr-teàmach do sgoiltean gus soirbheachadh a chomharrachadh cothrom do sgoiltean agus dhan ùghdarras measadh a dhèanamh air soirbheachas iomlan nan diofar eadar-theachdan. |
| **Lèirmheas agus Gnuasachadh** | **9. Na h-Ath-cheuman** |  | ▪ Tha an earrann seo ann gus am beachdaich sgoiltean air na h-ath cheumannan do luchd-ionnsachaidh agus mar a ghabhas an t-eadar-theachd a chleachdadh dhan sgoil air fad.<br>▪ Faodar na h-earrannan airson mion-fhiosrachaidh a bharrachd a chleachdadh gus an taghadh a shoilleireachadh. Mar eisimpleir, is dòcha gu bheil sgoiltean air 'solar coitcheann, gun eadar-theachd sam bith eile' a thaghadh. Nan rachadh seo a thaghadh mar an roghainn as iomchaidh a thaobh a h-uile sgoilear ach a-mhàin aon no dhà, dh'fhaodadh gum biodh iad airson seo innse/soilleireachadh anns an earrann "mion-fhiosrachaidh". | Tha na h-ath cheumannan cudromach do na sgoiltean airson planadh a dhèanamh às dèidh dhaibh ath-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh an eadar-theachd. Faodaidh seo gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air:<br><br>*Feumalachdan dhaoine fa leth agus bhuidhnean san àm ri teachd - An dèan beàrnan a dhùnadh agus an dèan dèiligeadh ri bacaidhean? A bheil feumalachdan / beàrnan a bharrachd ann?*<br>*For a bheil luchd-ionnsachaidh a' dìleadh gu solar coitcheann - Ciamar a nì luchd-cleachdaidh cinnteach gun tèid adhartas a chumail suas?*<br>*Eadar-theachd taobh a-staigh na sgoile san àm ri teachd-*<br>*Dè na leasanan a chaidh ionnsachadh? Dè cho cosg-èifeachdach / dè luach an airgid a bh' aig an eadar-theachd?*<br>*An tèid an eadar-theachd a dhèanamh a-rithist?*<br>*A bheil luchd-obrach mìsneachail sa a lìbhrigeadh a-rithist?*<br>*A bheil feum air atharrachaidhean?* |

# Pàipear-taice 7 Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe Teamplaid Fios-air-ais air "Coiseachd nam Brògan"

**Acadamaidh Achadh na h-Eirbhe**
**Ga fhaighinn ceart còmhla: le fèin-luachadh**
**QI 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh: "Walk in their shoes"**

| | | | |
|---|---|---|---|
| Ainm an sgoileir | | Clas | |
| Neach-leantainn tidseir | | Ceann/cinn-latha | |

| | Leasan 1 | | | Leasan 2 | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| *Cuspair+Tidsear* | | | | | | |
| Gnàth-eòlas an Sgoileir | | | | | | |
| Bidh an sgoilear a' gabhail làn-phàirt anns an leasan. | | | | | | |
| Chòrd an t-ionnsachadh a bha a' dol air adhart leis an sgoilear. | | | | | | |
| ***Seasmhach:*** Bidh an sgoilear a' nochdadh comas a bhith cumail a' dol is cumail a' feuchainn fiù 's nuair a tha obair a' chlas dùbhlanach. | | | | | | |
| Tha an sgoilear brosnachail agus tha e coltach gu bheil iad airson dèanamh gu math/an dìcheall a dhèanamh sa chlas. | | | | | | |
| Bidh an sgoilear ag aadar-obrachadh gu math le luchd-ionnsachaidh eile agus leis an tidsear. | | | | | | |
| Tha dùbhlan iomchaidh aig an sgoilear. | | | | | | |
| Tha obair dhiofaraichte air a bhith aig an sgoilear. | | | | | | |
| Bidh an sgoilear a' dèanamh roghainnean mun ionnsachadh aca. | | | | | | |
| Bidh an sgoilear a' gabhail uallach airson an cuid ionnsachaidh. | | | | | | |
| An sgoilear a' stiùireadh an ionnsachaidh. | | | | | | |
| An sgoilear a' cur an cèill am beachdan sa chlas. | | | | | | |
| Bha e comasach dhan sgoilear làn chothrom fhaighinn air a' churraicealam. i.e. cha robh duilgheadas sam bith ann le goireasan. | | | | | | |
| Tha an sgoilear mothachail air an ìre obrach aca sa chlas. | | | | | | |
| Bidh an sgoilear gan giùlan fhèin le ***spèis*** sa chlas. | | | | | | |
| Bithear a' làimhseachadh sgoilear gu ***co-ionann*** sa chlas. | | | | | | |
| Tha an sgoilear a' nochdadh ***dìcheall*** soirbheachadh sa chlas. | | | | | | |

| = | = | = |
|---|---|---|

Spèis Co-ionannachd Dìcheall

**Thairis air ionnsachadh uile an sgoileir:**

| B' e an rud a bu mhotha a chòrd rium.... |
|---|
| |

| Dè a dh'obraich a b' fheàrr dhan sgoilear seo? | Dè bha doirbh dhan sgoilear seo? | Dè tha thu a' moladh a nì an sgoil airson an sgoileir seo a-nis? |
|---|---|---|
| | | |

# Pàipear-taice 8 Teamplaid Tadhail PEF Shruighlea

**Comhairle Shruighlea**

**Tursan Ùrachaidh PEF**
**A’ Co-roinn adhartas agus cleachdadh**

| Ceann-latha | Sgoil | An làthair |
|---|---|---|
| | | |

| Dè tha a’ dol gu math? | An robh dùbhlan sam bith ann? An robh atharrachadh sam bith air a’ phlana PEF? | An robh taic a dhìth? Fios air ais? Na h-ath cheuman? |
|---|---|---|
| • | • | |

Comhairle Shruighlea – Teamplaid Tadhal PEF

| FEARTAN AIG CLEACHDADH FÌOR ÈIFEACHDACH | CEISTEAN DÙBHLAIN | FIOSRACHADH |
|---|---|---|
| ***ANAILIS CO-THEACSAIL***<br>Tha an sgoil air feallsanachd agus plana soilleir a chur air adhart airson a bhith a' riarachadh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan, a' toirt làn aire air stiùireadh nàiseanta is ionadail.<br><br>Tha plana na sgoile air a dheagh sgrìobhadh agus stèidhichte air fèin-mheasadh làidir a' gabhail a-steach beachdan chloinne is dhaoine òga, phàrantan, chom-pàirtichean agus luchd-teagaisg. | • Dè an ìre is gu bheil ar **feallsanachd** airson ar cuid riarachadh PEF a chosg stèidhichte air fèin-mheasadh làidir le luchd-ùidh iomchaidh?<br>• Dè cho èifeachdach 's a tha sinn air **clann agus daoine òga, pàrantan agus com-pàirtichean a thoirt an sàs ann an co-dhùnaidhean** mu PEF?<br>• Dè an ìre is gu bheil ar fèin-luachadh air a stiùireadh le **anailis èifeachdach air dàta le fòcas air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn**? | • |
| ***A' BHEÀRN COMHARRAICHTE AGUS BUILEAN AGUS CEUMAN:***<br>Tha an sgoil air raon de dhàta agus fianais a chleachdadh gus beàrnan coileanaidh a chomharrachadh do bhuidhnean agus clann agus daoine òga fa-leth. Mar thoradh air sin, tha eadar-theachdan agus modhan-obrach iomchaidh an sàs a-nis, le fòcas soilleir air leasachaidhean ann an slàinte is sunnd, àireamhachd agus litearrachd. | • Dè an ìre is gu bheil sinn **soilleir agus sònraichte mu na targaidean againn**, agus mu na h-eadar-theachdan agus dòighean-obrach againn?<br>• Dè cho math 's a tha sinn air beachdachadh air mar a chruinnicheas sinn **fianais air buaidh** nan eadar-theachdan agus nan dòighean-obrach againn? | • |
| ***EADAR-THEACHDAN***<br>Tha raon de dh'eadar-theachdan, leithid gnìomhachd sa chlas, taic chuimsichte a bharrachd agus cothroman agus eòlasan | • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' **tracadh agus a' cumail sùil air** an adhartas againn?<br>• Dè cho misneachail 's a tha sinn mu bhith a' dèanamh **atharrachaidhean** | • |

| | | |
|---|---|---|
| leudaichte taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile an sàs. | **fiosraichte ann an deagh àm** air na planaichean againn mura h-eil na h-eadar-theachdan agus na dòighean-obrach againn a' coileanadh na buaidh ris a bheilear an dùil? | |
| ***BUAIDH***<br>Tha siostaman èifeachdach an sàs gus sùil a chumail air adhartas dhaoine fa-leth agus bhuidhnean. Tha e comasach do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail fianais a thoirt seachad air a bhith a' toirt buaidh air àrdachadh coileanadh agus dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. | • Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh Maoineachadh Co-ionannachd nan Sgoilearan againn gus dèanamh cinnteach gun robh leasachaidhean **seasmhach** ann an cultar, feallsanachd agus dòighean-teagaisg gus piseach a thoirt air builean do luchd-ionnsachaidh?<br>• Dè an ìre is gu bheil mar a tha sinn a' cleachdadh Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan **a' toirt piseach air builean** chloinne agus dhaoine òga agus a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn? | • |
| ***Mu ChOVID gu sònraichte*** | Aig an àm seo de dh'ath-bheothachadh foghlaim, gu dè an ìre is gu bheil:<br>• An fheallsanachd againn airson a bhith a' cosg ar riarachadh de Mhaoineachadh Cothromas nan Sgoilearan a' cumail taic ri ath-shlànachadh agus dè an ìre is gu bheil e stèidhichte air fèin-luachadh làidir le luchd-ùidh iomchaidh?<br>• A bheil sinn soilleir agus mionaideach mu na h-eadar-theachdan, dòighean-obrach agus targaidean againn gus taic a neartachadh? | • |

# Pàipear-taice 9 Teamplaid Geàrr-chunntas Buaidh PEF aig Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

**[AINM NA SGOILE]**

**GEÀRR-CHUNNTAS BUAIDH MAOINEACHADH COTHROMAS NAN SGOILEARAN 2020-2021**

North Ayrshire Council

Ciamar a tha Maoin Cothromas nan Sgoilearan air piseach a thoirt air eòlasan agus builean an luchd-ionnsachaidh againn ann an 2020-21? Thathar ag aithneachadh gum bi galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus dùnaidhean na sgoile air buaidh a thoirt air na builean a tha san amharc.

| *[Prìomh Raon – air a thoirt bho SIP (duilleag geàrr-chunntas PEF - leis na bogsaichean gorma)]* |
|---|

| |
|---|
| • An suim iomlan a chaidh a chosg san raon seo<br>• Fòcas air builean geàrr-ùine/meadhan-ùine/fad-ùine. Dè a' bhuaidh a bha mar amas aig a' ghnìomh seo?<br>• Dè tha air tighinn air adhart/ air atharrachadh dhan bhuidhinn targaid? Dè an diofar a rinn PEF?<br>• Ciamar a bha fios agad air sin Dè tha an fhianais a' sealltainn?<br>• Ciamar a rinn thu measadh air an eadar-theachd?<br>• Dè na dòighean anns a bheil seo gur cuideachadh gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a lùghdachadh?<br>• Dè a-nis? Cùm a' dol? Leabaich? Atharraich? Sguir dheth?<br><br>*[Cuimhnich gun cleachd thu cònan measaidh. Cuir a-steach dàta taghte mar a bhios iomchaidh.]* |

| *[Prìomh raon - air a thoirt bho SIP - duilleag geàrr-chunntas PEF]* |
|---|

| |
|---|
| |

| |
|---|
| *[Prìomh raon - air a thoirt bho SIP - duilleag geàrr-chunntas PEF]* |
| |

| |
|---|
| *[Prìomh raon - air a thoirt bho SIP - duilleag geàrr-chunntas PEF]* |
| |

| |
|---|
| *[Prìomh raon - air a thoirt bho SIP - duilleag geàrr-chunntas PEF]* |
| |

**Foghlam Alba**
Taigh Denholm
Pàirce Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

**F** +44(0)131 244 4330
**P-d** enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

**www.education.gov.scot**

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais cho fad 's a chaidh ath-riochdachadh gu ceart agus nach eil e ann an co-theacs meallta. Bu chòir comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig Foghlam Alba air an stuth seo agus feumar tiotal na sgrìobhainn a shònrachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, faic http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence
no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

ISBN 978-0-7053-1899-0

Air fhoillseachadh sa Màrt 2022.

Education Scotland
Foghlam Alba